

114

# UILLEAM TELL

LE

FRIEDRICH SCHILLER

AIR 'EADAR-THEANGACHADH O'N  
GHEARMAILTEACH GU GAIDHLIG

LE K. W. G.


INVERNESS :  
"NORTHERN CHRONICLE" OFFICE.

OBAN : HUGH MACDONALD, Esplanade.

---

1893.

Price—Paper Covers, 1/; Cloth Boards, 1/6.



SCHILLER'S  
WILLIAM TELL

TRANSLATED FROM GERMAN INTO  
GAELIC,

By K. W. G.

INVERNESS :  
"NORTHERN CHRONICLE" OFFICE.  
OBAN : HUGH MACDONALD, Esplanade.

---

1893.

Price—Paper Covers, 1/; Cloth Boards, 1/6.



AN DAN SO,  
LE BARD MO GHAOIL,  
THA MI A' COISRIGEADH,  
'NA DHEISE GAIDHEALACH,  
DO M' LUCHD-DUTHCHA  
ANNS GACH CEARN.

Printed at the "Northern Chronicle" Office,  
Inverness.

# UILLEAM TELL.

DAN DEALBH-CHLUICH LE FRIEDRICH  
SCHILLER.

*Air eadar-theangachadh o 'n Ghearmailteach  
gu Gailig*

LE K. W. G.

[ALL RIGHTS RESERVED].

DO 'N LEUGHADAIR.

Ann an tionndadh an Dain Ghearmailtich so gu Gailig ghleidh mi fa m' chomhair an seadh a thoirt, cho dluth 's a bha e 'm chomas, agus aig a cheart am, cho litreachail 's a dh' fheudadh e bhith. Thug mi oidheirp, mar an ceudna, air a gheine-dhoigh chur an ordugh a leanailt.

A chionn nach 'eil facal 's a' Ghailig air son *glaciers*, 's e sin na cruachan mora de shneachd sior-reodhta, a's eigh a tha air sleibhte Suisserland, tha am facal, *Firn* a' seasamh air a shon, 's e so am facal a tha na Suissich iad fein a' cleachdadh, agus tha e na 's coltaiche ris a' Ghailig na tha am facal Frangach. Air son na h-aon aobhair tha *gemse* a' seasamh air son *chamois*, seorsa gaibhre no earba, nach 'eil 's an duthaich so.

Their na Suissich *Alp*, a mhain ri monadh feurach. 'Nuair a tha e 'n t-am do'n chrodh tighinn dachaidh tha am Buachaille a' cluich fonn "Sreuda nam Bò," air adhairc mhoir, no dudach. Tha aon mhart anns gach treud air am bheil bann m' a h-amhaich, le sreath de chlaga beag air. Tha am mart so a' dol air ceann an treid, agus tha iad uile 'leannachd a cheile, h-aon an deigh h-aoin, mar a chithear na caoirich ri oidliche shamhraidh a' dol d'an aite taimh air a' mhonadh. 'S e fonn dhiubh so—oir tha moran diu ann —ris am bheil na tri duanagan aig toiseach an Dain air an cur:—Gheibhear "Sreuda nam Bò," ann an Leabhar Fhonn fo'n ainm "Ranz des Vaches," no "Kuhreihen."

Sgriobh am Bard a cheud da rann air a cheud Eisimpleir a chaidh a chur an laimh h-aon do Uaisleann na Cuirt. Tha leam nach fheudar briathran a's freagraiche fhaotainn ann na 'obair a chur an lathair muinntir mo dhuthcha aig an àm so. Cha 'n 'eil atharrachadh air a dheanamh ach air an t-sreath mu dheireadh a mhain.

Tha aon ni eile dh' fhaodar a radh. Cha 'n 'eil ainm uo dreuchd 'nar measg-ne tha uile gu leir a' co-chordadh ri oifigich an Iompaire—Gessler, Ceannard na Daingniche, agus fear a' bhata-bhuidhc, a bha thairis air a chlachair agus a luchd-oibre. 'S e *Maoir* a bha annta uile, air an cuir thairis air an t-sluagh aig an àm sin a chum an ciosnachadh; theirear ann an eachdruidh nau Gearmailteach "Am riaghaladh nam Maor" ris na bliadhnach-an sin. Cha 'n 'eil facal, no bloigh-facail air nach deachar thairis gu curamach, agus ma gheibh an Leughadair leth an toileachaidh ann 'na leughadh 's a fhuair mise ann 'na dheasachadh, bi'dh mo thoileachadh-sa air a dhublachadh.

---

Nearly five years ago I began to attempt the translation of Schiller's "William Tell." For one thing, I wanted to learn to think in Gaelic, and thus be able to speak Gaelic fluently; for another, I longed to give my Highland countrymen a delightful taste of the good things stored up in the literature of other nations, of people whom we consider as alien and foreign, yet with feelings and sympathies closely akin to our own. We need to have our sympathies expanded; we need to get out of the few narrow grooves in which our thoughts are apt to run; to get above ourselves, so that our petty individuality may be merged in the good of the whole.

It took the spare moments of three years to complete the translation of "William Tell." I can now see much to amend, yet, such as it is, I beg my countrymen to accept it; the work is as carefully wrought out as circumstances would allow.

If it be the means of stirring the ambition of those who have leisure and ability to tread farther still in the same track, I shall not have spent my time in vain.

K. W. G.



## UILLEAM TELL.

'Nuair spealtar nearta borb o' cheil le naimh-  
deas,  
'S tha 'm boile dall a' dusgadh air m' an cuairt ;  
An uair an comhstri bhuidheann, 's gair na  
h-aimhreit  
Tha guth a cheartais air a shlugadh 'suas ;  
'Nuair thogas droch-bheart suas a ceann, a's  
ainneart  
Gu dalma gach ni naomh a' briseadh nuas,  
Acair na Staid air fuasgla' ghleidh air sreìn i—  
Do 'n chungaidh sin cha deanar dain a ghleus-  
adh !

Ach 'nuair tha pobull coir, d' an leoir an treudan,  
'S an cuideachd fein, gun mhiann air seilbhean  
cein,  
A' tilgeadh dhiu, mar mhasladh, cuing na  
h-eu-ceirt  
A's iad 'nan corruich 'toirt do 'n t-seirce speis ;  
Fadhon 'an soirbheachadh 's am buaidh tha  
beusach—  
Tha 'n gnìomh neo-bhasmhor, 's fiu a chur an  
ceill,  
Dealbh ceart mar so dhuibh nochdaidh mì le  
solas,  
Eisimpleir neart a's buaidh na h-Aonachd  
oidheirc.

## UILLEAM TELL.

DAN DEALBH CHLUICH ANN AN CUIG  
EARRAINN.

*Na Pearsa*

Herman Gessler, Fear-riaghlaidh thairis air  
Siorramachdan Suits agus Uri.  
Bherner, Baran Attinghausen.  
Ulrich 'o Rudents, mac a Pheathar.  
Bherner Stauffacher.  
Conrad Hunn.  
Itsel Reding  
Iain a Bhalla.  
Deorsa Tuathanach.  
Ulrich, an gobhainn.  
Iost, a chlachain.

}  
De mhuintir  
Suits.

Bhalter Furst.  
 Uilleam Tell.  
 Raosselmann, an sagart.  
 Peadarinnann, an cleireach.  
 Kuoni, am huachaille.  
 Bherni, an sealgair.  
 Ruodi, an t-iasgair.  
 Arnold hho'n Mhelchdal.  
 Conrad Baumgarten.  
 Meier bhø'n Sarnen.  
 Struth bhø'n Bhinceilried.  
 Claus hho'n Flue.  
 Burchard am Buihel.  
 Arnold hho'n Sehha.  
 Pfeifer hho Lutsern.  
 Cunts bhø'n Ghersau.  
 Ienni, halach an Iasgair.  
 Seppi, halach a' Bhuachaille.  
 Gertrud, bean Stauffacher.  
 Hedhbig, bean Tell, nighean Furst.  
 Berta hho'n Brunec, ban-oighre hheartach.  
 Arngard.  
 Melchtild. }  
 Elspaid. } Mnathan-duthcha.  
 Hildegard. }  
 Bhalter. } Balachain le Tell.  
 Uilleam. }  
 Friesshardt. }  
 Lenthold. } Saighdearan.  
 Rudolph hho Harris, Uasal a hha thairis air  
 marc-shluagh Ghessler.  
 Stussie, maor-coille.  
 Maighstir Stier bhø Uri.  
 Rìgh-theachdaire.  
 Maor-peanasachaidh.  
 Maighstir nan Clachairean, a ghilleam agus  
 luchd-cuideachaidh.  
 Luchd-buaireis fhosgailteach.  
 Manaich.  
 Marc-shluagh Ghessler agus Landenberg.  
 Moran sluaigh, fìr, a's mnathan, as na Siorram-  
 achdan-coillteach.

A' CHEUD EARRANN.—A' CHEUD ROINN.

Bruachan creagach ard Loch nan-Ceithir—  
 Siorramachdan—Coillteach, Coirre—  
 Suits mar coinneamh.

Tha camus heag air an Loch, hothan dluth air  
 a' chladach, halachan an Iasgair 'na bhata 'g a  
 iomram fhéin air ais 's air aghaidh. A null thairis  
 air an Loch chithear lointean uaine, frith-  
 hhailtean, agus bailte-fearainn Suits 'nan luidhe  
 ann an dearsa soilleir na greine. Air ar laimh

chli tha sguir na Hacken ri fhaicinn air an cuairteachadh le neoil ; air an laimh dheis chithear, fad' air falbh, stuaidh-sbleibhte na h-eighe. Cluinnear ceol nan "Ranz des Vaches," agus gliongarsaich bhinn nan clag a measg a' chruidh.

AN T-IASGAIR OG (a' seinn 's a' bhata)—Air fonn, "Ranz des Vaches"—

Tha 'n Lochan 'an soills' a' cuireadh gu snamh ann,

Bha 'n giullan ri thaobh 'na chadal gu samhach,  
'N sin chualaig e binn-cheol,  
Mar theudan cho grinn,  
Mar chaomh-ghuth nan aingeal  
Tha 'm Parras a' seinn.

Ach air dusgadh o 'aisling le solas 'na chri,  
Feuch tonnan ag ealaidh m'a bhroilleach a nios!

A's, gu h-ard, as an doimhne  
Tha 'g eiridh an glaoth—  
Gu'n talaidh mi 'n cad'laiche  
'S leams' thu, mo laogh!

AM BUACHAILLE (air a' bheinn)—Variation of the "Ranz des Vaches"—

A chluaintean an aigh!  
A lointean tha boidheach!  
Gur cianail mo shoraidh,  
Tha 'n Samhradh air triall.

Ach thig mi le 'm spreidh gu direadh nam beannta,

'Nuair a dhuisgear na dain leis a' chuthaig 's na gleannta,

'Nuair tha'n Talamh 'ga comhdach le maise nam blaith,

'Nuair a thaomas na h-uillt anns a' cheitein o 'n bhraigh.

A chluaintean an aigh!  
A lointean tha grianail!  
Mo chead leibh gu cianail  
Tha 'n Samhradh air triall.

SEALGAIR NAN ARD-BHEANN (A' tighinn a's t-sealladh m'ar coinneamh air mullach creige moire,—Second variation—

Tha torrunn nan ard-bheann mar bheuchdaich nan speur,

Cha chriothnaich an sealgair air bruachaibh nam beur;

Thar raointean na h-eighe  
Theid esan gun sgath,  
An sin cha tig earrach  
Le ailleachd, a's fas;

'Na luidhe fo chasan tha fairge de cheo,  
Gach baile 's tigh-comhnaidh cha'n fhaicear  
na 's mo

Chi e plathadh de 'n t-saoghal  
'Nuair sgoiltear na neoil,  
'An iochdar a' chuain ud  
Gorm-mhachair an fheoir.

[Tha caochladh tighinn air aghaidh na duthcha, cluinnear a measg nam beann bruanaile agus spealtadh a' dol air aghaidh, tha dubhradh neoil a' grad-ruith thairis air an tir.]

Tha Ruodi, an t-iasgair, a' toirt ceum a mach as a bhothan, tha Bherni, an sealgair, a' tearnadh o mheasg nan creag. tha Kuoni, am buachaille, a' tighinn leis a ghogan bhainne air a ghualainn; Seppi, am balach aige, 'g a leanachd.

**RUODI**—Greas ort, a Ienni. Thoir gu tir am bata.  
Tha maor-liath nan gleann aig laimh, tha 'm  
Firn a' bairich,

Tha Clach-nan-Ursgela a' cur oirr' a curraichd,  
'S is fuar e seideadh nuas o bheur nan neul;  
Bi'dh'n stoirm a nuas mu'm fios duinn c'ait  
am bheil sinn.

**KUONI**—Tha 'n t-uisge tighinn Fhir-an-aiseig.  
Tha mo chaoirich

Ag ith' an fheoir mar nach robh greim an  
diugh ac',  
'S tha Fireach trang a' sgrìobadh suas na  
h-urach.

**BHERNI**—Tha 'n t-iasg a' leum, a's tha 'chearc-  
uisg' gu tric

'Dol fodha. Tha a' ghaillion air a rathad.

**KUONI** (ris a' bhalach)—A Sheppi, seall nach 'eil  
an crodh air faondra.

**SEPPi**—Ni mi an Lìsel dhonn a mach, air a'  
ghlìongarsaich.

**KUONI**—'S i 's fhaide theid, mata, bidh cach  
am fagus.

**RUODI**—'S ann agad 'tha na clagain ghrinn, a  
Bhuachaille.

**BHERNI**—'S tha 'n fheudail briagh—An leatsa  
tha iad, 'ille?

**KUONI**—Cha 'n 'eil na h-uiread sin de bheartas  
agam—

'S le m' mhaigstir uasal iad, Triath Atting-  
hausen,

A's tha gach te dhiu air a cunntas dhomh.

**RUODI**—Nach boidheach thig do'n bhò am bann  
m' a muineal.

**KUONI**—'S ann aic' tha fios gur h-i [ceann-iuil  
'na sreud,

Na'n toirinn dhith e sguireadh i a dh'  
ionaltradh.

RUODI—Cha 'n 'eil thu 'd chiall, heothach gun tur, mar sin.

BHERNI—'S furasda radh. Ach *tha aig ainmhidh* tur;

'S an *dhuinne* 's aithne sin, 'tha sealg nan gensen.

Tha fear dhiu air a chur gu freiceadan,  
'Nuair tha iad air an fheur ag ionaltradh,  
'S tha chluas a' biorachadh, a's bheir e'n sanas  
Gu soilleir cruaidh, ma dhluthaicheas an Sealgair.

RUODI (ris a' Bhuachaille)—'N ann a' dol dachaidh tha thu?

KUONI—Tha an Alp gu huileach air a lomadh.

BHERNI—Beannachd leat,  
A's gu'm a mhath a gheihh thu dhachaidh 'Bhuachaille.

KUONI—Mar sin leat fhein; Cha'n ann o d' thurus-sa

A thigear daonnan tearuinte gu baile.

RUODI—Sud fear a' tigh'n 'na ruith an cabhaig chruaidh.

BHERNI—'S aithne dhomh e—Baumgarten o Altsellan. (Conrad Baumgarten anail 'na uchd, 's e 'g a thilgeadh fhein 'nan teismeadhoin).

BAUMGARTEN—Do hhat', air sgath a' Maitheis, Fhir an aiseig!

RUODI—So, so, co uime tha chahhag?

BAUMGARTEN—Fuasgail i!

Cuir thairis mi! A's teasraig mi o'n hhas

KUONI—De th' ort a dhuine?

BHERNI—Co a tha 'g ad ruag?

BAUMGARTEN (ris an Iasgair)—Greas ort, greas ort, 's iad direach aig mo shailtean!

Tha marcaichean an t-Siorraim as mo dheigh;  
Ma thuiteas mi 'nan lamhan 's duine marbh mi.

RUODI—C'ar son a tha 'n luchd-marcachd air do thòir?

BAUMGARTEN—Sahhail mi 'n toiseach, hidh uine an sin ri cainnt riut.

BHERNI—Tha sridean fola ort, ciod a th'air tachairt?

BAUMGARTEN—Ceannard Dun Rossherg, oifigeach an Iompair—

KUONI—'N e Bholfensissen! 'N *esan* tha 'g ad ruaig?

BAUMGARTEN—Cha 'dean e dochann tuille, mharbh mi e.

IAD UILE (a' leum air an ais)—Gu'n sealladh Trocair oirmne. Ciod a rinn thu?

BAUMGARTEN—Ni 'dheanadh duine saor 's am hith 'am aite!

Mo choir mar Fhear-an-tighe ghnathaich mi  
'Na aghaidh-san a chuir gu naire m' ainm,  
A's ainm mo mhnatha.

KUONI—An d'rinn Fear an Duin  
Dochann 'sam bith air d'onoir?

BAUMGARTEN—Mur do rinn  
's e Dia, 's an tuadh agam 'chuir grabadh  
air  
Nach d'fhuir a mhiann mi-bheusach  
coimhlionadh.

BHERNI—A's rinn thu leis an tuaidh a cheann  
a spealtadh?

KUONI—O, inn's dhuinn h-uile car, tha uin'  
agad  
Am feadh a tha e cur a' bhata nach.

BAUMGARTEN—Bha mi's a' choille, 'gearradh  
fiodh, 'nuair thainig

Mo bhean 'na ruith, a cridh' 's a phloggartaich  
Le geilt a's fuathas. Bha Fear-an-Duin' 's an  
tigh,

Dh' orduich e dh' i gach goireas chur air  
doigh,

A chum gu'm failceadh 'se e fhein! Am feadh  
A bha i' deasachadh gach ni, mar dh' aithn',  
Guidhe neo-cheadaicht' rinn e 'chur m'a  
coinneamh

Theich i o 'n tigh, 'na leum, 'gam iarruidh-sa.  
Ruith mis' am dheannaibh, direach mar a  
bha mi

'S le m' thuaidhe, chuir mi crois air, 's e 's  
an uisge.

BHERNI—Rinn thu gu maith, cha smad, da  
thaobh, aon duin' thu.

KUONI—An cu-luirge esan! Fhnair e 'nis a  
dhuais!

'S fhad o 'n a thoill e i, 'thaobh muinntir  
Unterwalden.

BAUMGARTEN—Chaidh 'n gnìomh a dheanamh  
ainmeil; tha 'n toir am dheigh.

Am feadh 'tha sinn a' bruidhinn—Mis' ?—tha  
'n uine ruith—

(Tha 'n tairneanach a' toiseachadh).

KUONI—Clis, cuir an duine coir a null, a  
Phortair!

RUODI—Neo-chomasach. Tha doinionn gharbh  
a' tighinn.

Feumaidh tu feitheamh greis.

BAUMGARTEN—Feitheamh! Mo chreach!  
Feitheamh cha 'n urrainn mi. B'e moille 'm  
bas domh—

KUONI (ris an Iasgair)—Feuch ris le comhnadh  
Dhe! Bu choir ar lamh

Bhith deas a chuideachadh ar coimhears-  
nach;

Faodaidh a leithid eile tachairt dhuinne.

(Gair thonu a's thairneanaich).

**RUODI**—Fhuair a' ghaoth-deas mar sgaoil, tha thu a' faicinn

Cho ard 's tha 'n Loch ag at; cha 'n urrainn domh,

An aghaidh gaoith a's thonn am bata stiuradh.

**BAUMGARTEN** (a' glasadha lamhan mu ghlunaibh an Iasgair)—

Gu 'n tugadh Dia dhuit comhnadh ann ad fheum

A reir na trocair 'nochdas tusa dhomhsa.

**BHERNI**—Tha bheath' 's a chuis. Bi iochd mhor, Fhir-an-aiseig.

**KUONI**—'S Fear-tighe e, tha bean a's paisdean aige!

(Buillean tairneanaich thairis agus thairis).

**RUODI**—Ciod? Nach 'eil beatha agamsa ri chall?

Tha, mar an ceudna, bean a's clann 'am dhachaidh

Mar th' aige-san—Amhaircibh air an Loch,  
A' chaoir, 's an luasgadh, a's a' gheil a th' ann  
'S gach sruth tha tigh'n 'na chuibhleagan le  
bruthach

A' togail gaoir'n ar n-aghaidh as an Doimhne!

Bu toilichte a dheanainn chobhair air

An duine coir, ach tha e glan a'm chomas,  
Nach 'eil sibh fhein a' faicinn mar a tha e?

**BAUMGARTEN** (fathas air a ghluinean)—

'S fheudar, mata, tuiteam an laimh mo  
namhaid,

Fearann na tearuinteachd cho dluth fa m'  
chomhair!

Sud e 'na luidhe thall! Ruigidh mo shuil air,  
A's ruigidh fuaim mo ghuth a null g'a  
ionnsuidh,

Tha 'n sin am bata bheireadh thairis mi,  
A's mis' an so, gun duil dol as, no doigh air!

**KUONI**—Faic, co tha tigh'n?

**BHERNI**—'S e Tell a th' ann, o Bhuirgleann.

(Tell, le bhogha-tarsuinn).

**TELL**—Co 'n duin' tha 'n so a' guidhe air son  
cobhair?

**KUONI**—Is duin' e o Alzellen 'sheas a suas

Gu onoir fhein a dhion, a's Bholfensiess,

Maor leis an Rìgh, a bha an Daingneach  
Rossberg,

Rinn e a mharbhadh — Marcaichean an  
t-Siorraim

Tha air a thoir, 's iad dìreach aig a shailtean.

Tha 'ghuidhe ris an Iasgair so, 'chur thairis,

Tha es' an geilt roimh 'n stoirm 's cha teid e  
mach.

**RUODI**—Sin agaibh Tell, 's aithne dha 'n stiuir  
a chluich,

- Bheir esan fianuis c' dhiu tha 'n rud ri fheachainn.
- TELL—Bheir airc a dhuine, dulan do gach ni.  
(Buillean cruaidh tairneanaich, an loch a' taomadh le toirm a nios).
- RUODI—B'e sin mi fhein a thilgeadh anns an t-slochd!  
Co 'n duine ghleidh a chiall a dheanadh sin?
- TELL—'S e fhe' a thig mu dheireadh 'n smaoin a' ghaisgich  
Cuir d' earhs' 'an Dia, saor es' tha fulang foirneart.
- RUODI—Comhairle thaght', 's thu sabhailte 's a' phort!  
Sin duit am hata, 's sud an Loch, feuch fhein e!
- TELL — Nochdaidh an Doimhne truas cha nochd am Bailli.  
Feuch ris, a Phortair!
- NA BUACHILLEAN 'S AN SEALGAIR—Saor e?  
Saor e! Saor e!
- RUODI—Ged h' e mo hhrathair, no mo leanabh fhein e,  
Cha ghahh e hith; 's e 'n diugh Feill Shimoin 's Iudais,  
Mar sin, tha 'n Loch air hainidh 'sireadh 'iobairt.
- TELL—'S a chuis so cha dean hriathra faoin an gnothuch;  
Ahair, an teid thu thairis, Fhir-an-aiseig?
- RUODI—'S mise nach teid!
- TELL—An ainm ar De mata!  
An so am bata! Bheir mi ionnsuidh air Le m' neart faoin fhein.
- KUONI—Mo laochan Tell!
- BHERNI—Smior an t-sar-chompanaich.
- BAUMGARTEN—M' fhear-teasraiginn,  
A's m' aingeal thu, gu m' bheatha 'chaomhnadh Tell!
- TELL—Ni mi, gu dearhh, o neart a' Mhaoir do spionadh!  
'S e Cumhachd Eile 'ghleidheas thu o 'n stoirm.  
Ach h'fherr thu thuiteam ann an laimh do Dhe,  
Na'n lamhan dhaoin'. (Ris a' Bhuachail) Ma thig ni saogh'lta rium  
Fhir-duthch' thoir thusa comhfhurtachd do m' mhnaoi.  
Cha h' urrainn domh a sheachnadh 'n ni a rinn mi.  
(Tha e leum a stigh do 'n bhata).
- KUONI (ris an Iasgair)—Tha thu an so mar mhaighstir air an stiuir.  
'S an ni 'ghabh Tell fo 's laimh cha 'n fheuchadh tusa!



- RUODI**—Tha iomadh duine 'tha na's fearr na mise  
Aig nach 'eil cri' no misneach dol da reir-san,  
Dithis da leth-bhreac cha 'n 'eil air an t-sliabh.
- BHERNI** (a' direadh air creig)—Tha e 'mach cheana, Dia 'g ad chomhnadh 'laochain!  
Faic mar tha 'm batachan a' tulgail thall  
A measg nan tonn!
- KUONI**—'S e 'n rathad sin tha 'n sruth—  
Cha 'n fhaic mi e na's fhaide. Ach stad ort, sin e!  
Tha 'n treun gu foghainteach troinh 'n chaoir a' stri!
- SEPPi**—Sin marcaichean an t-Siorraim tigh'n 'nan sradan.
- KUONI**—'S iad dìreach 'tl'ann. B' i sin an fhoir 's an airc.  
(Buidheann de Luchd-eich Landenberg).
- A CHEUD MHARCACH**—Thoiribh a mach am mortair 'chuir sibh'm falach!
- DARA MARCACH**—Thainig e 'n rathad so, cha ruig sibh leas a chleith.
- KUONI** agns **RUODI**—Co tha sibh 'cìallachadh, a mharcachian?
- A CHEUD MHARCACH** (a' toirt an aire do'n bhata)  
—'De, 'n Donas, chi mi 'n sud?
- BHERNI**—'N e 'm fear 's a' bhata  
Tha sibh ag iarraidh?—Marcaichibh air adhart!  
Ma ghreasas sibh, gheibh sibh an ealachd greim air.
- DARA MARCACH**—Am mallachd, fhuair e as!
- A CHEUD MHARC.** (ris a' Bhuachaille 's an Iasg-air)—Rinn sibhs' a chomhnadh,  
Paighidh sibh air a shon—Togaibh an treudan!  
Leagaibh am bothan, lasair ris, gu lar leis!  
(Tha iad a' greasadh air falbh).
- SEPPi** (a' ruith 'nan deigh)—Oh, na h-uain agam!
- KUONI** ('ga leanailt)—Ochoin, ochoin, mo threud!
- BHERNI**—Na coin-luirge!
- RUODI** (a' fasgadh a lamhan)—A Fhreasdail chothromaich  
C'uin a thig Fear a theasraigeas an Tir so!

#### AN DARA ROINN.

Aig Steinen ann an Suits, craobh teile air beulaobh tigh Stauffacher, taobh an rathaid-mhoir, dluth do'n drochaid.

Bherner Stauffacher, agus I'feifer bho Lutsern a' tighinn air an aghaidh a' conaltradh ri 'cheile.

PFEIFER—Seadh, seadh, a Stauffacher, mar  
thubhairt mi riut.

Na bo'ich d' umhlachd 'thoirt do Austria  
Ma ghabh's e seachanadh. Gu gramail,  
tapaiddh

Ri d' rioghachd seas, mar rinn thus gus a  
nis.

'S a' d' shaorsa mar o shean gu'n gleidheadh  
Dia thu!

(A' beireachd air laimh air gu cridheil, 's  
a' dol a dh' fhalbh).

STAUFFACHER—Dean fuireach gus am faic thu  
bean-an-tighe.

A's theid do bheatha 'dheanadh leis na  
h-againn.

PFEIFER—Taing dhuit! Tha agam Gersau 'n  
diugh ri 'ruigheadh

Leis gach ni cruaidh a thig ort troimh meud-  
mhoir,

A's sannt nam Maor biodh agad oighidinn  
'S goirid a dh' fheadas caochladh tigh'nn

mu'n cuairt

Ach *faigheadh* Austria greim ort, 's leis thu  
'm feasd.

(Tha e a' falbh. Tha Stauffacher a'suidhe  
'sios gu trom-inntinneach air aite-suidhe  
'tha aig bun na craoibh. Fhuair an so  
e a bhean, Gertrud; sheas i dluth dha  
car gheis, a' beachdachadh air gu  
tosdach).

GERTRUD—Cho durachdach, a luaidh! Cha 'n  
aithn'ghinn thu.

Tha ioma latha o 'n a thug mi 'n aire

Gun diog a radh, mar a tha trioblaid-inntinn  
A' toirt nam preasa troma air do mhala.

Le iargain shamhach tha do chri 'ga fhasgadh,  
Earb rium an gnothuch; 's mi do cheile  
dhileas,

Mo leth de d' iomagain tha mi 'tagradh uait.

(Tha Stauffacher a' sineadh a mach a lamh  
dhi gu tosdach).

Inn's d'bhomb' a'e'm mulad is *urrainn* drughadh  
ort?

Tha beannachd air do dhichioll, bla'ch na rath  
Air d' uile sheilbhe, tha na saibhlean lan,

Treuda nam bo, 's na h-eich, 's a chulaidh 's  
fhearr,

Gu snasmhor, sleamhain le 'n deadh fheur-  
achadh,

Air tilleadh dhachaidh tearuinte o 'n bheinn,  
Gu'n geamhrachadh gu socair anns a' phras-  
aich.

Tha 'n sin do thigh, cho briagh ri tigh-mor  
tighearn;

Na seomraichean air an ur-linteachadh.  
Le fiodh a's hoidhche snuadh, de bhun nan  
craobh,

'S air a dheadh orduchadh a reir ar n-inbhe ;  
Le ioma uinneag tha e aoidheil, soilleir ;  
Le dealbh nan suaicheantas, do ioma dath,  
A's sgeith do Theaghlaich tha am balla  
riomhach.

'S le briathra glic, a leughas am fear-turuis,  
A' meorachadh le ioghnadh air an seadh,  
Am feadh a tha e leigeadh dheth a sgios.

STAUFFACHER—Tha 'n tigh an roghadh-uidheam  
agus ordugh,

Ach, Och —tha 'n steidh 'toirt geill air an do  
thog sinn !

GERTRUD—A ghraidh, cia mar a tha thu 'tuigs-  
inn sin ?

STAUFFACHER—O cheann a ghoirid, shuidh mi,  
mar an diugh,

Fo 'n chraoibhe so, a' beachdachadh le solas  
Air m' uile obair sinasmhor, choinhlionta,  
'Nuair thain' o Chussnacht 'nuas,—an caisteal  
aige—

Am Maor a' marcachd seachad le 'luchd-eich.  
Sheas e mu choinnimh 'n tighe so le ioghnadh,  
Ach dh' eirich mi gu luath, 'toirt urraim dha  
Mar a bu choir, 's chaidh mi 'na choinneamh-  
san

A chuir, le 'chumhachd tighearnail, an t-Iomp-  
air'

'S an tir so thairis oirnn. Co leis an tigh ?  
Le droch-run dh'fharraid e, 's deadh-fhios aig'  
air.

Fhreagair mi, 'gabhail agam fhein gu h-ealamh,  
Tha 'n tigh, le 'r cead, le'm thriath an t-Iomp-  
aire,

Leibhse, am Maor aige, a's leams' mar  
thuathanach.

A's fhreagair esan :—'S mis' an Tainistear  
'Tha riaghladh na duthch' an ait' an Iompair  
Cha 'n i mo thoil-sa gu'n dean tuathanach  
Aitreabh mar so, air a lainh fhein, a thogail,  
'S tigh'nn beo gu saor mar uachdaran 's an tir,  
A's gheibh mi doigh gu grabadh a chur oirbh.  
Air so a radh dha, thar e air a rathad  
A' marcachd as an ait gu h-ardanach.

Ach dh'fhuirich mise, m' anam lan de thriobl-  
aid,

A' smaointeach' air an fhacal thubh'rt an  
t-Olc.

GERTRUD—M' fhear-tighe gaolach, a's mo cheile  
ionmhuinn !

An gabh thu facal tuigseach bho do mhnaoi ?  
'S i m' uail gur h-ann de theaghlach uasal  
Iberg,

An duine foghlumte, a thainig mi.

'S na h-oidhchean fada, bhiodh mo pheathraichean

'S mi fhein 'nar suidhe trang a' sniamh na h-olainn,

A's ceannardan an t-sluaigh a' cruinneachadh  
Mu'n cuairt de m' athair ; leughadh iad gu dail  
Na seana sgrìobhaidhean a bh' air na craicinn  
Mu'n t-seann deadh Iompaire 's mu mhaith na rioghachd

A' toirt am beachd d' a cheil a 'm briathra tuigseach.

Do ioma facal druighteach thug mi aire,

Do reusanachadh geur nan daoine glic,

Do ruintean durachdach nan daoine maith,

A's dhruid mi suas, gu tosdach, iad 'am chridhe.

Eisd rium mar sin, a nis, 's thoir suim do m' fhacal,

Air a' cheart ni 'tha'n diugh 'na dhragh air d' inntinn-s'.

Tha'm Maor 'am mi-thlachd riut, na'm b urrainn e

Bu toil leis, ann an doigh air bith, do chiurradh,

Tha thu 'd chnap-starra dha, oir, muinntir Suits

'S tu ghleidh gun strìochdadh do 'n tigh phrionnsail ur ;

Ach seas gu gramail, dileas ris an Rìoghachd  
Mar na sean daoine fiachail a bha romhad.

Nach ann mar so a tha ? Abair ma's breug e

STAUFFACHER—Gun ag, 's e so a's bun do mhi run Ghessler.

GERTRUD—Tha 'fharmad riut, 'chionn thu bhith 'n so cho sona

A'd dhuine saor, 'tigh'nn beo air d' oighreachd fhein,

Cha'n eil te aige-san. Tha 'n tigh so agads'

O'n Iompair' fhein 's o'n Rìoghachd mar thuathanas ;

Tha uiread choir agad do thigh a nochdadh

'S th' aig prionnsa anns an tìr a nochdadh 'fhearainn ;

Oir tighearn eile cha'n 'eil os do cheann

Ach esan 's airde inhh 'sa Chrìosduidheachd.

'S e 'm fear so 'mac a's oighe 'n teaghlach athar,

S e cleoc an Ridire na h-aige dh' oighreachd !

Mar sin, air soirbheachadh an duine choir

Tha 'shuil, gun chlos, a' fiaradh farmadach,

S tha 'chridhe uaibhreach lan do nimh a mhi-ruin.

S fhad o'n a bhoidich e do chur-sa fodha—

Ach cha'n 'eil dochann fathast air tigh'nn  
ort—

Am feith thu gus am bi thu air do  
chreineadh,

'Nuair gheibh a dhroch-run borh na chuir e  
roimh?

An duinn crionna ullaichidh roimh-laimh.

STAUFFACHER—'De 'tha ri dheanamh?

GERTRUD (a' dol na 's dluithe)—Eisd ri m  
chomhairle!

Tha fhios agad mar tha, an so 'an Suits,  
Na daoine 's fhearr ri gearan air gach taobh  
Air sannt a's gairge Maor-an-fhearainn so.  
Na biodh aon teagamh ort, tha muinntir Uri  
A's Unterbalden shuas, cho searbh ruinn  
fhein

Do 'n chiosnachadh 's do 'n chuing 'tha iad a  
giulan—

A chionn tha Landenberg, taobh thall an  
Loch,

Chò ladarna ri Gessler ann an so—

Cha'n 'eile aon bhatan-iasgaich 'thig a nall,  
Gun naigheachd ur ri innseadh dhuinn mu  
thoiseach

An fhoirneirt a's na h-iorghuill 'thog na  
Maoir.

Bu mhaith an ni na'n trusadh grainnean  
dhìbh

Gu doigh a thoirt m' an cuairt a ni an  
t-uallach

Na 's fhasa 'ghiulan. Tha mi uile-chinnteach  
Nach treig ar Dia sibh. Bi'dh E fabharach  
Do 'n chuis 'tha ceart, a's bheir se i gu crìch—  
Nach 'eil 'an Uri caraìd air bith agad  
Da 'm biodh e tearuint' dhuit do chridhe  
fhosgladh?

TAUFFACHER—'S ioma fear treun tha 'n sin  
a's aithne dhomh,

A's triathan mora 'tha fo mheas a's cliu  
'Tha eolach orm, a's dh' earbainn annt' gun  
gheilt.

(Tha e 'g eiridh 'na sheasamh).

A bhean, am bhroilleach tha thu dusgadh  
doinnean

De smuaintean nach 'eil tearuinte a ghiulan!  
An ni bu diomhaire 'am thaobh a stigh

Tharruing thu chum an t-soluis, 's chuir fa  
m' chomhair,

'S an ni air an do dhiult mi beachdachadh.  
Le teanga dheas, neo-sgathach labhair thusa.

An d' thug thu ceart faineas a' chomhairle  
A thug thu dhomh? Dheanadh tu aimhreit  
gharbh

A's fuaim airm-chogaidh 'ghairm a stigh do'n  
ghleann so

- Far am bheil sith gu samhach 'gabhail  
comhnuidh—  
Gu'n gabhamaid os laimh, sluagh lag, neo-  
chleachdt'  
Riamh ach ri buachailleachd, seasamh an  
aghaidh  
Maighstir an t-saoghail? Cha'n 'eil a dhith  
orra  
Ach an deadh leth-sgeul fhaotainn gu'n neart-  
cogaidh  
Fhuasgladh 'n ar n-aghaidh, s an sgaoithean  
cheatharnach  
'Leigeil fa sgaoil air ar tir thruagh so againn,  
A chum gu'n toireadh coraichean na buadha  
An comas dhoibh ar smachdachadh gu goirt,  
'S fo 'sgaile peannasachaidh laghail cheairt,  
Ar seann Litrichean-saorsa 'mhilleadh oirnn.  
GERTRUD—'S fir sibhse cuideachd, 's aithne  
dhuibh tuaidh a chluich,  
Do 'n mhisneachail bheir Dia lan-  
chuideachadh!  
STAUFFACHER—Oh, 'bhean! Is uile-bheist  
cuthaich, gairisneach  
An cogadh daonnan; buailidh e an treud  
'S an buachaille le cheile.  
GERTRUD—Feumaidh duine  
Gach ni a chuireas Freasdal air, a ghiulan,  
Le eucoir cha chuir cridhe uasal 'suas.  
STAUFFACHER—Tha 'n tigh so 'thog sinn, 'toirt  
toillinntinn dhuit—  
Loisgeadh an cogadh sgriosail e gu lar.  
GERTRUD—B' i mo laimh fhein 'chuireadh an  
lasair ris  
Ach mi bhi fiosraichte mo chridh' bhi leagta  
Air maith an t-saoghail so.  
STAUFFACHER—Tha thu cur creideas  
'Am baighealachd a' chinne daoin!' An  
cogadh  
Cha chaomh'n an leanabh maoth a tha 's a  
chreathall.  
GERTRUD—'An Neamh tha Caraid aig an neo-  
chiontach!  
Air d' aghaidh seall, 'Bherner, na b' ann air  
d' ais!  
STAUFFACHER—Sinne, na fir, thuiteadh gun  
gheilt 's a chath  
Ach sibhse, aig an tigh, 'd e thachradh ribh  
GERTRUD—'S tric a tha 'roghainn fosgailte do  
'n lag,  
Aon leum o'n drochaid sin, 's bhithinn-sa saor.  
STAUFFACHER (g a glacadh 'n a ghairdeinean)—  
Co aig a bheil coir cridhe mar th' agadsa  
A theannachadh r' a bhroilleach, nach biodh  
deas

Gu cathachadh air son a thigh 's a theallaich,  
Gun fhiamh roimh chumhachd airm rìgh air  
an t-saoghal?

Theid mi an ceart-uair fhein a null gu Uri  
Far am bheil Bhalter Furst, mo charaid dilegs,  
A tha dh' aon bheachd rium mu na h-amannan  
so.

Tha, cuideachd, ann a sin, an ridir uasal,  
Triath Attinghausen—Ged thain' o shliochd  
cho ard e,

Tha gradh aige do 'n t-sluagh, 's tha e toirt  
urraim

Do na seann chleachduinnean. Leo-san le  
cheile

Gabhaidh mi comhairle, a dh' fheuchainn c'a  
mar

A ghleidheas sinn, gu duineil, aige fhein  
Namhaid ar duthcha · Beannachd leat a ruin !  
Stiur thus', am feadh tha mise fada uait,  
Le inntinn thuigeasch, reisimeid an tìghe—  
Luchd-turuis chrabhach, gu Tìgh Dhe 'dol  
seachad,

Am manach 'trusadh deirc air son na  
h-Abaid,

Buin riu gu fial, thoir seachnd dhoibh gu pailt  
's cuir air an slìghe iad gu suilbhìre.

Cha cheil gu brath tìgh Stauffacher a cheann  
Ach tha e, anns an t seadh a's farsuinge,  
Taobh an rathaid-mhor, mar fhardach fhos-  
gailte,

Do 'n choigreach 'thig air allaban gu 'dhorus.  
(Am feadh a tha iad a' dol as an t-sealladh,  
tha Tell agus Baumgarten a' tighinn am  
follais, agus a' dluthachadh oirnn).

TELL (ri Baumgarten) — Cha 'n 'eil feum  
tuilleadh agad orm a nis

Rach thus' a null do 'n tìgh ud ; gheibh thu  
'n sin

A' fuireach Stauffacher, a tha mar athair

Do dhuin' air bith a th' air a sharuchadh.

Ach, stad ort, sin a fhein—Lean mise,  
tiugainn !

(Tha iad a' dol a suas 'g a ionnsuidh.

Tha 'n sealladh a' caochladh).

#### AN TREAS ROINN.

Aite Fosgailteach, dluth air Altorf.

Air mullach cnuic, air an taobh a's fhaide  
o'n fhear-amhairc, chithear daingneach 'ga togail,  
a tha cho fad air aghaidh gu bheil cruth an  
iomlain ri fhaicinn. Tha 'n taobh cuil crìoch-  
naichte, tha 'n taobh-beoil dìreach 'ga thogail,

tha gach faradh agus lobhta-seasaidh fathast ri aodainn a bhalla, leis an luchd-oibre a' direadh 's a' tearnadh orra. Air a' mhullach a's airde do 'n togail tha 'n sgleatair trang—tha na h-uile ni air ghluasad a' cur na h-oibre air aghaidh.

Maor. Maighstir nan Clachairean. A Ghillean 's an Luchd-frithealaidh.

AM MAOR (le a bhata-dreuchd, a' greasad an luchd-oibre)—

Na bi'bh 'ga ghabhail tuille 's socair. Clis!

A nall na clachan sin air son a' bhalla,

An so an t-aol, togaibh aol-tathaidh leibh

Gu luath! 'S gu 'm faic am Maor an uair a thig e

Gu'm bheil an obair 'dol gu maith air adhart, Cha'n fhearr sibh na na seilcheagan, cho mall.

(Ri da fhear-oibre 'tha tarrauing luchda).

An ealach sin? 'S a mhionaid so 'dha uiread!

Na slaodairean, 's an doigh so 'goid na tim!

A CHEUD GHILLE—'S cruaidh gur sinn fhein a bhiodh a' tarrauing chlach

A thogail dhuinn fhein prìosain a's tigh-cheannais!

MAOR—Co uime 'tha thu canran? Sluagh gun fheum,

Cha ghabh iad cur ri ni ach bleodhainn cruiddh A's lunnadaireachd air feadh nam bruth-aichean.

SEANN DUINE (a' leigeil 'anail)—Cha 'n 'eil e 'm chomas tuille 'dheanamh.

AM MAOR (a' toirt crathaidh dha)—Sgairteil,

A bhodaich, cuir an obair air a h'aghaidh.

A CHEUD GHILLE—Bheil cridhe idir agad ann ad chom?

Seann duine, 'ni ach gann e fhein a ghiulan,

A chur gu obair chruaidh mar so a dh'aindeoin?

AM MAIGHSTIR 'S A GHILLEAN—Ni gaoid a' leithid so Neamh fein a ruigheachd!

AM MAOR—Sealladh ribh fhein, tha mise dol a reir

Mar 'tha mo dhreuchd 'g am orduchadh.

DARA GILLE—A Mhaoir,

'D e 'n t-ainm a bheil sibh air an daingnich so 'Tha sinu a' togail, 'nuair a bhios i crìoch-naichte?

AM MAOR—"Ciosnachair Uri," bheil sinn oirre! Chionn

Fuidh 'n chuing aice theid a thoirt oirbhse cromadh.

NA GILLEAN—Ciosnachair Uri!

AM MAOR—'D e 'n t-aobhar gair 'tha 'n sin?



AN DARA GILLE—Leis an tighein so ciosnaichidh sibh Uri?

A CHEUD GHILLE—Stad thusa dh' fheuch co meud de dhuintean-fhamb

Mar so a dh' fheumas iad a charnadh 'suas,

Gus am bi uibhir ann gu'n dean iad beinn

Cho mhor dhiu, ris an te a's bige 'n Uri!

(Tha am Maor a' dol as an t-sealladh air an taobh-cuil).

AM MAIGHSTIR—An t-ord a bh' agam iis an togail mhallaichte

Tilgidh mi sìos do ghrunnnd an loch a's doimhn' e!

(Tha Tell agus Stauffacher a' tighinn)

STAUFFACHER—Och, h'fhearr nach d'rugadh mi gu'n rud so fhaicinn!

TELL—Deanamaid coiseachd, cha'n 'eil maith 'bhi 'n so!

STAUFFACHER—Bheil mi da rir' an Uri, tir na saorsa?

MAIGHSTIR NAN CLACHAIREAN—Na'm faiceadh sibh na seileirean, a mhaighstir,

'Tha fo na tuir! Esan 'theid *annta sin*.

Cha chluinn am feasda tuille glaodh a' choilich.

STAUFFACHER—A Thi a's airde

MAIGHSTIR—Seallaibh air cliathaichean

Na'm halla dion, air neart gach balla-taic,

A' seasamh mar gu'm biodh iad air an togail

Gu mar sin re na siorruidheachd an sin!

TELL—An ni a thogas lamh, ni lamh a leagail.

(Ris na beanntaibh a' sealltuinn).

Aitreach na Saorsa shuidhich Dia, E fein dhuinn.

(Cluinnear fuaim druma, tha daoine tighinn le ad air harr maide fada, fear-gairm 'g an leanachd, mnathan agus clann, le gaoir a's troimh-cheile, a' dròbhadh as an deigh).

A CHEUD GHILLE—De 's ciall do 'n druma? Gabhaibh heachd!

MAIGHSTIR NAN CLACHAIREAN—'De 'n seorsa

Luchd-siubhail Di-Lairt-inid bhies an so,

'S de 's ciall do 'n aid?

FEAR-GAIRM—An ainm an Iompaire,

Eisdibh!

NA GILLEAN—Nach cuisd sibh nis, a's thugaibh aire!

FEAR-GAIRM—An Ad so 'tha sibh 'faicinn, fhearaibh Uri!

Air post ard theid a nis a togail 'suas,

'S a cur 's an ait' a's aird am meadhon Altorf.

'S e so a's run 's a's toi! le Maor-an-fhearainn:

Do 'n Aid gu'n toirear onoir mar dha fein,

Le glunaibh lubt, 's le ceann neo-chomhdaichte  
Tha modh ri thabhairt dh' i—mar so, an Rìgh  
Gheibh aithne orrasan 'tha umhal da.

A's co air bith 'ni dimeas air an aithne  
'Theid ubhla air, le 'thoirt gu buileach thairis,  
E fein, 's na bhuineas dba, do laimh an Rìgh.

(Tha 'n sluagh a' deanamh glag gaire, tha  
'n druma 'g a bualadh, tha iad a' dol as  
an t-sealladh).

A CHEUD GHILLE—De an rud ur nach cualas  
iomradh riamh air

Tha 'n ceann a' Mhaoir! Sinn a thoirt modh  
do aid!

An cuala gin agaibh a' leithid riamh?

MAIGHSTIR NAN CLACHAIREAN—Gu 'n lùba-  
maid ar glun do aid! Ain bheil e

Ri fala-dha ri daoine coire steidheil?

A CHEUD GHILLE—Na'm b' e 'n crun rioghail  
a bhiodh ann, b' e sin

Gu dearbh Ad Austria: chunnaic mi an crun

An crochadh thairis air an Rìgh-chathair

Far an d' thug iad dhuinn coraichean ar fear-  
ainn.

MAIGHSTIR NAN CLACHAIREAN—Ad na h-Anstria.

Thugaibh sibhse 'n aire,

Is ribe th' ann gu 'r brath do Anstria!

GILLEAN UILE—Cha strìochd duin' onarach  
do 'n tamailt so.

MHAIGHSTIR NAN CLACHAIREAN—Thigibh, a's  
deanamaid le cach co-chordadh.

(Tha iad a' tearnadh a dh' ionnsuidh an  
taobh cuil).

TELL—A nis tha eolas agad air an iomlan.

Mo bheannachd leat an traths' a Mhaighstir  
Bherner!

STAUFFACHER—C'ait 'bheil thu dol? Na teich  
cho luath air falbh.

TELL—Bidh ionndrainn aig an tigh ac' orm.  
Slan leat.

STAUFFACHER—Tha moran ann am chridhe  
'theirinn riu.

TELL—Cha'n eutromaich na 'briathra cridhe  
trom.

STAUFFACHER—Ach dh' fbeudadh gnìomhara  
n 'briathr' a leanachd.

TELL—'S i 'n aon gh-lìon dh'inn 'bhi tosdach  
foighidneach.

STAUFFACHER—An giulain duine ni a tha  
do-ghivlan?

TELL—Cha mbair ach gearr an ceannas 'gheibh-  
ear ealamh.

'Nuair dh' eireas a' ghaoth deas le neart a suas  
A slugan dorch' nan gleann, theid anns gach  
tigh

An teine leigeadh as ; greasaidh gach long  
A dh'ionnsuidh cala : sguabaidh an Anail  
threun

Gun lorg, gun dochann thairis air an talamh.  
Cumamaid uile samhach aig an tigh ;  
Fagar an sith na daoine s'obhalta.

STAUFFACHER—Am bheil thu ciallachadh ?

TELL—Nach lot an nathair  
Mur teid a brosnuchadh. Fasaidh iad sgìth  
Iad fhein ma dheireadh thall, an uair a chi iad  
Gu bheil na duthchanna a' fantuinn suaimh-  
nach.

STAUFFACHER—Bu mhor na dheanamaid le  
seasa 'h comhladh.

TELL—'Nuair bhrisear long 's e'n duine singilte  
A's usa 'ni e fhein a chuideachadh.

STAUFFACHER—An cuir thu dhìot, cho fuar, an  
guothuch coitchionn ?

TELL—Air fhein a mhain cunntaidh gach aon le  
cinnt.

STAUFFACHER—Co-cheangailte, an lag maraon  
bi'dh neart-mhor.

TELL—'N a aonar 's ann a's treise duine laidir.

STAUFFACHER—Mar sin cha'n fhaod an duthaich  
amharc riutsa

'Nuair ghlacas i 'na cruaidh-chas airm na  
h-eiginn ?

TELL (a toirt a lamh da)—Thug Tell uan caillt'  
a sìochd an dubhaigein

Saoil thus' an teicheadh e air falbh o  
'chairdean ?

Ach ciod air bith a ni sibh fagaibh mise

Taobh mach na comhairle ! Cha'n urrainn  
dhomhsa

Seasamh a dearbhadh, a's a taghadh chusean ;

Ach biodh rnn suidhichte a' feitheamh orm,  
Glaodhaibh ri Tell, cha'n fhaillinnich e sibh.

(Tha iad a' dol as an t-sealladh air  
rathaidean eadar-dhealaichte, tha  
troimh-cheil obann ag eiridh m'an  
cuairt do na lobhtaichean).

AM MAIGHSTIR (a' ruith a nunn)—'De th' ann ?

A CHEUD GHILLE (a' tighinn dluth a'  
glaodhaich)—Thuit an sgleatair o dhruim  
an tìghe !

(Tha Berta a' dian-ruith a' stigh. A  
Luchd-frithealaidh).

BERTHA—A bheil e air a bhrntheadh ? Ruithibh,  
tearnaibh,

Cuidichibh e ma 's comasach a chomhnadh.

Teasraigibh e, thia or agaibh an sin——

(A' tilgeadh a seudan am measg an  
t-sluaigh).

AM MAIGHSTIR—Ehur n-or ; Air dhuibh an  
t-athair a's a chlann,

An duin' agus a bhean o cheile 'sgaradh,  
 A's doruinn thoirt air aghaidh 'n t-saoghail  
 uile,  
 Bheil fiughair againh gu'n dean or a suas e ?  
 Togaibh oirhh ! 'S e daoine sona sunntach  
 A hh' annainn gus an d' thainig sibhs' nar  
 measg,  
 'N 'ur luib-sa thainig eu-dochas a stigh.  
**BERTHA** (ris a Mhaor, a thil air ais)—A hheil e  
 heo ?  
 (Tha am Maor a' tóirt sanas nach 'eil).  
 A chaisteil mhi-fhortanaich,  
 Do hhallachd le mallachdan 'ga thogail  
 'S do mhallachdan hi'dh e 'na aite-comhnuidh !  
 (Tha i 'falhh).

#### AN CEATHRAMH ROINN.

Tha Bhalter Furst agus Arnold fo 'n Mhelchdal  
 a' tighinn aig an aon am o rathaidean eadar-  
 dhealaichte.

**MELCHDAL**—A Mhaighstir Bhalter Furst—

**BHALTER FURST**—Na'n tigeadh duin' oirn !

Dean fuireach far am hheil thu. 'Tha luchd-  
 hrathaidh

M' an cuairt oirn.

**MELCHDAL**—Nach 'eil guth idir againh dhomh  
 A 'nterhalden? Nach 'eil diog air m  
 Athair?

Cha ghiulain mi na 's fhaide le bhi 'n so  
 Am phriosanach, a' cur na h-uine seachad  
 Gu diomhanach. 'De 'n cron airidh air peanas  
 A chuir mi 'n gnìomh, gu'm feumainn mi  
 fhein fholach

Mar gu'm bu mhortair mi? Coire air bith  
 Cha ghabh cur as mo leith, ach, 'nuair a  
 thainig

Am balach ladarna, air aithn' a' Mhaoir,  
 A thogail leis, 's mo shuil ag amharc air,  
 A' chuing a h' fhearr a hh' againn do na  
 daimh,

Le strachd de 'n hhata gu'n do bhrìst mi  
 'chorag.

**BHALTER FURST**—Tha thu tuille 's hras. B' e  
 gille 'Mhaoir a' bh' ann.

'B' e d' uachdaran a chuir ad ionnsuidh e.

Bha thu 's a chionnt, bha e mar fhiachadh ort  
 Gahhail gu samhach ris, 's an smachd a  
 ghiulan

Gu 'de air bith cho trom 's a bhiodh am  
 peanas.

**MELCHDAL**—An e gu'n eisdinn ris an t-seanachas  
 A thug am halach gohach dhomh :—“Ma tha  
 Aig croitearan a' mhiann gu aran itheadh

Rachadh iad fhein a's tairneadh iad an crann!"  
Ruig e an cridh' agam am balach fhaicinn  
A' toirt nam beothaichean boidheach as a'  
chrann.

Mar gu'n do thuig na creutairean nach rohh  
An gnothuch ceart, s ann 'thoisich iad air  
raiceadh

S' air purradh fhad 's a bh' aca le an adhairc-  
ean.

N sin fhuair mo chorruch ceart lan-uachdar  
orm,

A s, m' an rohh fhios 'm ciod a bha mi deanamh,  
Thug mi am huille cruaidh do lamh a' ghille.

BHALTER FURST—'S gann a ni sinne cumail  
oirnn fein ;

Ciamar a cheannsaichear an oige bhras?

MELCHDAL—'S e m' Athair a tha 'cur a' chruad-  
ail orm—

Tha uibhir fheum aige air curam 's aire.

'S heag air a' Mhaor e, chionn gu'n d'rinn e  
riamh

Seasamh gu duineil air son saors a s ceartas.

Rithidh iad cinnteach air an aobhar sin

Ainneart a chleachdadh ris an t-seann-duine,

'S gun neacha sheasas eadar e 's an reasgachd.

Thigeadh na thogras, hheir mi mi-fhein a  
suas.

BHALTER FURST—Feith thusa fathast greis ;  
dean foighdinn

Gus an tig fios g' ar n-ionnsuidh 'nall o 'n  
Choill.

Tha cuid-eiginn a' hualadh aig an dorus,

Falhh—Feudaidh 'bhi gur teachdair' th' ann  
o'n Mhaor—

Bi falhh a stigh, cha'n 'eil thu, ann an Uri,

Tearuint' o ghairdean Landenherger, mionaid,

Oir tha 'n luchd-foireigne a' toirt an laimh

Do aon a' cheil'.

MELCHDAL—Tha iad a' teagasg *dhuinne*

An ni bu coir dhuinn fhein a dheanamh.

BHALTER FURST—Falbh!

Ma hhios e tearuint' ni mi glaodh riut tilleadh.

(Tha Melchdal a' dol a stigh).

An duine truagh, cha'n 'eil a' chridh' agam

A leigeadh ris dha m' amharus m' an oic

'Tha 'n dan da—Co tha sin? Cha luaith' ni  
dorus

Diosgan, nach 'eil mi 'feitheamh mi-fhortan.

Tha ceilg a's amharus ri feall-fholach

'S na h-uile cearn a's cuil ; luchd-frithealaidh

Aintighearnais 'g am fuchdadh fhein a stigh

Gu ruig an ionad 's diomhaire 's na tighean ;

Cha 'n fhad' ach gus am feum sinn glasan 's  
croinn

Chur air na dorsan, ma theid so air adhart.  
 (Tha e a' fosgladh an doruis agus le  
 clisgear'h, a' toirt ceum air ais, air do  
 Bherrer Stauffacher coiseachd a stigh).  
 Ciod 'tha mi faicinn? Thusa, 'Mhaighstir  
 Bherner  
 Air m' fhacal fhein! Mo charaid measail,  
 ionmhuinn  
 —Riamh cha do chuir taobh stigh mo stairsn-  
 each cas  
 Duine a b'fhiachala. 'S e slaint' do bheatha  
 tigh'nn  
 Fo dhuim an tìghe so! 'De thug a nall thu?  
 Ciod 'tha thu sireadh bho' an so 'an Uri?  
 STAUFFACHER (a' sineadh a laimh dha)—Na  
 seann amannan, agus an t-seann Suisse.  
 BHALTER FURST—Thug thus' iad leat a nall.  
 Faic tha mi gu maith,  
 Tha sealladh d' aodainn a' cur blath's am  
 chridhe.  
 Dean suidhe, Mhaighstir Bherner—Ciamar a  
 dh' fhag  
 Thu Gertrud, do Bhean-tìghe shìobhalta,  
 A's nighean thuigseach Iberg fhòluimte?  
 Gach coigreach, air a rathad troimh ghleann  
 Mheinrad  
 Do 'n Eadailt, as a h uile cearn de 'n Ghear  
 mailt  
 Tha moladh fialaidheachd a's suairc do thìghe,  
 Ach, abair, an ann dìreach a Fluellen  
 A thainig thu an so, nach d' thug thu suil m'  
 an cuairt  
 'An aite 'sam bith eile air an rathad,  
 M' an d'thain' thu thairis air an stairsnich so?  
 STAUFFACHER—Tha obair iongantach ur a  
 chunnaic mi  
 Gu dearbh, nach d thug dhomh moran toil-  
 eachaidh.  
 BHALTER FURST—O, charaid, anns an t-sealladh  
 sin tha'n t-iomlann!  
 STAUFFACHER—Cha robh a leithid sin an Uri  
 riamh—  
 Tigh-teannachaidh cha robh, an cuimhne  
 dhaoin'  
 'S an aite so, b' i 'n aon tìghe teann an uaigh.  
 BHALTER FURST—'S i uaigh na saors' i, 's tu  
 'thug dh' i a h-ainm.  
 STAUFFACHER—A Mhaighstir Bhalter Furst,  
 cha cheil mi ort  
 Nach ann le faoin-run dìomhain brath a  
 ghabhail  
 Air na tha dol air adhart 'thainig mi.  
 Tha eallach throm de iomaguinn air mo  
 chridhe—

Foirneart tha mi air fhagail aig an tigh,  
 A's foirneart fhuair mi 'n so air thoiseach orm  
 Tha 'n rud 'tha sinn a' seasamh glan do-  
 ghiulan,  
 A's ceann no crìoch na teinn cha 'n 'eil ri  
 fhaicinn,  
 Bha'n Suisseach saor o chian gu ruig an am so,  
 A's chleachd sinn riamh gu'm buinteadh  
 ruinn gu suairc.

Cha deach ar duthaich riamh ro' 'leithid so  
 O'n cheud la dh' iomain arach treud air  
 sliabh.

**BHALTER FURST**—Seadh, tha'n dol air adhart  
 so gun eisimp'eir!

Tha, cuideachd, ar triath uasal Attinghausen  
 A chunnaic na seann amannan e fein.

De'n bheachd nach coir dhuinn so na's fhaide  
 'ghiulan.

**STAUFFACHER**—Tha thall 'sa Choille gnothuch  
 goirt air tachairt,

'S gu fuilteach theid a dhioladh—Bholf-  
 ensiesen,

Mao' leis an Iompaire, 'bha n Caisteal  
 Rosberg.

Bha iartus air meas toirmisgte a bhuain ;  
 Bean Bhaumgarten, 'tha fuireach aig Alzellen,  
 B' i 'run mi-ghnathachadh a dheanamh oirre,  
 A's bhuail a fear a sios e leis an tuaidh.

**BHALTER FURST**—O, brèitheanais an Tighearn  
 tha iad ceart !

Baumgarten, thuir tu, duine modhail,  
 stuama,

Ach theasraigeadh e, 's fhuair e aite-folaich ?

**STAUFFACHER**—Chuidich de Chliamhuin-sa e  
 thar an loch ;

Aig Steinen tha e agam-sa an falach—

Thug a cheart duine cunntas dhomh mu  
 dheighinn

Ni 'tha na 's oillteil' fhathast, 's e sin an rud  
 A thachair ann an Sarnen ; faisgidh e cridhe  
 Gach duine maith a chluinneas iomradh air.

**BHALTER FURST** (a' toirt geur aire)—Abair air  
 d' adhart, ciod a bh' ann ?

**STAUFFACHER**—'Am Melchdal

Direach 's an ait' an gabhadh tu an rathad  
 Gu Cerns, tha duine cothromacha' fuireach,  
 Enric bho 'n Halden 's e a their iad ris,  
 Bha buaidh aig 'fhacal anns a' choimhbhional.

**BHALTER FURST**—Co do nach aithne e? De  
 th'air tighinn air ?

Criochnaich do naigheachd !

**STAUFFACHER**—Air son coire facin

Chuir Landenberger ubhla air a mhac,

Dh' aithn e na daimh, a' phaidhir dhiubh a  
 b'fhearr,

- 'Thoirt as a' chrann; 'n sin thug an giullan buille  
Do'n t-seirbheiseach le 'bhata, 's theich air falbh.
- BHALTER FURST (le dian aire)—Ach 'Athair—  
abair ciod a thainig ris-san?
- STAUFFACHER—Dh' aithn Landenberg do'n  
Athair tighinn 'na lathair,  
Dh' orduich e dha a mhac a liubhairt 'suas;  
'S 'nuair 'thug an seann-duin' miannan  
firinneach  
Nach b' fhios da ni air bith m' an fhogarach,  
Ghairin Landenberger an Luchd-pianaidh  
'stigh—
- BHALTER FURST (a leum g' a ionnsuidh, agus a'  
feuchainn a thoirt a leith-taobh)—  
Cum ort, na h-innis tuille!
- STAUFFACHER (a ghuth a' dol na 's airde)—  
"Ma fhuair am mac  
Air falbh, tha 'thusa agam ann am lamhan!"  
'N sin thug e orr' a thilgeadh air an lar  
's an stailinn bhiorach a chur troimh na  
suilean—
- BHALTER FURST—A Fhlaitheis chothromaich!  
MELCHDAL (a' leum a stigh)—'S na suilean  
thuirt thu?
- STAUFFACHER (le iognadh, ri Bhalter Furst)—  
Co e 'n duine so?
- MELCHDAL (a' deanamh greim teann air)—'S na  
suilean! Bruidhinn!
- BHALTER FURST—Och, och, a Bhroin, gur tusa  
'n t-aobhar truaighs!
- STAUFFACHER—Co th' ann? ('Nuair a thug  
Bhalter Furst an sanas dha).  
N e 'mhac? A Thighearn chothromaich!
- MELCHDAL—'S mise cho fada uaith! An da  
shuil aige!
- BHALTER FURST—Ceannsaich thu fein! Gu  
duineil giulan e!
- MELCHDAL—Agams' tha choire, 's ann air sghath  
mo chiont-sa!  
Tha m' Athair dall! Tha e da rireadh dall!  
Tha 'n leirsinn aige buileach air a dalladh?
- STAUFFACHER—'S e sin e. Tobair a sheallaidh  
sh.uth air falbh.  
Solus na grein' cha'n fhaic e 'ris gu brath.
- BHALTER FURST—Nach caomb'n thu 'chradh!
- MELCHDAL—Gu brath, gu brath a ris!  
(Tha e cur a lamh gu teann thairis air a  
shuilean, 's a' cumail samhach car prioba  
no dia; tha e 'n sin a' tionndadh o  
h-a-n gu h-aon agus a' bruidhinn le  
tiomachadh agus deoir 'na ghuth).



O, 's tiodhlac 'tha do-smuainteach' priseil,  
 neamhaidh  
 Solus na sul—Gach bith tha 'tarruing beatha  
 O'n t-solus, tha na h-uile creutair sona—  
 An luibh i fein, a' tionndadh gu toilichte  
 A dh' ionnsuidh 'n t-soluis. 'S fenmaidh  
*esan* suidhe  
 Mothachail, anns an oidhch'—'an dorchadas  
 Air nach tig crìoch—cha'n fhaigh e'm feasda  
 tuilleadh  
 A bheothachadh le guirme blath nan Ion,  
 Greis ghrinn nam blaithe, an giuthas staideil  
 ruadh  
 Cha'n fhaic e tuilleadh—Cha bu ni am bas,  
 Ach a bhi *beo gun leirsinn*, 's doruinn sin—  
 C'arson a dh' amhairceas cho sibh muldach  
 A nall orm? Tha da shuil fhallain agam,  
 'S cha'n urrainn dhomh a h-aon diubh 'thoirt  
 do 'm Athair,  
 No aon ghath-soluis tla a cuan na soills'  
 A tha cur doille orm le 'dhealradh boillsgeach.  
 STAUFFACHER—Do dhoilgheas 's eiginn dhomh  
 a mheudachadh,  
 An ait a leigheas—Tuilleadh tha 'ga dlith!  
 Chreach Maor-an-fhearainn e da chuid gu  
 h-iomlan!  
 Aon ni cha d' fhag e aige ach a lorg,  
 A falbh o tigh gu tigh, dall agus lomnochd.  
 MELCHDAL—Ni ach a lorg do'n duine liath, gun  
 sealladh!  
 Creachte gu tur, 's do sholus glan na greine,  
 An oighreachd choitcheann aig an diblidh  
 through—  
 Na bruidhnibh rium air fantuinn no air  
 falach!  
 'De 'n seorsa cladhair a bh' annam riamh  
 'Bhi smuainteach' orm fein a's nach b' ann  
*ort-sa!*  
 Gu 'm fagainn-sa do cheann gaolach mar  
 urras  
 An laimh fir-cuthaich! A leith taobh 'n  
 fhaicill mheat,  
 A sheallas roimpa--Ni ach dioghaltas fuilteach  
 Cha sasaich mi. A null thairis gabhaidh mi—  
 Cha ruig sibh 'leas mo bhacadh—Cuiridh mi  
 Am Maor gu 'dhulan e 'thoirt dhomh air ais  
 An da shuil a rinn e thoirt air falbh o m  
 Athair—  
 Am measg a mharc-shluagh uile gheibh mi  
 mach e—  
 Cha ni mo bheatha tuilleadh leam mur faigh  
 mi  
 Dian-theas mo ghoimh do-labhairt fhionn-  
 arachadh

Am fuil a chridhe. (Tha e tionndadh gu falbh).

BHALTER FURST—Fuirich! 'De dheanadh tu 'Na aghaidh? Sud e 'na shuidhe 'n Sarnen, A bhaile tighearnail ard, a' deanamh sgallais Air corruich anfhann, 's e 'na dhaingnich laidir.

MELCHDAL—Ged bhiodh a chomhnuidh shuas 'an Luchairt-eighe

Na Sreicthorn, no na 's airde, far am hheil O shiurruidheachd an Oigh\* fo sgail 'na suidhe—

Dheanainn g' a ionnsuidh slighe; faigheam fichead

De 'n oigridd, a dh' zoon inntinn, a dhol comh' rium,

Ghabhainn fo 's laimh hriseadh a stigh d' a dhaingnich.

'S mur lean duin' idir mi, 'n uair bhios sibh uile

Ri caoidh air son 'ur bothain a's 'ur treudan, 'N uair chromar sibh a sios fo chuing 'n fhir-fhoirneirt,

Gairmidh mi 'n ceann a cbeil na huachaillean A th' air na sleibhte, an sin, fo 'n iarmailt shaor,

Far an teid tuigseadh shoilleir, 's cridhe fallain

A ghleidbeadh, ni mi 'n naigheachd aithris dhoibh

M' an aingidheachd dheisneach so 'tha nis air tachairt.

STAUFFACHER (ri Bhalter Furst)—Tha e air tigh'nn gu airde—Am feith sinn, gus An tig a' chuid a's mios' oirnn?

MELCHDAL—Ciod a's miosa

Roimh 'm bi sinn gealtach, 'nuair nach 'eil Reul na sul

Ri bhi na 's fhaide tearuinte 'nar cinn?

'Bheil sinn mata gun airm? C' arson a chleachd sinn

A' chrois-bhogh' tharruing, 's an tuadh-chatha throm

A chluich gu laidir, ealant'? Gheibh gach creutair

Ball-airm na h-eiginn ann an teinn a chruaidh-chas,

Tionndaidh 'm fadh 'tha fannachadh, a's nochdaidh

E 'chabar eagallach do'n lodbainn chon,

Tilgidh a' ghemse 'n sealgair anns an t-slochd, A's ainmhidh call'd' a chroinn, seirbbeiseach soirhh

\*The Jungfrau.

An duine, a ni gu foighidneach fo 'n chuing  
 Treun-neart a mhuineil mhoir a chromadh  
 sios,  
 Bheir e 'n duibh-leum a suas, ma ruigear e.  
 'S a' gabhail cuims' le adhairc chumhachdaich  
 Le urchair tilgidh se a namh 's an speur.

**BHALTER FURST** — Na 'm biodh na tri Duth-  
 channa dh' aon inntinn  
 Ruinne 'nar triuir theagamh gu'n gabhadh  
 Rud-eigin deanamh.

**STAUFFACHER**—Ma thogas Uri glaoth,  
 A's Unterbalden deas g' a cuideachadh,  
 Cha'n fhuirich muinntir Suits air deireadh  
 orra.

**MELCHDAL**—'S ioma dlu-charaid dhomhs' tha  
 'n Unterbalden  
 A's cha'n 'eil fear 'nam measg dhiubh nach  
 biodh toileach  
 A cheann na 'choluinn a chur ann an cunnart  
 Ach e 'bhi 'n comas da cul-taic no dion  
 A thoirt do chach—O Aithriche na Tir so!  
 Laimh ribhs', a tha lan-eolach, foghlumte,  
 'Nar dithis, cha'n 'eil annains' ach an giullan—  
 Mo ghuth-sa feumaidh 'bhi 'na thosd, gu  
 modhail  
 'An Cuirt na Soirr'achd: Ach na deanaibh  
 dimeas  
 A chionn gu bheil mi og, 's nach fhac' mi  
 moran,  
 Air m' fhacal, 's air mo chomhairle. Cha'n  
 ann  
 Do mhianna bras na h-oige 'tha mi striochd-  
 adh,  
 Ach neart mo ghuin, a's cradh mo dhoilghis  
 geur.  
 Is aithrichean sibh fein, air ceann 'ur tighean,  
 Nach b'i bhur durachd gu'm biodh agaibh  
 mac  
 Steidheil, d' ur ciabhan priseil 'bheireadh  
 urram,  
 S a dhionadh Reul bhur sul gu furachail?  
 O, ged nach d' thainig fathast dochann oirbh  
 'An corp na 'n cuid, a's tha bhur suilean  
 agaibh  
 Gu fallain, soilleir, tearuinte 'n 'ur ceann,  
 Na biodh, mar sin, ar n-airc-ue coimheach  
 leibh.  
 Tha thairis oirbhse mar an ceudna 'n croch-  
 adh  
 Sleagh fear-na-foireigne. Rinn sibh an duth-  
 aich  
 A tharruing leibh, air falbh e Austria;  
 Cionnt eile cha robh aca 'n aghaidh m' Athar,  
 Tha sibhs' co-chionntach ris, 's fo 'n diteadh  
 cheudna.

STAUFFACHER—(ri Bhalter Furst)—Dean d' inntinn suas!

Tha mise deas gu d' leanailts'.

BHALTER FURST—Cluinnidh sinn combairle nan triathan usal

Aig Sillinnen, a's ann an Attinghausen—

Tha 'r leam gu'n coisinn d' ainm-sa cairdean dhuinn.

MELCHDAL—C'ait a bheil ainm 'an Sliabh-na-Coill gu leir

Airidh air tuille urram na bhur n-aiam-sa—

Bhur n-ainmeannan le cheil? 'Na leithid sin De chuinneadh cinnteach cuiridh daoine creideas,

Tha 'ghlìong a th' aca maith air feadh na duthcha.

Tha agaibh oigbreachd bheairteach na deadh-bheus

O'r sinnsreadh, mheudaich sibh gu pailte i:—  
'De 'm feum a th' air daoine-uaisle? Comh-dhuineamaid

Leinn fhein an gnothuch! Ged nach biodh againn ach

Sinn fein 's an duthaich! Is i mo bharrail-sa

Gu 'n tigeamaid air doigh sinn fein a dhion.

STAUFFACHER—Cha 'n 'eil an tein a th' oirne a choir cho trom

'Na luidhe air na h-uaislean; oir an sruth,

'Na caoir, a ruidhleadh air an ionad iochdrach, Cha d' rainig fathast air an ionad uachdrach—

Gidheadh cha toir iad dhuinn an cuideachadh,

Ma 's ann fo airm a gheibh iad an ceud shealladh

Air suidheachadh na tire.

BHALTER FURST—Na'm biodh breitheamh

Eadar sinn 's Austria, dh' fheadadh coir a's ceartas

'Bhi air an socrachadh. Ach 'se ar n-Iompaire,

Am Breitheamh 's airde, 'tha 'gar cumail fodha—

Mar sin 's ann *trid ar qairdean fein 'ni Dia*

*Ar comhnadh.* Sireadh sibhs' a mach fir Suits.

A's trusaidd mise cairdean ann an Uri,

Ach co a chuireas sinn gu Unterbalden?

MELCHDAL—Cuiribh mise null—Co aig 'tha uibhir choir?

BHALTER FURST—Cha 'n aontaich mi dha sin, tha thu air aoidheachd

'Am thigh-sa, feumaidh mi do ghleidheadh tearuint'.

MELCHDAL—O, leigibh leam! Gach ath-  
ghoirid, a's bealach,  
Gach frith-rath'd feadh nan creagan 's aithne  
dhomh

'S tha cairdean ann gu leoir a cheileadh mi  
O'm naimhdean, 's fasgadh bheireadh dhomh  
gun ghruaim.

STAUFFACHER—Leig leis dol thairis, 's Dia bhi  
maille ris,

Cha 'n 'eil an sud am fear a bhrathadh e,  
Tha iad air gabhail grain cho dubh do'n fhoir-  
neart

Nach faighear inneal a ni obair dha.

Theid an Alzellen cuideachd, shios fo'n  
Choillidh,

An Tir a dhusgadh 's companaich a chois-  
neadh.

MELCHDAL — Ciamar a gheibhear fios o 'cheil  
le cinnt

Air dhoigh nach duisgear amharus nam Maor?

STAUFFACHER—Dh' fheudamaid coinneachadh  
aig Treib no Brunnen,

Far am bheil loingeis-mharsantachd a taghal.

BHALTER FURST—Cha'n fhaod sinn dol cho  
bitheanta m'an obair.

Eisdibh ri m' bharail-sa—Shios taobh an  
Loch,

Aig an laimh chli, far an gabh duin' an  
t-aiseag

Gu Brunnen. ceart mu choinneamh Clach-  
nan-ur-sgeul,

Tha lonan uaigneach, folaichte 's an doire,  
'S e 'n Ruitli 'thug na buachaillean mar ainm  
air,

A chionn gu 'n deach a choille 'spionadh as.

Tha 'n sin do duthaich-sa a' criochnachadh  
(A' tionndadh ri Melchdal)

Ri 'r dutbaich-ne; a's bheireadh bata sibhse  
(A' tionndadh ri Stauffacher)

Air aiseag ath-ghoirid a nall a Suits.

Gheibh sinn an sin air frith-rathaidean fasail

Air feadh na h-oichch' a's cuiridh sinn gu  
samhach

Ar comhairle, gu soirbh, ri aon a cheile,

Deanadh gach aon deich daoine creideasach

'Thoir leis, a tha dh' aon chridhe 's inntinn  
ruinn,

Co-chruinnicht' air an doigh so, gheibh sinn  
bruidhinn

Gu ciallach, thairis air a' gnothuch choitch-  
eann

'S dol ris gu misneachail, le comhnadh Dhe.

STAUFFACHER—Bi'dh e mar sin. Sin dhomh  
do dheas laimh dhileas

A nall do thé-sa; Mar a tha sinne 'n dingh  
*Triuir Fhear*, le'r lamhan toinnt' 'an aon a  
 cheile,

Mar sin ni sinn gu treibhdhireach, gun cheilg,  
 Neasamh a suas air son *tri Duthchanna*,  
 Gu'n dion 's am fasgadh ann am beatha no 'm  
 bas.

BHALTER FURST agus MELCHDAL—Am heatha  
 no 'm bas!

(Tha iad a' seasamh greis mhaith 'nan  
 tosd, le 'n lamhan toinnt' 'na cheile).

MELCHDAL—M' Athair aosda, dall,

Latha na saors' cha'n 'eil e'd chomas fhaicinn;  
 Ach cluinnidh tu e 'nuair o Alp gu Alp  
 A dh' eireas suas 'na caoiribh a' hrois-taraidh,  
 'S a thuiteas daingneach laidir an Fhir-  
 fhoirneirt,

A's theid an Suisseach ait a stigh gu d'  
 bhothan

A ghiulan sgeul an aoihhneis 'chum do  
 chluais,

A ni le 'dhealradh d' oidhche soilleir dhuit!

#### AN DARÀ EARRAIN. A' CHEUD ROINN.

For-sheomar Gothach, riomhach le suaich-  
 eantais agus clogaidean. Am Baran, duine  
 liath, ard, deas dìreach, mu chuig a's ceithir-  
 fichead, ann am peiteag-mholach, a' leigeil a  
 thaic air bata le cromag do adhairc ghemse.  
 Cuoni agus seathnar sheirbheiseach eile 'nan  
 seasamh m' an cuairt da, le rasdalan agus fail.  
 Ulrich O Rudents a' tighinn a stigh ann an  
 eudach ridire.

RUDENTS—Tha mi 'n so oncle—Ciod i hhur toil  
 a nis?

ATINGHAUSEN—Ceadaidh dhomh 'n toiseach  
 an deoch-mhaidne ol

Le m' sheirhheisich, a reir seann ghnath an  
 tighe.

(Tha e ag ol a hìceir, a tha, an sin, air a  
 chur m' an cuairt orra air fad).

B'ahhaist dhomh fein 'hhi leo an dail 's an  
 coil

A riaghladh, le m' shuil, an saothair 's an  
 dichill,

Ceart mar a stiuir mo hhratach iad 's a chath;  
 Cha dean mi, 'nis ach riaghladh 's an tigh,

Mur tig am ionnsuidh gathan hlath na greine  
 Cha 'n fheud mi dol g' an sireadh air na

beannta  
 Tha 'chuairt gu sior na 's cuinge dol 's na 's  
 cuinge

'S am bheil, gu fadalach, mo bheatha 'gluasad  
 A chum na cuairt a's deireannaich 's a's  
 cuinge,  
 Far an tig seasamh air a bheatha gu h-iomlan,  
 Cha'n 'eil mi ach am fhaileas fann a nis,  
 'S cha bhi mi ach am ainm an uine ghoirid.  
 CUON: (a' tairgsinn a bhiceir do Rudents)—So  
 dhuit-sa, uasail oig.  
 ('Nuair a tha Rudents an teagamh an  
 gabh se e).

Siuthad, a's ol e!

Fo aon chridhe, cho mhaith ri a aon bhiceir,  
 Tha e a' tighinn.  
 ATTINGHAUSEN—Falbhaibh a nis, mo chlann,  
 Air a' cheud Fheasgar-Feill a thig m' an  
 cuairt  
 Mu ghnòthuichean na Duthch' bi'dh cothrom  
 bruidhinn.  
 (Tha na seirbheisich a' dol a mach),

*Attinghausen agus Rudents.*

ATTINGHAUSEN—Tha thusa 'n so, an eideadh 's  
 ann an uidheam,

Bi'dh tu a' dol gu Altorf, gu baile 'n Duin?

RUDENTS—Tha oncle, a's cha 'n fheud mi moille  
 'dheanamh—

ATTINGHAUSEN—Bheil uibhir sin de chabhag  
 ort? Ciamar?

Am bheil an tim cho spiocach air a tomhas

A mach do d' oige, nach 'eil tuille uine

Agad r' a chaitheamh air seann bhrath 'r-do  
 mhathar?

RUDENTS—Tha mi a' faicinn nach 'eil feum a so  
 orm,

Cha'n 'eil mi ach am choigreach anns an  
 tigh so.

ATTINGHAUSEN (le 'shuil gu dila' beachdachadh  
 air, tacain maith)—Cha 'n 'eil, gu mi-  
 fhortanach.

Ach 's i cuid

A's duilghe nach 'eil thu aig an tigh ad  
 dhachaidh!

Och Ulli! Ulli! Cha'n aithne dhomh thu  
 nis.

Tha thu 'an sioda riomhach, a's, mar mhor-  
 chuis,

Tha thu, le uail, a' caitheamh it' na pencaig,  
 Thig thu an cleoca-purpuir mu do ghuaillibh!

Air an fhear-duthcha tha thu 'g amharc sìos

Gu dimeasach, a's tha thu 'gabhail athaidh

Roimh fhailte chridheil.

RUDENTS—Bheir mi dha gu toileach

Am meas a's cubhaidh 'thabhairt. Diultaidd  
 mi

A choir a ghabhas e air fein 'thoirt uam.

**ATTINGHAUSEN**—Tha 'n tir air fad 'na ùluidhe fo  
 chorruch throm  
 An rìgh—tha crìdh' gach duine maith lan  
 iom' guin  
 M' an ainneart chruadalach 'tha sinn a'  
 fulang—  
 Ort-sa a mhain cha'n 'eil an deuchainn  
 choitchionn  
 A' deanamh drughaidh—'S ann a chithear  
 thusa  
 'Gad dhealachadh o d'chuideachd fein 's o  
 d'chairdean,  
 'S a' seasamh suas air taobh naimhde do  
 dhuthcha,  
 M' ar n-eiginn buidhnidh tu gu tarcuiseach,  
 Tha thu a' ruith gu faon an deigh toilintinn,  
 Tha thu ri mìodal ris na h Uachdarain  
 A chum an deadh-ghean, a's am meas a  
 chosnadh,  
 A's Tir do shìnsre fuidh an sgiursadh  
 fuilteach.

**RUDENTS**—Tha 'n tir a' fulang foirneirt—ach  
 c'arson?  
 Co 'tha 'ga tilgeadh 'n coir-a-chinn 's a  
 chas so?  
 Aon fhacal beag 's e sin na chostadh e,  
 Gu fuasgladh fhaotainn o bhur teinn 'am  
 prioba,  
 A's Iompair' suairce, trocaireach a chosnadh.  
 An-aoibhinn dhoibh-san a tha 'gleidheadh an  
 t-sluaigh  
 Le 'n suilean duinnt, 's g' am brosnuchadh gu  
 stri  
 An aghaidh ni a bhiodh 'na thairbhe fhior  
 dhoibh.  
 Air sgath am buannachd fein tha iad a'  
 cunail  
 Nan Siorramachdan-Coillteach air an ais  
 Gun mhionnan dligheach 'thoirt do Austria,  
 Mar a thug uile dhuthchanna m' ar timchioll.  
 'S maith 'thig e dhoibh 'bhi 'measg nan Triath  
 'nan suidhe,  
 'S ann 'chum nach bi triath idir os a cheann  
 A ghabha 'duin' an t-Iompaire mar Thighearn.

**ATTINGHAUSEN**—Am feum mi eisdeachd ris a'  
 leithid so,  
 O d' bhilibh-sa?

**RUDENTS**—Chuir sibh thuige mi,  
 A's leigibh leam crìoch a' chur air mo  
 chainnt—  
 D e 'n seorsa neach a th' annaibh fein an so?  
 Am bheil cho beag do mhoralachd 'n ar nadur  
 Nach iarradh sibh dreuchd a bu mheasaile,  
 No a b' airde na bhi 'n so 'n 'ur ridire,



'S 'n 'ur breitheamh thairis air 'ur ciobairean?  
 Ciod e? Nach roghainn i 'bu chliutaiche  
 Bhur n-umhlachd dhlighheil 'thoirt do 'r  
 Tighearn rioghail  
 Seasamh ri 'thaobh an camp dealrach nan  
 lann,

Seach a bhi co'-ionnan ri bhur seirbheisich,  
 'S a' suidhe 'n 'ur breitheamh am measg  
 thuathanach?

ATTINGHAUSEN—Och Ulli! Ulli! 's mise' dh'  
 aithnicheas i,

Guth min a bhuaireadair! 'S ise a mheall  
 Do chluas gu deas, 's a chuir an nimh a' d'  
 chridhe!

RUDENTS—Seadh, ni mi aideachadh, cha dean  
 mi cleith air,

Tha goimh a' dol a stigh gu doimhneachd  
 m' anma,

An uair a thoisicheas na coigrich sin  
 Ri magadh air ar n-uaisle-thuathanachail—  
 Cha chuir mi suas na 's fhaide leis an dol so,  
 Am feadh 'tha'n oigridh uasal air gach taobh,  
 dhinn

A' cosnadh cliu dhoibh fein fo bhratach  
 Hapsburg,

Tha mise 'm thamh gu diomhanach air m'  
 oighreachd,

Ceitein mo bheatha feumaidh mise chall  
 Thairis air obair-latha shuarach choitchionn.

An aitean eile tha nithe 'gabhail ait'—  
 'Na luidhe air taobh thali nan sleibhte sin  
 Tha saogh'l a chliu, dealrach le gnìomhra  
 gloir-mhoir,

Mo chlogaid sa 's mo sgiath tha ann am  
 Thalla

Meirgte 'nan crochadh; guth misneachail na  
 trombaid,

Glaodh an Fhir-ghairm, 'chum cleas nan  
 airm a' cuireadh,

Cha ruig iad air na gleannta cianail so;  
 Cha 'n 'eil aon fhuaim r' a chluinntinn ann a

so  
 Ach dranndail leibideach "Sreuda nam Bò"  
 A's gliogarsaich nan clag am measg nan  
 treudan.

ATTINGHAUSEN—Oh 'dhuine thruaigh, 's ann  
 ort-sa thain' an sgleo,

Tharruing faoin-dhearsa mealltach thu air  
 seachran!

Dean dimeas air an tir 's an d' rugadh tu,  
 Gabh naire do gach cleachduinn mhaith a  
 thainig

O chian an t-sgaohail a nuas o d' shinnsear-  
 achd,

Ach thig an latha 'n uair a thionndaidheas tu  
 Le deura gòirt, a's tagradh trom a' mhulaid,  
 A dh' ionnsuidh sleibhte chairdeil d' aith-  
 riche,

'S an ceol so air an bheil thu 'g amharc sìos  
 Le uiread ghraim an ceart uair, ann ad fhadal,  
 "Sreuda nam Bò" bheir fàsgadh air do  
 chridhe

Le cudthrom tiamhaidh druidhidh 'stigh air  
 d' anam

'Nuair chluinneas tu am fonn an tìr nan Gall.  
 Oh 's cumhachdach an ceangal naduir sin  
 A tha le cuibhreach gaoil a snuim an duine,  
 Gu daingeann, ris an tìr 's an d' rugadh e!  
 An saoghal cealgach, fuar cha dhachaidh  
 dhuit-sa;

An sud, an cuirt uaibhreach an Iompaire,  
 Le d' chridhe treibhdhireach bi' dh tu gu  
 sìorruidh

'A d' choigreach ann a measg. Cha 'n ionnan  
 bhuaidhean.

Riu-san a dh' fhoghlum thu air feadh nan  
 gleann,

A nì an saoghal mòr a thagradh uait.

Bi thusa falbh, thoir d' anam ann an eiric  
 Gabh fearann, bi ad sheirbheiseach do  
 thriathan

'Nuair dh' fhaodadh tu 'bhi 'd thriath thu  
 fein a's riaghladh

Thairis air d' oighreachd fein, 'am fearann  
 saor.

Och, Ulli! Ulli? Fuirich le do chuideachd!  
 Na rach gu Altorf—Oh na dean a treigsinn,  
 Rud 'tha cho priseil—duthaich d' aithriche!  
 'S mi neach a's deireanaich' de m' shliochd gu  
 leir,

'S an la an caochail mi thig crìoch air m'  
 ainm,

Tha 'n sin mo chlogaid, a's mo sgiath an  
 crochadh;

Theid iad le cheil' a charadh leam 's an  
 uaigh.

Am fonn, da rìr' an smuain tigh'nn thairis  
 orm

Am feadh a tha mi 'toirt a suas na h-anail  
 Nach 'eil thu ach a' feitheamh dunadh mo  
 shul

Gu dol a null gu cuirt a' Bharain uir so  
 'S an oighreachd uasal, a fhuair mi saor o m'  
 Dhia,

'S a ghleidh mi saor, a ghabhail o laimh  
 Austria!

RUDENTS—Is diombain dhuinne stri an aghaidh  
 an Rìgh,

Is leis an domhan ; an dean sinne 'mhain,  
 Gu danarra, sinn fein a chruadhachadh  
 'Nar ceann-laidireachd, anns an dochas  
 fhaoin

An t-slabhruidh dhuthchanna a bhriseadh air,  
 A tharruing e gu cumhachdach m' an cuairt  
 oirnn ?

Is leis na margaidhean, na moidean 's leis,  
 Na rathaidibh-mora marsandachd, 's gu ruig  
 An traill-each fein, a' tarruing air Beinn-  
 Ghotard

Gach aon diu feumaidh cis a phaigheadh  
 dhasan,

Mar lion m' ar timchioll tha na fearainn aige  
 G'ar cuartachadh, 's g'ar druideadh teann a  
 stigh.

An dean an Rioghachd ar dion ? An urrainn  
 di

I fein a dhion an aghaidh Austria,  
 D' am bheil an neart a' dol am meud gach  
 latha ?

Mar cuidich Dia sinn, cha'n 'eil air an talamh  
 An t-Iompaire a ni ar cuideachadh.

'D e 'bheirear air son facal Iompairean  
 An uair 'tha 'chridh' aca na baiitean sin,  
 A ghabh fo sgiath na h-iolaire am fasgadh,  
 A thoirt a suas, mar urras, as an rioghachd.

'Nan cas mu airgiod, no an teinn a' chogaidh ?  
 Ni h-eadh, oncle, is buanachd e, a's gliocas  
 Sealltuinn air thoiseach oirnn 's na laitbean  
 doirbh so,

Am measg nan roinnean a tha gabhail aite,  
 'S ri ceannard cumhachdach sinn fein a  
 cheangal.

Theid crun na h-Iompaireachd o shliochd gu  
 sliochd,

Aige-san cha'n 'eil cuimhn' air seirbheis dileas,  
 Ach deanamaid do Thriath na tir deadh  
 sheirbheis :—

'S e 's ciall da sin, duine 'bhi cur an t-sil  
 'S an àm a tha ri teachd.

ATTINGHAUSEN—Bheil thu, mata, cho glic ?

'S na 's leirsinniche na do shinnsre uasal,  
 A rinn ar sgath neamhnaid luachmhor na  
 saorsa

Cogadh, mar laoich, eadhon gu fuil a's bas ?

Gabh aiseag gu Lutsern, flosraich an sin  
 Ciamar 'tha tighearnas cruaidh Austria,  
 Mar eallach thron, a' saruchadh nan duthch-  
 annan,

Thig iad ar chum a spreidh 's ar caoraich  
 aireamh,

Ar n-airidhean 's ar beanntan theid a  
 mheasadh,

Bacadh theid a chur leo air eunlaith 's  
sithionn

'S na frithean saor againn ; an cachaileith-  
cise

Cuiridh iad tarsuing air gach geata 's  
drochaid,

Theid iad a's cuiridh iad an ciacras fein

Gu fearran fhaighinn fa chombair na hoch-  
duinn againn,

A's paighidh iad an cogaidhean le 'r fuil-ne—

Ni h-eadh, ma 's fheudar fuil a dhortadh idir,

Air ar sgath fein hiodh e, bi' dh e na 's saoire

Dhuinn saorsa 'chosnadh, seach an trailleachd  
thaireil !

RUDENTS—D e 's urrainn dhuinne, sluagh de  
bhuaichillean,

Fheuchainn an aghaidh armait Ailebeart !

ATTINGHAUSEN — Foghlum, a bhalaich, gne  
na'm huachaillean so

A thuigsinn ! 'S maith a's aithne dhomhs' e,

Oir rinn mi 'n treorachadh gu tric 's a  
chomhraig,

Chunnaic mi iad a' cath aig blar Fahhents.

Thig iad gu cuing a sparradh air ar muineal

A tha sinn suidhicht' air nach giulain sinn.

Oh, foghlum fhaireachduinn co 'n t-sliochd  
o 'm bheil thu !

Air sgath gloir dhiomhain, a's faoin-uail gun  
sta,

Na tilg a leth-taobh neamhnaid d' fhiachal-  
achd—

A hhi air d' ainmeachadh mar Cheannard  
thairis

Air pohull saor, a ni, o ghradh a mhain,

An seirhheis toileach dhuit a choisrigeadh,

'An cath 's am bas a sheasas dileas riut—

Gu'm h' e sinn d' uail, dean hosd de 'n uaisle  
sin—

Ceangail gu teann na hoinn 's an d' rugadh tu,

Ri d' dhuthaich, a's ri d' mhuinntir aon thu  
fein,

A's gramaich riu le d' uile chridhe 's neart,

An so tha freumha dìongmhalta do threise ;

'S an t-saoghal choimheach ud hidh tu leat  
fein

Lag mar a chuic, a ni gach gaoth a hhriseadh.

Oh, thig, tha fada o nach fac thu sinn,

Dearbh sinn an diugh, dìreach air son aon  
latha—

Na rach gu Altorf—eisd rium 's na rach ann

Dìreach an diugh ; Thoir an t-aon latha so

A suas, gu toileach, mar ghean-maith do d'  
chairdean.

(Tha e a deanamh greim air a laimh).

RUDENTS—Ach thug mi m' fhacal—Leigibh leam—Cha'n fheud mi,

Oir tha mi ceangailte.

ATTINGHAUSEN (a' leigeil as a laimh, 's a' bruidhinn gu durachdach—Tha thu ceangailte—

Tha, a dhuine thruaigh, ach cha'n ann le d' fhacal,

No boid air bith a tha thu air do cheangal Ach teud a' ghaoil!

(Tha Rudents a' tionndadh air falbh).

Cleith e, ma thogras tu,

Ach s i a' mhaighdeann og Berta o Bhrunc

A tha 'gad tharruing-sa gu Baile 'n Duin,

'S 'gad chuibhreachadh an seirbheis an Iompaire.

Le cul a chur ri d' dhuthaich fein 's a treig-sinn

An og Bhean-usal chosnadh tu mar dhuais, Na meall thu fein! Is ann le run do ribeadh

'Tha iad a' gleidheadh na mna-oig fa d' chomhair,

Ach cha 'n ann dhuits' a chuir iad i air leth.

RUDENTS—Rinn mi gu leoir a chluinntinn. Beannachd leibh. (Tha e a' dol a mach).

ATTINGHAUSEN—Oganaich amaidich, nach stad thu! Dh' fhalbh e!

Cha'n urrainn mi a ghleidheadh, no a shaoradh—

Mar sin chuir Bholfensiessen cul ri 'dhuthaich,

A's leanaidh muinntir eil' e mar an ceudna,

Draoidheachd nan coigreach tha le cumhachd laidir

A taladh leis ar n-oigrìdh thar nam beannta.

Oh, mi-fhortan na h-uair sin anns an d' thainig

An coimheach do ar gleannta sambach ciuin,

A thilgeadh bun os ceann, 's a' mhilleadh oirnn

Na cleachduinnean neo-lochdach, coir a bh' againn!

Tha annasan a' taomadh oirnn a stigh

Mar thuil, gu bras; 's a' sgaradh as a cheile

Na nithe seana, fiachail. Thu aimsir eile

A' teachd; tha ginealach ag eiridh suas

De bheachdan, 's dhoighean eadar-dheal- aichte

O'n aithriche! 'D e th' agam-sar'a dheanamh

Na 's fhaide 'n so? Tha iad-san anns an uaigh,

Na daoine leis am b' abhaist dhomh 'bhi riaghladh,

'S am measg an robh mo bheatha air a caith-eamh.

An aimsir agam-sa bithidh, an uine ghearr,  
Fo 'n uir na luidhe ; 's maith dhoibh-san uil' e  
Nach ruig a leas 'bhi beo 's na timean ur' so.

#### AN DARA ROINN.

Lon le creagan ard agus coille m' a thimchioll.  
Air na creagan tha staidhrichean le callaid ri  
an taobh, agus mar an ceudna faraidhean, air  
am faicear an deigh uine ghoirid-muinntir-  
duthcha a' tearnadh. Air an taobh-cuil  
chithear an Loch, agus tarsuinn air, ann an  
solus na gealaich, bogha-frois. Tha beanntan  
arda a' dunadh a stigh an t-seallaidh air a  
chulaobh, agus sleibhtean-eighe a tha na 's  
airde fathast a togail an sguirr os an ceann.  
Tha 'n oidhche 'na luidhe air an tir air fad, ach  
tha 'n Loch, agus na sleibhtean geal eighe, a'  
dearsadh ann an solus na gealaich.

Melchdal, Baumgarten, Bhincelrid, Meier o  
Sharnen, Burcard aig Buihel, Arnold o  
Shebha, Claus o'n Fhluie le ceathrar eile  
de mhuinntir-duthcha, uile a' giulan  
airm.

MELCHDAL (fathast air taobh-cuil an t-seall-  
aidh)—

A nios am dheigh-sa Fheara, tha am frith-  
rath'd

A nis a' fosgladh suas air thoiseach oirnn !  
Tha mi ag aithneachadh na craige ud  
le croiseag bheag 'na seasamh air a mullach ;  
Tha sinn aig ceann ar criche, so an Rutli.  
(A' tighinn air adhart le leusan).

BHINCELRID—Eisdibh !

SEBHA—Glan falamh.

MEIER—Cha 'n 'eil duin' ann. Is sinn,  
A Unterbald a th' air a' ghrund an toiseach.

MELCHDAL—'D e 'n t-am a dh' oidhche 'tha e ?

BAUMGARTEN—Tha 'm Fear-faire

Air Selisburg an deigh da uair a ghairm.  
(Cluinnear fuaim cluig fad air falbh).

MEIER—Bi'bh samhach ! Eisdibh !

BURCARD—Nach grinn buille clag bheag  
Caibeil-na-frith, a' gairm gu maduinnean,  
A seirm gu soillier binn a nall a Suits.

O FLUE—Giulanaidh 'n t-adhar glan an  
fhuaim cho fada.

MELCHDAL—So, faighibh grainnean barrlaich,  
cuid agaibh,

A's cuiribh sradaid ris, gu'm bi lasag againn  
A' feitheamh air na fir, an uair a thig iad.  
(Tha da fhear-duthcha a' falbh g' a  
thrusadh).

SEBHA—'S boidheach an oidhche ghealaich i.  
Tha 'n Loch

'Na luidhe 'n sin, cho ciuin, 's cho min ri  
sgathan.

BURCARD—Tha aiseag furasd aca 'n nochd.

BHINCELRID—(a' seoladh ris an Loch)—E!  
Seallaibh!

Seallaibh 'sud thall! Nach 'eil sibh 'faicinn  
dad?

MEIER—'D e 'rud a tha 'nn? Mar 'eil, mata,  
gu cinnteach?

Bogha-froise, 'n teis-meadhoin na h-oidhche!

MELCHDAL—Solus na gealaich, 's e a tha 'ga  
dhealbh.

O FLUE—'S ainneamh, 's is iongantach an  
comhara so,

Tha iomad aon nach faca riamh a leithid

SEBHA—Tha dithis ann; seallaibh, tha fear is  
baine,

'Na sheasamh os a cheann.

BAUMGARTEN—Tha bata beag

A' tigh 'nn a nall, an ceart-uair, direach  
fuidhe.

MELCHDAL—'S e Stauffacher a th' ann, 's a  
gheolag aige,

Cha chum an duine coir sinn fada 'feitheamh.

(Tha e 'dol le Baumgarten gu taobh an  
Loch).

MEIER—'S iad muinntir Uri 's fhaide 'tha ri  
mollle.

BURCARD—Tha cuairt mhor aca-san ri dol m'  
an bheinn

A chum an car a thoirt as an luchd-sanuis

A tha 's na h-uile ait aig maor-an-fhearain,

(Re na h-uine tha dithis de 'n luchd-  
duthcha air gealabhan a lasadh am  
meadhon an aite).

MELCHDAL (air a' chladach)—Co 'th' ann? Am  
focal-sanuis!

STAUFFACHER (as a bata)—Cairde na tir.

Tha iad uile a dol as an t-sealladh, an  
coinneamh nam muinntir a tha tighinn.

Tha Stauffacher, Itsel Reding, Iain a

Bhalla, Deorsa Tuathanach, Conrad

Hunn, Ulrich Gobhainn, Iost a Chlachain,

agus triuir eile a' leum air tir, as a'

bhata, a h-uile gin ac' armaichte mar a

tha cach.

IAD UILE (a' toirt glaodh)—Failte dhuibh!

Am feadh a tha cach a' cur seachad na h-  
uine agus a' cur failt air a' cheile air

taobh-cuil an t-seallaidh, tha Melchdal a'

tighinn air adhart le Stauffacher.

MELCHDAL—Oh, 'Mhaighstir Stauffacher!  
Chunnaic mi esan

Aig nach 'eil comas amharc orm-sa tuilleadh!  
Rinn mi mo lamb a leagail air a shuillean  
Agus dian-thogradh teinntidh diogh'ltais  
dh'ol mi

A grian a shealladh 'th' air a smaladh as  
STAUFFACHER—Na h-abair diog air diogh'ltas.  
Cha 'n e diogh'ltas

'Tha cheana seachad, ach an t-olc 'tha bagradh  
A dheanamaid a choinneachadh an traths',  
Ach inn's dhomh 'de 'rinn thu an Unter-  
balden,

'De 'bhuidhinn thu air son an Aobhair  
Choitcheann,

A's ciamar a chaidh agad air dol as,  
Thu fein, o ribeachan a's foill luchd-brath-  
aidh.

MELCHDAL — Troimh shleibhtean eagallach  
Shurenne ghabh mi,

Thar roinntean eithe, farsuing-sgaoillte fasaill,  
Far nach 'eil guth aoin creutair beo r'a  
chluinntinn

Ach rochdal gharg an Lammergeier reasgaich,  
Gus an do ruig mi Bealaich-ard-an-t-sleibh

Far am bi buachailleann na h-Engelberg

A's feadhain Uri tric a' dheanamh glaoth,  
'S a failteachadh a' cheile anns an t-samhradh,  
Agus ag ionaltradh an treudan comhladh.

Chaisg mi mo thart le bainne fuar nan  
Gletscher,

'Na chobbar geal, a' stealladh troimh na  
claisean.

A stigh do bhothain leth-uaireach nan Aireach  
Chaidh mi, 's gun duin' annta, mi fein 'am  
aonar

Mar aoidh 's fear-tighe, gus an d' rainig mi  
Frith-bhailtean, 's comhnuidhean na muinntir  
sin

A chleachd a bli 'n co-chomunn aon a cheile.  
Bha, cheana, glaoth na gairisinn ur so  
'thachalr

Air gaoir a thogail anns na gleanntan sin.

Iomradh mo mhi-fhortain, rinn urram crabh-  
ach

Air thoiseach orm a ghiulan thun gach doruis  
Aig an do bhuil mi re mo thuruis uile.

Fhuair mi lan diomb gach anam glan neo-  
chealgach

Thairis air cumhachd dalma 'n Tighearnais  
nuaidh so ;

Oir, mar na Beanntan ac', o linn gu linn,

A' toirt a mach gu sior nan luithean ceudna,  
Na h-uilld gun mbhughadh riochd a' sruthadh  
sios,



Na neulta fein 's na gaoitheadh 'tha, gun  
fhiaradh

A' gabhail nan aon slighean troimh an speur.  
Mar sin tha 'n so na seana chleachduinnean  
A' tigh'nn o'n t-seanair nuas a chum an odha.  
Cha 'n fhuing iad gu h-obann doighean ura  
Bhi air an sparradh alr a' chaithe-beatha  
Riaghailteach ris an robh iad cleachdte  
riamh.

Shin iad a mach dhomh 'n deas lamh chruaidh  
aca,

Thug iad na sleaghan meirgte 'nuas o'n bhalla.  
Dhealraich o'n suil solus a mhisnich aoibhinn  
A ghlac an cridhe 'n uair a dh'ainmich mi  
Na h-ainmean sin 'tha coisrigt' feadh nam  
beann

Bhur n-ainm fhein's Bhalter Furst—An ni sin,  
'Tha ceart 'n 'ur beachd-se, bhoidich iads' a  
dheanamh,

Eadhon gu bas bhoidich iad sibhs' a leantuinn.  
Mar sin fo fhasgadh naomha coir na h-aoidh-  
eachd

Gu tearuint' ghreas mi eadar Baile 's Baile,  
'S an uair a thainig mi gu gleann mo dhach-  
aidh.

'S am bheil luchd-daimh dhomh 'chomhnuidh  
'm fad 's am fagu',

'Nuair fhuair mi m' Athair, dall, a's air a  
chreachadh,

Air connlach coigrich, a tigh'nn beo air  
caoimhneas

Dhaoine le baigh a's seirc annt' —

STAUFFACHER—A Thighearna Neimh !

MELCHDAL—Cha d' rinn mi gul ! Cha b'an le  
deoir na laigse

A dhoirt mi neart a 's teas mo chraidh a mach,  
'Nam bhroilleach ghlais mi e mar ionmhas  
priseil,

Ach m' inntinn suidhichte a mhain air  
gniomhra.

Streap mi gach eas a's coirre anns an t-sliabh.  
Cha robh aon ghleann cho diomhair nach do  
ghlac

Mo shealladh e, 's nach d'fhuair mo chas a  
mach ;

Gu ruig bun reodht' a' ghletsher rinn mi  
taghal,

A's fhuair mi bothain air an aiteachadh

A's anns gach ait an deachaidh bonn mo choise  
Fhuair mi co-ionann fuath an aghaidh foir-  
neirt ;

A chionn gu ruig a chrioch a's iomallaich'

'S am faighear creutair idir 's am bheil anail.

Far a bheil talamh cruaidh a' diultadh toraidh,

- Tha sannt nam Maor a' creachadh anns gach cearn—  
 Cridhe nan daoine coire truagh sin uile  
 Le gath mo bhriathra guineach bbrosnuich mi,  
 Is leinn iad uile eadar chorp a's anam.
- STAUFFACHER—'S mor na chaidh agad air, 'an uine ghoirid.
- MELCHDAL—Ach rinu mi tuille 'e sin. 'S iad na daingnichean  
 Rosberg, a's Sarnen, roimh 'bheil geilt an t-sluaigh;  
 Oir gheibh an namhaid, cul am balla-craige,  
 E fein gu deas a dhion, 's an tir a mhilleadh.  
 Le m' shuilean fein bu mhiann leam fhiosrachadh;  
 Bha mi aig Sarnen, 's chaidh mi stigh do'n Daingneach.
- STAUFFACHER—Bha dh' aghaidh agad dol do ghara 'n Tiogair?
- MELCHDAL—Chaidh mi an sin 'an eideadh Eilthireach  
 Chunnaic mi Maor-an-fhearainn aig a bhord  
 A ruidhtearachd—Thugaibh breith mar 'eil  
 Mo chridhe agam air a cheannsachadh;  
 Chunnaic mi 'n Namhaid 's cha do ghearr mi sios e.
- STAUFFACHER—Bha 'm fortan fabharach, gu dearbh, ri d' dhanachd.  
 (Re na h-uine tha'n luchd-duthch 'eile air tighinn am follais, agus air dluthachadh riu 'nan dithis).
- Ach inn 's dhomh 'nis, co iad na cairde so,  
 'S na daoine maithe uile 'rinn do leantuinn?  
 Cuir mi 'an eolas orra 's fosglamaid  
 Ar cridheachan gu muinghinneach ri cheile.
- MEIER—Co do nach aithne sibhse 's na tri Duthchanna?  
 Is mise Meier o Sharnen; an duine so  
 'S e mac mo pheathar, Strnth o Bhincelrid.
- STAUFFACHER—Is ainm sin air nach 'eil sin aineolach,  
 'S e Bhincelrid a bh'ann, a mharbh a' bheithir  
 'S an Rumaiche, aig Sarnen; 's a thuit 's a' chleachd.
- BHINCELRID—B'e sin mo shinnsear-sa, a Mhaighstir Bherner.
- MELCHDAL (a' leigeadh ris dha da fhear-duthcha)—  
 'S ann cul na coille 'tha iad so a' fuireach,  
 Buinidh iad do Thigh-manach Engelberg  
 Cha dean sibh tair orra, ged 's traillean iad,  
 'S cha'n ann mar sinn' air oighreachd shaor 'nar suidhe;

Tha gradh aca do'n Tir, 's tha iad, 'nan dlthis,  
A thuilleadh air a sin, fo theistneas maith.

STAUFFACHER (Riu 'nan dithis)—

Sinibh 'ur lamh dhombh. 'S maith do'n duine  
sin

Nach 'eil an eismeil maighstir air an talamh ;  
'S mor luach na h-onoir ann an inhh air bith.

CONRAD HUNN—So Maighstir Reding, an seann  
Bhailidh againn.

MEIER—'S ann domh a's aithne e. M'eascaraid  
'sa mhod

Mu shean hhall-sinnsearachd a tha aig lagh  
leam.

A Mhaighstir Reding, ged is naimhdean sinn  
'Sa chuir, tha aonachd eadaruin an so.

(Tha e a' toirt crathadh d'a laimh).

STAUFFACHER—Thubhairt thu sin gu maith.

BHINCELRID—Eisdibh ! Sin agaibh iad !

S' i dudach muinntir Uri th' ann a sinn.

(Chithear air an laimh-dheas a's chli, fir  
fo airm le leusan a' tearnadh nan  
creag).

IAIN A BHALLA—Faicihh ! Nach 'eil am  
Ministeir a fein,

Seirbheiseach naomha Dhe, a tearnadh leo ?

Cha chum an rathad doirbh, no oillt na  
h-oidhche

Am Buachail' dileas coir air falhh o'thread.

BAUMGARTEN—Tha'n Cleireach leis, a's Maigh-  
stir Bhalter Furst,

Ach Tell cha'n fhaic mi feadh na cuideachd  
uile.

Bhalter Furst, Raosselman am Ministeir,  
Paruig an Cleireach, Cuoni am huachaille,  
Bherni an sealgair, Ruodi an t-iasgair, le  
cuignear eile de luchd-duthcha. Tha ann  
duibh gu leir, tri-deug-'ar-fhichead, tha  
iad a' tighinn air adhart a dh' ionnsuidh  
an teine, agus a' seasamh m'a thimchioll.

BHALTER FURST—'S ann air an doighe so, air ar  
criochan fein,

A's air an fhearann far an deach' ar n-arach  
Is fheudar tigh'nn, gun fhios, an ceann a  
cheile,

'San t-seapail mar a bhios na mortairean.

'S fo sgail na h-oidhch' a bheir, am bitheantas,  
Coingheall d'a cleoca tiugh do Chiont's do  
Cheannairc,

A sheachnas suil na greine—coir a's ceartas

A thoirt a mach dhuinn fein, gnothuch cho  
soilleir

Ri aghaidh dhealach fhosgail' meadhon-  
latha.

MELCHDAL—Coma leibh, sniomhaidh siun 's an oidhch' an snath

A's caithidh sinn an clo ri solus la.

RAOSSELMAN—Eisdibh an ni chuir Dia am chridhe, 'chairde!

Tha sinn an so mar chuir na Siorramachd

A' seasamh ann an aite 'n t-sluaigh gu h-iomlan.

Mar sin, biodh ar co-thional socruichte

A reir sean nos na Tir an ara na sithe;

Bitheadh an teinn 's a bheil sinn dhuinn 'na leth-sgeul

Ma thachras ni neo-laghail ann ar coinneamh.

Tha Dia 's gach ait 's am fritheil duine ceartas,

Agus tha sinn fo iarnailt-'san 'n ar seasamh.

STAUFFACHER—Seadh, coinnicheamaid a reir nan gnath o shean;

A's ged tha 'n oidhch' ann dealraidh ceartas oirnn.

MELCHDAL—A's ged nach 'eil lan-aireamh 'n t-sluaigh againn,

Tha 'n cridhe leinn, tha 'n raghadh dhiu a lathair.

CONRAD HUNN—'S mur 'eil na seana leabh-raichean aig laimh

Gidheadh tha 'n reachdan air ar cridhe sgriobhte.

RAOSSELMAN—Cruinnicheamaid m' an cuairt, ma ta, gun dail

Cuirear 'nan seaaamh claidhmbheana a' chumhachd!

IAIN A' BHALLA—Seasadh Fear-riaghlaidh 'suas 'na aite fein,

A's seasadh 'oifigich a suas r'a thaobh!

AN CLEIREACH—Ach tha tri Pobuill ann. Co 'nis de'n tri

D'an coir dhuinn ceannas a thoirt air an iomlan?

MEIER—Air son na h-onoir sin biodh Suits a's Uri

A' stri, ach seasaidh Unterbald a leth-taobh.

MELCHDAL—Scadh, seasaidh sinn air ais; 's e sinn 'tha 'g asluchadh

Cuideachaidh o ar cairdean cumbachdach.

STUAFFACHER—'S le Uri 'n claidheamh; chaidh do ghnath a bhratach

Air thoiseach air ar feachd 's na turuis Roinheach.

BHALTER FURST—Onoir a' chlaidheimh is le Suits a bhain,

Is uail leinn uile 'n stoc o 'n d' thain' ar sliochd.

RAOSSELMAN—A' chomh-stri shuairce leigibh leam gu cairdeil

- A shocruchadh : Ni Suits 's a chomhairle,  
A's Uri anns a' champ dol air ar ceann.
- BHALTER FURST (a' sineadh nan claidhmhnean do Stauffacher)—Gabh iad !
- STAUFFACHER—Cha ghabh, an oncir biodh do'n aois.
- DEORSA TUATHANACH—Ulrich an gobhain, 's e an duine 's sine.
- IAIN A' BHALLA—Is duine treun e, ach cha 'n 'eil e saor ;  
Cha ghabhar traill mar bhreitheamh ann an Suits.
- STAUFFACHER—Nach 'ell an so againn ar sean Fear-riaghlaidh ?  
Co 'b fhearr a dh' iarramaid na Maighstir Reding ?
- BHALTER FURST—Biodh esan dhuinn 'na Bhreitheamh a's 'na 'n ceannard ?  
Gach aon ri 'n cord sin togadh e a lamh.  
(Tha iad uile a' togai' na laimhe deise').
- REDING (a' seasamh 'n am meadhon)—Cha 'n urrainn domh mo lamh a chur air leabhar,  
Ach air na reulta siorruidh bheir mi mionnan,  
O'n cheartas ghlan nach teid mi 'thaobh gu brath.  
(Tha dithis de na claidhmhnean air an cur 'n an seasamh m' a choinneamh, tha na fir a' seasamh 'nan sreith m'a thimchioll, Suits anns a' ntheadhon—air thoiseach air—Uri air a laimh dheis, agus air a laimh chli, Unterbalden. Tha e a' seasamh a' leigeil a thair air a chlaidheamh-mor).
- Ciod 'thug an so tri cinnidhean nan sliabh Aig meadhon-oidhch' a dh' ionnsuidh cladach fhuar  
An Loch, gun aoidheachd ann no fasgadh tlghe ?  
Ciod e 'n choimh-cheangal ur 'tha sinn a nis Ri 'shuidheachadh an so fo reulta neimh ?
- STAUFFACHER (a' seasamh taobh stigh na sreith)—  
Cha chumhnant ur 's am bith 'tha sinn a deanamh,  
Ach coimhcheangal a rinn, o chiann, ar sinnsear  
A dheanamaid ath-nuadhachadh an nochd !  
Biodh fhios agaibh, a chairde, 'tha 'n co-bhoinn rium,  
Ged tha an Loch 'g ar sgaradh a's na sleibhtean,  
A's tha gach pobuill dhinn 'g a riaghladh fein,  
Tha sinn de 'n aon sliochd, tha sinn de 'n aon fhuil,

'S ann a aon dachaidh 'thainig sinn a mach !  
 BHINCELRID—Mar sin, is fìor, mar chanar anns  
 na dain,  
 Gu'n d'thainig sinn o dhuthaich chein air  
 imrich ?  
 O, aithris dhuinn na 's aithne dhuit de 'n  
 sgeul,  
 A chum gu'n socruichear an cumhnant nuadh  
 Air a' choimhcheangal a bha ann o shean.  
 STAUFFACHER—Kisidibh, ma ta, ri sgeul nam  
 Buachaillean,  
 Bha cinneach mor ann, cul na duthcha so  
 Rathad na h-airde tuaith, a bha 'n an eiginn  
 Fo ghorta chruaidh. 'S a chas so anns an  
 robh iad  
 Rinn Comhairle an t-sluaigh a shocruchadh,  
 Gach deicheamh saor-dhuin' air an tuiteadh  
 cranncur,  
 Gu'n treigeadh e a dhuthaich—Thachair sin !  
 Thog iad a mach, a' caoidh, fir agus mrathan,  
 Feachd mor, a dh' ionnsuidh tir na h-airde-  
 deas,  
 Le 'n claidheamh rinn iad slighe troimh an  
 Ghearmailt,  
 Gus an do rainig iad Ard-thir nan sliabh so.  
 A's air an fheachd cha d'thainig sgitheachadh  
 Gus an deach' iad a stigh do 'n fhas-ghleann  
 fhiaidhaich  
 Far am bheil am Muotta, eadar lointean  
 An diugh a' siubhal—Anns au aite so  
 Cha robh aon lorg de 'n chinne-daoin' ri  
 fhaicinn  
 Ach bothan aonaranach taobh a' chladaich.  
 An so bha duine 'fheitheamh air an aiseag—  
 Ach bha an Loch fo bhruailleam mor, 's cha  
 robh  
 E comasach do 'n t-sluaigh dol thairis air ;  
 Bheachdaich iad na bu dluithe air an  
 duthaich.  
 Thug iad fainear beartas nan coilltean mais-  
 each.  
 Fhuair iad a mach tobraichean maithe fior-  
 uisg'  
 Bha 'r leo gu'n d'fhuair iad aon uair eil' air ais  
 D'an duthaich ghaolach. Chuir iad rompa  
 fanachd.  
 Thog iad an sin an sean frith-bhaile Suits,  
 A's chuir iad seachad ioma latha goirt.  
 M' an d'fhuair iad freumhan dìongmhalta nan  
 craobh,  
 Aig an rohh greim cho farsuing air an talamh,  
 A ghart-ghlanadh, 's an t-aite 'reiteachadh—  
 Fadheoidh, an uair nach robh gu leoir de  
 fhearann

Aca, air son an aireamh shluaigh a bh'ann,  
Chaidh iad air adhart thun a' Mhonadh-  
dhuibh,

Seadh, eadhon gu ruig Bheisland, far am bheil  
Pobull de chanain eile, folaichte  
Air chul bhallachan siorruidh eithe 's  
shneachd.

Chuir iad a suas 's a Chernbald Baile-Stants,  
Shuidhich iad Altorf ann an gleann na Reuss—  
Ach ghleidh iad riamh cuimhn' air an siusir-  
eachd;

Am measg nan sliochdan coigrich uile 'thainig  
A stigh do 'n Tir o'n am sin gus a nis,  
Gheibh muinntir Suits a cheile 'mach gu  
h-ealamh,

'S e 'n cridhe blath a dh' aithnicheas an fhuil.  
(Tha e 'sineadh a mach a lamh air a dheis  
agus air a chli).

IAIN A' BHALLA — Seadh, tha sinn a dh' aon  
chridhe, a dh' aon fhuil !

IAD 'UJLE (a' crathadh lamhana' cheile)—Is aon  
sluagh sinn, theid sinn mar aon m 'ar  
gnothuch.

STAUFFACHER—Tha dream eile 'n ar tir fo  
chuing a' choimhich,  
Striocadh iad gu h-iriosal fo smachd a Bhuadh-  
air.

Tha, eadhon ann ar crìochan fein, a' fuireach  
Moran de Shasunnaich a tha 'nan iochd'rain,  
Fo ughdarras coimheach, agus tha an clann  
'N an oighreachan air iochd'ranachd an athar.  
Ach sinne 'tha de fhìor shean stoc na Suits,  
Ghleidh sinn a ghnath an t-saorsa mar ar coir,  
Riamh cha do lub ar glun fo phrionnsachan,  
O'r saor-thoil fein ghabh sinn ri dìon an Iom-  
pair'.

RAOSSELMAN—" O'r saor-thoil fein fe sgail 's fo  
dhion na Rioghachd,"

Sgrìobh Iompair' Fridrich e mar sin 'na litir.

STAUFFACHER—Gidheadh cha 'n 'eil an duine  
saor gun mhaighstir.

Feumaidh Priomh-cheannard a bhi ann,  
Ard-bhreitheamh,  
Far am faigh duine ceartas anns a' chomh-  
stri.

Thug, air an aobhar sin, ar n-aithriche  
An t-urram so do 'n Iompair' thar an fhear-  
ainn

A bhuidhinn iad le 'n saothair as an fhasach.  
Oir is 'Triath e air a' Ghearnailt, 's air an  
Eadailt,

A's mar na saor-dhaoin' eile ann a rioghachd,  
Ghabh iad 'n a sheirbheis urramach 's an  
Arm ;

Oir is e so aon dleasananas sonruichte  
 A tha mar fhiachadh air an t-saor-dhuine,  
 An rioghachd a tha 'ga dhion a dhion gu  
 toileach.

MELCHDAL—Is comharradh traill ni 'thuilleadh  
 air a sin.

STAUFFACHER—An uair a chaidh an sluagh-  
 ghairm feadh na duthcha,  
 Lean iad a' bhratach rioghail, chuir iad a  
 bhlaire.

Chaidh iad do 'n Eadailt leis, a' giulan airm,  
 'Chum crun na Roimh a shuidheachadh air a  
 cheann.

Fhrithheil iad, aig an tigh, gu ciallach ciuin,  
 A reir sean chleachduinn, fuidh an laghan  
 fein,

Na cuisean aca ; aig an Iompaire  
 A mhain bha coir binn-bais a thoirt a mach.

A chum na cuise so a fhrithealadh,  
 Bha Morair ard a bh' air a chur air leth,  
 Aig nach robh oighreachd anns an duthaich  
 so,

An uair 'bha breith ri thoirt air cionta-fola  
 Ghairm iad a stigh e 's fuidh an iarmailt  
 fhosgailt'

Labhair e 'cheart-bhreith 'mach, gu simplidh  
 soillier,

Gun gheilt no fhiamh roimh aghaidh duin'  
 air bith,

C' aite 'bheil lorg an so gur iochdarain sinn ?  
 An ti d' an aithro atharrach, bruidhneadh e !

AN TUATHANACH—Ni h-eadh, tha h-uile cuis  
 mar 'tha thu 'g radh,

Tighearnas air 'fhoirneadh oirnn a dh' aindeoin  
 Kiamh air an t-saoghal cha do ghiulain sinn.

STAUFFACHER—Dhiult sinn do 'n Iompaire e  
 fein ar n-umhlachd.

Air dha, air sgath nan sagairt, ceartas fhiar-  
 adh.

An uair a ghabh muinntir na h-Abaide  
 Aig Elnsiedeln, coir air ar monadh-feurach,  
 Air an robh spreidh againn bho an ar sinn-  
 sear,

Agus a thug an t-Aba 'mach sean litir,  
 A thiodhlaic dha an grund neo-aitichte,  
 Air nach robh coir aig duine seach a cheile—  
 Ghleidh iad ar lath'reachd-ne tur as an  
 t-sealladh—

An sin thubhairt sinne : "Tha bhur litir  
 fealltach !

Cha 'n urrainn Iompaire an ni a's ieinne  
 A thoirt air falbh do dhuin' air bith, mar  
 thiodhlaic ;



A's ma ni 'n rioghachd ceartas aicheamh  
dhuinn

Ni sinn gu maith as eugmhais rioghachd 'n ar  
beanntan."

Mar sin labhair ar sinnsir ! An dean sinne,  
An clann, m' sladh na cuinge ur so 'ghiulan,  
Bho iochdaran coigreach an cuir sinn a suas  
Le giollachd nach robh 'chridh' aig Iompaire  
Air bith 'na chumhachd riamh a thairgse  
dhuinn ?

Chruthaicheadh, mar gu'm b'eadh, an grunn  
so leinn

Le 'r dhioll fein as na sean choillte fasail,  
A bha 'n an dachaidh aig na math-ghamhna,  
A's rinn sinn e 'r aite-comhnuidh dhaoine ;  
Sgrios sinn gu tur sliochd phuinnseanta nam  
beir,ir,

A bhris a mach oirnn as na mointichean ;  
Reub sinn au sgaile glas de cheo a bha  
Os ceann an fhasaich so gu sior an crochadh.  
Spealg sinn a' charraig chruaidh, thar beul an  
t-sluichd

Thilg sinn an drochaid thearuint' do 'n fhear-  
thuruis ;

Coir mile bliadhna air an talamh so  
Tha againne—Agus tha 'chridh' aig duine,  
Seirbheiseach coigreach uaislean, tighinn an so  
Gu slabhruidhean a dheanamh dhuinn, 's an  
sparradh,

Le masladh oirnn, a's sinn 'n ar dhuthaich  
fein ?

O 'leithid de fhoirneart nach 'eil doigh dol as ?  
(Tha gluasad mor ann measg nan daoine).

Ni h-eadh, tha eadhon crìoch ri cumhachd  
foirneirt.

An uair nach faigh an duine saruichte  
Ceartas, air taobh air bith ri 'n amhairc e,  
An uair a bhios an trom do-ghiulan - glacaidh e  
Spionnadh as ur, a's treoir d'a chridh' o neamh,  
A's bheir e nuas dha fein na coraichean  
A th'air an tasgadh tearuint' shuas an sud dha.  
Nach gabh gu brath toirt naith, a tha, do  
bhriseadh,

A's siorruidh mar na reulta fein 's an speur—  
Sean ordugh Naduir fein theid car air-ascaoin,  
An uair a thionndaidheas duin' an aghaidh  
dhaoine—

An t-inneal deireannach a bheirear dha,  
An uair a thig gach meadhon eile gearr,  
'S e sin an claidheamh. Tha coir againn ar  
seilbh

Is luachmhoire a dhion an aghaidh foirneirt—  
Tha sinn a' seasamh 'suas air son ar duthaich,  
Air son ar mnai, agus air son ar cloinn !

IAD UILE (a' tarruing an claidhmhnean)—Tha sinn a' seasamh air son mnai, a's cloinn !

AN DARÀ EARRANN.

RAOSSELMAN (a' seasamh taobh na sreith)—Mu 'n glac sibh 'n t-sleagh, thugaibh fainear gu maith !

Feudar a chuis a shocruchadh gun aimhreit  
Eadar sibh fein 's an t-Iompaire. Aon fhacal,  
'S e sin na chosdadh e, 's bhiodh an luchd-  
ceannais

A tha 'g ar saruchadh a' sodal ribh.

Gabhaibh an ni a thairgeadh dhuibh cho  
b'heant',

Sgaraibh sibh fein o 'n Iompaireachd gu  
buileach,

Aidichibh uachdaranachd na h-Austria —

IAIN A' BHALLA — Ciod 'thuirt am Ministear?  
Sleuchdadh do Austria !

BURCARD—Na h-eisdibh ris !

BHINCELRID—Comhairle brathadair,  
Namhaid do 'n tìr !

REDING—Socair, a chompanaich !

SEBHA—Sleuchdadh do Austria, 's i 'n deigh ar  
creineadh !

O FLUE—Gu 'n tugamaid a suas, fo bhagrachd  
ainneirt,

An rud a dhiultadh leinn do chiuneas seimh

MEIER—Bu traillean 'an da rìreadh sinn an sin,  
'S bu mhaith a thoilleamaid a bhi 'nar  
traillean !

IAIN A' BHALLA—Gearramaid esan as o choir  
nan Suisseach

A their aon smid mu gheill do Austria !

Fhir-riaghlaidh, b' i mo chomhairle gur e so

A cheud lagh-duthcha 'bheireamaid a mach.

MELCHDAL—Biodh e mar sin. Gun choir gun  
urram bithodh

An tì 'their diog mu gheill do Austria.

Na gabhadh duine 'stigh gu taobh a thein' e.

UILE (a' togail na laimhe deise)—'S i sin ar toil,  
biodh e 'n a lagh !

REDING (an deigh uine ghoirid)—Is lagh e.

RAOSSELMAN—Tha sibh a nis, tre 'n lagh so,  
saor gu dearbh.

Cha tarruing Austria le diorras uaibh

An rud nach d'rinn i 'chosnadh uaibh gu  
cairdeil —

IOST A' CHLACHAIN — Air adhart ordugh 'n  
latha !

REDING—A chompanaich !

Am bheil gach meadhon suairce chean' air  
fheuchainn ?

Faodaidh e bhì nach fìos do 'n rìgh mar 'tha ;  
Dh' fhaoidte nach ann le 'thoil 'tha sinn a'  
fulang.

A n ni mu dheireadh so feuchamaid fathast—  
Mu 'n glac ar lamh an claidheamh, cuireamaid  
Ar gearan ann a lathair. Is uamhasach,  
Eadhon 's an aobhar cheart, cumhachd a'  
chladheimh.

Thig comhnadh Dhe a mhain an uair nach  
urrainn

An duin' e fein a chuideachadh na 's fhaide.

STAUFFACHER (ri Conrad Hunn)—'S i d' aite-sa  
do chomhairle 'thabhairt. Labhair.

CONRAD HUNN—Chaidh mi do luchairt Rhein-  
feld thun an Rìgh,

Mu riaghladh teann nam Maor a dheanamh  
gearain,

'S a dh'fhaotainn litir uaith, a' daingneachadh  
Ar saorsa mar o shean, a reir nan cleachduinn  
A rinn gach Iompair' ur air thoiseach air.

Fhuair mi an sin a' feitheamh, teachdairan  
O iomad ait, o Suabia, 's taobh na Rhein ;  
Fhuair iad gu leir na sgrìobhaidhean mu 'n  
d'thain' iad.

A's thill iad dhachaidh, toillichte, d' an  
duthaich.

Ach mise 'mhain, an teachdair' agaibh-se,

Sheoladh a stigh an lathair na Comhairle,

A thug, le briathra falamh, domh mo chead :

"Cha robh, an ceart-uair, uine aig an Iomp-  
aire ;

Bhiodh cuimhn' aig', uair-eiginn, amharc m' ar  
deighinn :"

'S air dhomh 'bhi dol le ceumaibh airsnealach  
Roimh 'n luchairt, chunnaic mi 'n Diuchd og  
Iain

'N a sheasamh dluth air uinneag-mbor, a' gul  
'S m' an cuairt air, uaislean Bhart, a's Teger-  
feld.

Rinn iad so glaodh rium :—" Cuidichibh sibh  
fein !

O'n Rìgh na bi'bh a' sealltuinn air son ceartaìs.

Nach 'eil e 'creachadh mac a b'arathar fein,  
'S a' gleidheadh 'oighreachd laghail uaith air  
ais ?

Tha 'n Diuchd a' guidhe air son cuid a  
mhathar,

Tha e air tighinn gu aois, tha 'n t-am dha 'nis

Am fearann, a's na daoìn' aige a riaghladh.

Cìod an fhreagairt a fhuair e? Crun beag  
bhlathan

Chuireadh air ceann a' ghille leis an Rìgh :

'S i sin a' mhaise 's freagarraich' do 'n oige."

IAIN A' BHALLA—Tha sibh a' cluinntinn sin.  
Coir agus ceartas

Cha toir an Rìgh dhuibh Cuidichibh sibh  
fein!

REDING—Meadhon eile cha 'n 'eil againn. Thug-  
aibh breith,

Ciamar a stiur ar leinn ar cuis le faicill

Gu crìoch a bheir toil-inntinn do gach cridhe.

BHALTER FURST (a' seasamh taobh stigh na  
sreith)—

Fuadaichidh sinn am foireigneadh graineil so ;

Ni sinn ar seana choraichean a ghleidheadh,

Mar 'thugadh dhuinn iad le ar n-Athraichean,

Cha leig sinn ruith leinn fein, gu gramachadh

Le miann gun srein a dh'ionnsuidh coirean ur.

Gleidheadh an Rìgh an ni 's leis an Rìgh,

A's co air bith aig am bheil Tighearna

Thugadh e seirbheis dha a reir a dhleasdanas.

MEIER — Tha m' fhearanns' air a ghabhail fo  
Austria.

BHALTER FURST—Do Austria leanaidh tus' air  
dlighe iocadh.

IAIN A' CLACHAIN—Tha mise 'paigheadh cis do  
Rapperswil.

BHALTER FURST—Rach thus' air d' adhart a'  
toirt cis a's cain.

RAOSSELMAN—Do'n Bhaintighearna aig Tsuirch  
tha mise fo bhoid.

BHALTER FURST—A dlighe fein bheir thusa do  
'n Tigh-mhanach.

STAUFFACHER—Tha mise saor o dhlighe ach do  
'n Rìoghachd.

BHALTER FURST—An ni a mhain a's fheudar  
dhuinn dol ris,

Deanamaid sin, cha teid sinn ceum na's fhaide.

Fuadaicheamaid na Maoir le 'n seirbheisich,

A's briseamaid a nuas na daingnichean ;

Gun dortadh fola, ma bhios e 'n ar comas.

Faiceadh an t-Iompaire mar sin gu soilleir

Gu h-i an eiginn a chuir chuige sinn

Gu cuing ar n-urram dligheach a thilgeadh  
dhinn.

Ma chi e sinne 'cumail casg oirnn fein,

Theagamh' gu 'n gleidh e 'fhearg gu seolt' fo  
smachd.

Oir duisgidh sluagh, a cheannsaicheas iad fein

Le 'n claidheamh ann nan lamhan, eagal ceart.

REDING—Ach ciamar a tha sinn ri 'thoirt gu  
crìch ?

Tha airm a' chogaidh ann an laimh an namh-  
aid.

Air chinnt cha dean e strìochdadh dhuinn 'an  
sith.

STAUFFACHER—Strìochdaidh, cho luath 's a chi  
e sinn fo airm ;

Thig sinn gun fhios, m' an urrainn da 'bhi  
ullamh.

MEIER—Tha sin gu math na 's usa 'radh na  
'dbeanamh.

Tha anns an tìr da dhaingneach laidir mhor',  
Bb-ir iad do 'n nambaid dìon 's bìdh iad 'nan  
uambas

Nuair 'thig an Rìgh a nuas g' ar cìosnachadh.

Rossberg a's Sarnen 's fheudar a chur fodha

Mu'n togar sleagh anns na trì Duthchanna.

STAUFFACHER - Le dail cò fada gheibb an  
nambaid sanus ;

Cba ghabh a rrun cleith 's fios aig nibhir uime

MEIER — Cha 'n fhaighear brathadair 's an  
Duthaich-choillteach.

RAOSSELMAN — Bhrathadh deadh eud 's an  
aobhar, cuid againn.

BHALTER FURST - Ma chuirear seachad uine  
bìdh an Dun

Aig Altorf air a cbrìochnachadh, a's gheibh

Am Maor' e fein a dhaingneachadh 'n ar  
n-aghaidh.

MEIER—'S ann oirbh fein a mhain a smuaintich  
sibhse.

AN CLEIREACH—Agus tha sibhse neo-cheart.

MEIER—Sinne neo-cheart !

Tba 'chridh' aig Uri sin a radh 'n ar n-aodann !

REDING—Air 'ur boid, tosaibh ! Tha mi 'guidhe  
oirbh !

MEIER—Seadh, ma tba Suits a's Uri air a cheile  
A thnigsinn, feumaidb sinne cumail sambach

REDING—'S fheudar 'ur toirt an lathair na  
Comhairle,

Tha sibh a' togail aimhreit le 'ur braise !

Nach 'eil sinn uile 'seasamh 's an aon aobbar ?

BHINCELRID—Na'n cuireamaid air ais a' cuis gu  
Nollaig,

Tha e 'na chleachduinn aig na Sas'nnaich uile

Dol thun a' Caisteil le gean-math do'n Mhaor.

B' urrainn mu dheich no dusan de na fir

Dol leo do 'n Dun gun ambarus a tbogail.

Biodb aca 'm falach orra stuib mbath iarunn,

A theid gu furasd' anns na bataichean,

Oir cba 'n 'eil duine a toirt airm do 'n Dun.

Biodh a' chuid mhor dhinn anns a' choill 'am  
falach.

'S cho luath 's a gheibh cach ceannas air a  
gheata

Gu daingean, reidh, seidear an dudach leo,

Brisidh an companaich 'o 'n ionad-falaich,

'S gun mboran tuilleadh dragh is leinn an  
Caisteal.

MELCHDAL—Dun Rossberg gabbaidh mis' os  
laimh a streap,

Tha 'chailleag air a bheil mi 'n gaol 'na traill  
ann,

B' fhuasda dhomh a briodal thun na h-uinneig  
Fuidh 'n leth-sgeul cottrom bruidhne fhaot-  
ainn leatha ;

Aon uair 's gu 'm faighinnse gu ceann an  
fharaidh

Cha b' fhada 'bhiodh mo chairdean as mo  
dheigh.

REDING—An i bhur toil a' mhoille so a dhean-  
amh ?

(Tha a' chuid a's mo dhiu a' togail an  
leimh).

STAUFFACHER ('g an cunntas)—Tha tuilleadh 's  
fichead ann an aghaidh dusan !

BHALTER FURST—'Nuair, air an latha 'theid a  
shocruchadh,

A tha 'n da dh'ingneach ri bhi air an leagail,  
O bheinn gu beinn theid a' chrois-taraidh  
'lasadh !

Gairnear an sluagh gu luath an ceann a cheile  
A dh'aon bhuidhean, gu Priomh-aite gach  
Duthaich !

'Nnair 'chi na Maoir fo airm sinn 'an da-  
rìreadh

Bheir iad a suas a' chomh-stri, creidibh mise,  
'S 'an ealachd bidh iad taingeil leth-sgeul  
fhaotainn

Gu seapadh as an tir le craicinn slan.

STAUFFACHER—'S e Gessler an t-aon duine a  
bheir dragh dhuinn,

'S duin' uamhasach e le 'luchd-eich m'an  
cuairt air ;

Cha gheill e anns a bhlar gun dortadh fola,  
Seadh, eadhon as an tir againn air 'fhuadach'  
Bhiodh esan fathast dhuinn 'na chulaidh-  
eagail.

Tha geilt orm nach teid againn air a chaomh-  
nadh,

'S cha mhor nach biodh e cunnartach a  
dheanamh.

BAUMGARTEN—'Bheil cunnart ann r'a sheasamh,  
cuiribh mis' ann !

'S e Tell d'an toir mi taing air son mo bheatha.  
Bu toilichte a shaothraichinn, mar thrail,  
Aig obair dhìblidh, air son math na duthcha,  
M' onoir fhein dhion mi, 's riarach mi mo  
chridhe.

REDING—Bheir tim m' an cuairt a' Chomhairle  
a's fearr.

Feitheamaid e le foighidinn. 'S fheudar  
earbsa

A' chur, an tomhas, anns an am ri teachd.

Ach faicibh, fhad 's 'tha sinne fathast trang  
Mu obair-la na h-oidhch', air aird nan cruach  
Tha solus glan na maidne ur a' lasadh

Le dealradh tla—'S mithich dhuinn uile  
sgaoileadh,  
Mu'n tig lan sholus latha oile an gun fhios.  
BHALTER FURST—Na gabhaibh iomagain, oir is  
athaiseach

A gheilleas dorchadas nan gleann do 'n la.  
(Tha iad uile, a dh'aon inntinn, a togail  
an adaichean, agus ag amharc c' r  
uine, gu tosdach, air rughadh dearg  
na faire, air mullach nan sleibhte).

REDING—Air an la ur a tha 'g ar failteachadh  
Air thoiseach air gach sluagh gu h-ìosal  
fodhainn,

'S na bailtean ann an tromadas a chomhnaidh,  
Le 'r boid an cumhnant nuadh so nasgaidh  
sinn.

'N ar sluagh de bhraithrean aointe mairidh  
sinn,

Cha dealaich cas na cunnart sinn o cheil'.

(Tha iad uile ag radh nam briathra ceudna  
'n a dheigh, a' togail trì meoir).

Mairidh sinn saor mar bha ar n-Aithriche,  
Am bas a roghainn air a bhi 'n ar t. ailleann.

(Mar gu h-ard).

Ar n-earbsa cuiridh sinn 's an Dia a's airde,  
A's cha bhi eagal oirnn roimh cumhachd  
dhaoinè.

(Mar gu h-ard. Tha iad uile a' crathadh  
lamhan a cheile gu cridheil).

STAUFFACHER—Rachadh a h-uile duine 'nis gu  
samhach

Dhachaidh thun a luchd-daimh 's a chompan-  
aich.

An ti 'n ar measg a tha 'n a bhuaichaille,  
Geamhraicheadh e aig an tigh a threud 'n  
sith,

Agus 'an samhchair cairde coisneadh e  
D' ar co-cheangal. Au rud a's fheudar fhlang  
Gu ruig an t-am sin, giulainibh gu duineil!

Leigibh le cunntas an fhir-fhoirmeirt ruith  
Cho ard 's a thogras e, gu ruig an la sin

'S am feum na fiachan, sonruichte a's coitch-  
eann,

A bhi, a dh'aon bheum, air an dìolaidh leis.  
Cumadh gach aon a chorruih ceart fo

cheannsal,

'S airson an iomlain carnadh e a dhiogh'ltas ;  
A chionn, gach aon fa leth a ni e fein

Gu glic a chuideachadh 'na chuissean fein,  
Tha e a' buidhinn na creiche dhuinn air fad.

(Tha iad a' sgaoileadh, cho tosdach sa's urrainn  
doibh, a dh'ionnsuidh trì rathaidean eadar-  
dhealaichte. Tha 'n t-aite car ghreis  
falamm, fosgailte, am feadh a tha a' ghrian  
ag eiridh thairis air na sleibhtean-eige).

## AN TREAS BARRANN. A' CHEUD ROINN.

A Chuir mu 'n cuairt an dorus Tell. Tell leis an tuadh 'na laimh ; Hedbhig (a bhean) trang ri obair-tighe ; Bhalter agus Uilleam, air an taobh cuil, a' cleasachd le crois-bhogha bheag.

BHALTER (a' seinn)—

Thar nan gleann 's nan sleibhte,  
Moch aig eiridh grein,  
Thig a ruag nan eilid,  
Fear a' bhogha threin.

Mar is triath am fir-eun  
Ard thar ealt' nan speur ;  
Fear nan saighead, 's rìgh e  
Thar na seilg gu leir.

'S leis na tha 's na frithean  
Air a' bheinn ud shuas,  
Eun air sgeith, na sithionn,  
Bheir na saighde nuas.

(A' tighinn 'na leum).

Bhrist an t-sreang orm ! Ceanglaibh dhomh  
i, 'athair.

TELL—Cha cheangail, cuidichidh sealgair maith  
e fein.

(Tha na balachain a' dol as an rathad).

HEDBHIG—Gu'n tugadh Dia nach ionnsuicheadh  
iad am feasd i !

TELL — Ionnsuichidh iad a h-uile rud. Is  
fheadar

Easan a bheir e fein roinnh 'u t-saogh'l gu  
sgairteil

A dhean iamb acfhuinneach gu dion a's cath.

HEDBHIG—Mo thruaigh, cha 'n fhan iad toil-  
icht' aig an tigh.

TELL—A bhean, cha 'n 'eil dol agams' air na 's  
mo.

Cha d' rinneadh mise air son iomain threud ;

'S toil leamsa comharadh a theicheas uam

Gun chlos a ruag. Cha 'n 'eil mo bheatha  
sona

Muir toir gach la rud dhomh as ur ri ghlacadh.

HEDBHIG—'S cha smuaintich thu air ionn'gain  
bean-an-tighe,

A' feitheamh riut le cridh' an impis sgaineadh.

Lion oillt mi 'n uair a dh'inn's na gillean  
dhomh

Na chual' iad mu do thuruis chunnartach.

Gach uair a thig thu 'dh' fhagail beannachd  
agam

Tha mi air chrith nach till thu m' ionnsuidh  
tuilleadh.

Chi mi thu air na sleibhte fiadhaich eigh'



A' dol air seachran, na, o sgorr gn sgorr,  
 A' toirt an leum, 's a' tuiteam eator. 1.  
 Cbi mi a' ghemso hochd a th' air a i jigbeachd  
 A' tionndadb ort le leum a's sibh 'n 'ur dithis  
 A' ruidhleadh sios do iocbdar dubh an  
 t-sluichd.

Chi mi, 'am prioba, am beum-sneachd 'gad  
 phronnadb

No 'n gletser mealltab fo do chos a' fosgladh  
 A beul gun iocbd, 's 'gad dhunadh beo 's an  
 uaigh—

Mo chreab, a 'n cend cruth eadar-dhealaichte  
 Tha 'm bas a' glacadh sealgair treun nam  
 beann!

Si 'n obair thubaisteach, neo-thoilicht' ise,  
 A bheir air duine dol, gu cunnart beatba,  
 O la gu la 'na ruitb thar oir an t-sluicbd!

TELL—Am fear a db' amhairceas gu brisg m' a  
 thimchioll,

Le coluinn 's ceann aige cbo slan ri bradan,  
 'S a chuireas earbsa ann 'na Cbruithear dileas,  
 Bbeir esan as gach teinn e fein gu furasd' ;  
 Cha'n 'eil a' bheinn gu brath 'na culaidb eagail  
 Do 'n duine 'rugadh a's a tboga ib oirre.

(Tba e air obair a chriocbnacbadb, agus  
 tha e a' cur seachad na h-acfhuinn).

A nis, is i mo bheachd gu'n seas do dhorus,  
 Gu diongmhalta, car latha 's bliadbn' na  
 dheigh so :

Cha chuir sinn feum air saor, a's tuadb 's an  
 tigh.

(Tha e togail 'aid).

HEDBHIG—C'aite 'bheil thu 'dol?

TELL—Gu Altorf, thun d' athar.

HEDBHIG—Tba rud-eiginn le cunnart ann a thaic  
 A' ruith 'ad inntinn? Aidich dbomh nach 'eil?

TELL—Ciod air an t-saoghal a chuir sin 'ad  
 cbeann?

HEDBHIG—Tha rud-eiginn 'nar measg 'ga chur  
 'an ordugh

An agbaidb nam Maor. Bba coinneamh air  
 an Rutli,

Tba fbios 'm air—'s tha thusa 'an co-bhoinn  
 riu.

TELL—Cha robh mis' ann—ach cinnteach seas-  
 aidh mi

Air son mo dhuthaich ma bhios feum aic' orm.

HEDBHIG—Sparraidb iad tbusa 'n teis-meadhoim  
 a' chunnairt!

'S i 'chuid is duilghe 'thuiteas ortsa daonnan.

TELL—Leagar a' chis air duine 'reir a chuibh-  
 rinn.

HEDBHIG—A's cbeir tbu 'n t-Unterbhaldnear  
 thar an aiseig

Am meadhon na stoirm—'s iongnadh gu 'n  
d'fhuair sibh as :

Nach robh smuain idir agad air beann no  
clann?

TELL—'S ann oirbh a smuaintich mi, a bhean  
mo ghaoil,

Theasraig mi beatha athar air son a chloinne.

HEDBHIG—Am bata 'chur a mach 's na tonnan  
beuchdach !

Cha b' e sin idir earbsa chur 'n Dia,

'S e buaireadh Dhe a theirinn-sa r' a leithid.

TELL—Cha mhor a choimhlionas an duine sin

A sheasas tuille 's fad' a' beachdachadh.

HEDBHIG—Tha thusa cneasda, deas gu cuid-  
eachadh,

Ni thu turn coimhearsnaich do dhuin' air bith,

Ach ann an teinn cha chuidich duine thusa.

TELL—Nar leagadh Dia gu 'm bi mi 'n eismell  
comhnadh !

(Tha e 'toirt leis a chrois-bhogha agus na  
saighdean).

HEDBHIG—'De 'ni thu leis a' bhogha ? Fag 'an  
so i !

TELL—Na'm fagainn ise bhiodh mo lamh a dhith  
orm. (Tha na balachain a' tilleadh).

BHALTER—Athair, c'aite 'bheil sibh a' dol ?

TELL—Gu Altorf,

A laochain, thun an t-seanair—An tig thu  
leam ?

BHALTER—'S mi 'thig, gu toilichte.

HEDBHIG—Tha 'm Maor an sin

Aig a' cheart am so. Cum air falbh o Altorf.

TELL—'S e 'n diugh an latha 'bha e ri dol ann.

HEDBHIG—'S a chionn gur e, fuirich ach gus am  
falbh e ;

Na toir thu fein 'n a chuimhne, 's beag air  
sinn.

TELL—Is beag a choire a ni 'mhi run ormsa.

Gluaiseam gu ceart, cha chuir aon namhaid  
fiamh orm.

HEDBHIG—'S iad daoine ceart is mo a dhuisgeas  
fhuath.

TELL—Direach a chionn nach faigh e greim  
ori ;

Riunsa cha ghabh e gnothuch, 's e mo bharail.

HEDBHIG—Seadh, tha thu dearbhta as ?

TELL—() cheann a ghoirid

Chaidh mi a shealg thar a ghrund fhiadh-  
aich ud

Braigh Ghlinne Shach, gun aileadh cois g' am  
stiuradh,

Aig dol air adhart dhomh thar frith-rath'd  
creagach

Far nach robh roghainn ann, ach gabhail  
romham ;

Bha bruach na creige 'n crochadh os mo cheann,  
A's fodham bheuchd an Shach, 'na aoir a siubhal.

(Tha 'n da bhalachan a' druideadh dluth dha, h-aon air gach taobh, agus ag amharc 'na aodann leis an iongnadh a's modha).

'S an aite sin thainig am Maor'am choinneamh,  
Eсан, 'na aonar, leamsa, 's mise leis-san,  
Duine ri duine, an slochd ri taobh ar coise :  
Cho luath 's a thug am Maor an aire dhomh,  
'S a dh' aithnich e mi—mis' air an deanadh e  
O cheann a ghoirid peanas trom a leagadh,  
Air son gle bheagan aobhair—'s a chunnaic e  
Mi 'tighinn 'na choinneamh le 'm bhogha  
treun 'am laimh,

Dh' fhas aodann ban, a's chrith a ghluinnean  
fuidhe ;  
Chunnaic mi e a' tighinn a dh' ionnsuidh sin  
dheth

Gu'n tuiteadh e gu'n lughas air a' chraig.  
Lion truas mo chridhe dha, chaidh mi gu  
modhail

G' a ionnsuidh, 's thubhairt mi :—Is mise  
th' ann

A Maighstir Gessler. Ach cha b' urrainn da  
An t-aon smid bho chd fhaighinn a mach o'  
bhilean,

Le 'lamh a mhain smeid e rium dol air m'  
adhart ;

Dh' fhalbh mi 's chur mi a sheirbheisich d' a  
ionnsuidh.

HEDBHIG — Chriothnaich am Maor roimh d'  
ghnuis—mo thruaigh thusa !

Cha mhaith e dhuit gu 'm faca tu a laigse.

TELL—Air son an aobhair sin tha mi 'ga sheach-  
nadh,

A's cha bhi iarraidh aige-san air m' fhaicinn-s'.

HEDBHIG—Fuirich an diugh air falbh o 'n aite  
sin

Rach thusa 'shealg do 'n bheinn a roghainn  
air.

TELL—Ciod a th' ort ?

HEDBHIG—Tha iomagain orm. Fuirich air falbh.

TELL—C'ar son 'tha thu 'cur dragh ort fein gun  
aobhar ?

HEDBHIG—A chionn gur ann gun aobhar, 'Tell,  
fuirich leinn.

TELL—Gheall mi, a bhean mo ghaoil, gu 'n  
rachainn ann.

HEDBHIG — Ara feum thu falbh ? Mata, fag  
dhomh mo ghiuilain !

BHALTER—Cha 'n fhag, a mhathair, falbhaidh mi le m' athair.

HEDDHIG—A Bhalti, saoil an treigeadh tu do mhathair?

BHALTER—Bheir mi rud boidheach dhachaidh dhuibh o 'n t-seanair.

(Tha e a' falbh le athair).

UILLEAM—A mhathair, tha mise 'fuireach leibhse.

HEDDHIG (a' tilgeadh a lamhan m' a thimchioll)  
—Tha a laoiigh!

Ach 's tusa 'd aonar a th' air fhagail agam!

(Tha i a' dol gu dorus-mor na cuirte, agus a' cumail a suil re uine fhada air an dithis a th' air falbh).

AN TREAS EARRANN. AN DARA ROINN.

Duthaich choillteach, fhiadhaich, dhuinte.  
Steallairean a' taomadh 'nan smuid thar  
nan creagan.

Berta ann an eide-seilg; ann an tiota 'na deigh,  
Rudents.

BERTA (rithe fein)—Tha e 'gam leanachd.  
Gheibh mi mu-dheireadh thall

Mi fein a mhineachadh.

RUDENTS (le ceum cabhagach a' tighinn a' stigh)  
—A Bhan-tighearna,

Fhuair mi, mu-dheireadh thall, 'n 'ur n-aonar sibh

Tha bruachan creagach, cas, mu 'n cuairt 'g ar druideadh.

'S an fhasach so cha chluinnear sinn 's cha'n fhaicear,

Cha leig mo chridhe leam 'bhi 'm thosd na 's fhaidhe—

BERTA—'Bheil cinnt agaibh nach 'eil an t-sealg 'g ar leanachd?

RUDENTS—Tha 'n t-sealg an sud fa 'r comhair—  
mur glac mi 'n cothrom,

A tha cho luachmhor, cailidh mi am feasd e—  
Feumaidh mi nis mo bhinn a chluinntinn uaibh

Eadhon ma's ann gu 'r sgaradh uam gu siorruidh.

O! ciod a tha 'toirt dhuibh bhur sealladh tla Fhoalach fo choslas gruaim? Ach co e mise

Gu'n deanainn-sa mo shuil a thogail ribhse?  
M' ainm cha 'n 'eil fathast iomraiteach; cha'n fheud mi

Mi-fein a mheas a'n aireamh ard nan ridir  
Curanta, cliuiteach, ann an drenchd 's 'am moichuis

A' deatradh oirbh mu'n cuairt, 's gun tamh 'g 'ur briodal.

- S iad gradh a's treibhdhreas a mhain mo stor-sa—
- BERTA (le durachd gheur)—Tha dh' aghaidh agaibh bruidhinn mu threibhdhreas agus mu ghradh, sibhse a tha neo-dhileas 'N'ur dleasdanas iomchuidh do 'ur coimhears-naich ;
- Traill Austria, a reic e fein do'n chogreach, Do'n fhear a tha a' saruchadh a dhuthcha ?
- RUDENTS—Tha sibhse 'tilgeadh so a suas 'am aodann ?
- Co 'shir mi air an taobh sin ach sibh fein ?
- BERTA—Bha flughair agaibh 'an da-rìreadh m' fhaotainn
- Air taobh na h-ainneart ? Bheirinn mo lamh seachad
- Do Ghessler fein (Fear-saruchaidh a phobuill) M' an tugainn i do mhac mi-nadurra
- Na Suiss, a thug e fein a suas, gu socrach, Gu bhi 'na inneal ann an laimh an Namhaid.
- RUDENTS—O, cha 'n e so ris an robh flughair again !
- BERTA—Ciamar ? Nach i a chuideachd fein a's dluithe
- Do chuidhe 'n duine mhaith ? C' aite am faighear
- Dleasnas a's measaile le nadur uasal.
- Na 'seasamh mar fhear-dion do neo-chiontachd, Ceartas a chumail rìusan a tha saruicht' ?
- Tha m' anam air a chradhadh air son an t-sluaigh,
- Tha mi a' fulang leo ; tha iad cho modhail, Agus aig a' cheart am cho lan de neart
- Nach urrainn domhsa gan an gradhachadh, Tha iad a' tarruing m' uile chridh' d' an ionnsuidh
- A's tha mo mheas a' meudachadh gach la.
- Ach sibhse, d' an d' thug nadur, 's inbhe Rìdir
- Coir-breith, a's cothrom air an dion 's an comhnadh,
- Gidheadh a 'hreig iad, agus, gu neo-dhileas, A tha air dol a nunn gu taobh an Namhaid, 'S a' deanamh shlabhruidhean air son 'ur duthcha,
- 'S e sibhse 'tha 'cur mi-thlachd orm, a's doilgheas ;
- 'S ann tur a dh' aindeoin air mo chridhe 'tha e Mur d' rinn mi roimh so 'ur fuathachadh.
- RUDENTS—Nach e fìor mhaith mo shluaigh a dh'iarrainn-sa
- Fo riaghladh camhachdach na h-Austria ?
- Mhealadh iad sith—
- BERTA—Mhealadh iad traillealachd !

Chuitichidh sibh an t-saor a as an daingneach  
Mu dheireadh 'dh 'fhagadh aic' air uachdar  
talaimh.

Tha tuigse aig an t-sluagh na 's fearr na sin  
Ciod a tha 'chum am maith. Faoin-choslas  
maith

Cha mheall am fiosrachadh neo-mhearachd-  
ach.

Ach chaidh an lion a thilgeadh thar bhur  
ciun-sa.

RUDENTS—'Bherta! 's beag oirbh mi, tha sibh  
'deanainh tair orm!

BERTA—Na 'n d' rinn mi sin 's e 'b'usa dhomh.  
Ach, esan

Fhaicun fo dhimeas, seadh, a'toilinn dimeas,  
A dheanamh duin'a ghradhachadh gu toileach.

RUDENTS—O, Bherta! Bherta! Tha sibh 's aon  
phrioba

'Gam thogail suas gu airde aoibhinn sonais,  
Agus 'gam thilgeadh sìos gu doimhneachd  
truaigh!

BERTA—Cha'n 'eil idir, an uaisle ann bhur  
nadur

Cha'n 'eil gu buileach air a mhuchadh fathast!

An grinneas a tha 'ruith 's an fhuil agaibh

Cha ghabhadh a chur fodh' as eugmhais  
ainneart.

Ach 's maith gur i a's laidire na sibhse,  
'S gu'r n-aindeoin tha sibh fathast maith a's  
uasal!

RUDENTS—Tha earbsa agaibh annam? Bherta,  
Bherta,

Bhithinn na dheanainn ni air bith a thogradh  
Bhur gradhsa!

BERTA—Bithibh, a mhain, an ni air son

An deach 'ur cruthachadh le nadur aluinn!

Lionaibh an t-aite 's an do chuir i sibh,

Fanaibh air taobh 'ur pobuill a's 'ur duthaich,

Seasaibh a mach air son 'ur coirean ceart!

RUDENTS—Mo thruaigh! Ciamar a sin a chois-  
ninn sibhse,

Ciamar, gu brath, a gheibhinn idir coir oirbh  
Ma theid mi 'n aghaidh cumbachd an  
Iompaire?

Nach ann fo thoil ainneartach 'ur fear-cinnidh

A tha gu teann 'ur lamh-sa air a gleidheadh?

BERTA—'S an anns an duthaich choillteach a  
tha m' fhearainn

Na'm biodh na Suissich saor bhithinn's ann  
cuideachd.

RUDENTS—O, Bherta, ciod an sealladh a nochd  
sibh dhomh!

BERTA—Na h-earb tre dheadh-ghean Austria  
mis' a chosnadh;

A lamh tha sinte mach a dh'ionnsuidh m'  
 oighreachd,  
 Fa run a h-aonadh ris an Oighreachd mhor.  
 Tha 'n ciocras fearainn sin, a shluigeadh suas  
 An t-saorsa agaihse, 'gam mhaoidheadh-sa  
 Aig a' cheart am, air son an aohhair cheudna!  
 A charaid, tha mi air mo chur air leth  
 Mar thabhartas; mar dhuais theid mo thoirt  
 seachad  
 Do chuideiginn mu'n chuirt a choisneas  
 fabhar—  
 An sud, far am bheil foill, a's cuilbheartan  
 A' dol air adhart—air falbh a dh'ionnsuidh  
 cuirt  
 An Iompaire—tha e 'n am heachd mo thar-  
 ruig  
 Tha 'n sud a' feitheamh orm cuihhrichean  
 posaidh  
 'Is fuathach leam—cha'n 'eil dol as dhomh ann  
 Mur dean an gradh mo theasragainn—Bhur  
 gradh-se!  
**RUDENTS**—Dheanadh sihh teilichte sihh fein an  
 so,  
 Bu leoir leihh a hhi leam 'n am dhuthaich  
 fein?  
 O Bherta, ciod a bha 'n am thogradh dian  
 A mach do 'n t-saoghal ach oidheirp sibhse  
 fhaotuinn?  
 Sihhse a mhain shir mi air slighe na gloire,  
 Mo dbeigh air urram fhuair a steidh 'n am  
 ghradh.  
 N'am b' urrainn duihh 'ur heatha 'chaitheamh  
 leam-sa  
 Duinte a stigh anns a' ghleann shamhach so,  
 'S 'ur cul a thionndadh air an t-saoghal  
 uaibhreach  
 An sin tha crìoch mo spairn-sa air a ruigh-  
 eachd;  
 Faodaidh, an sin, sruth hras an t-saoghail  
 bhuairte  
 Sadadh ri taobh hruach dhiongmhalta nam  
 beann so—  
 Aon togradh luaineach tuilleadh cha'n eil  
 agam  
 A dh'ionnsuidh caithe-heatha 's farsuinge—  
 Faodaidh, an sin, na creagan so mu'n cuairt  
 oirn,  
 Am balla ard neo-ghluasadach a thogail,  
 Agus an gleannan sona duinte so  
 Fosgladh a suas ri aghaidh neimh a mhain  
 A's bidh e air a lionadh dhomh le soilse!  
**BERTA**—Tha thu gu leir an ni a shaoil mo  
 chridhe  
 A hha thu, cha'n 'eil m' earhsa air a mealladh!

**RUDENTS**—Air falbh gu brath, an doille-inntinn  
ghorach

A mbeall mi! Gheibh mi sonas aig an tigh.  
An so, am measg nam bruthaichean 's nam  
loinntean

Far an do chleasaich mi gu b-aoibhinn eutrom,  
Far nach 'eil tom, no creag, no lagan boid-  
heach

Nach toir air ais gu'm chuimhne mile solas,  
A's tha gach craobh, a's preas, a's fuaran  
aluinn

Co-ionann leam ri cairde caomh mo gbaoil,  
Bheireadh tu ann am dhuthaich fein dhomh  
coir ort?

O, 's maith a thug mi gaol dh' i riamh! Tha  
fhios 'm

Air thalamh nach biodh gean orm an taobh  
mach dbitb.

**BERTA**—C'aite am biodh I-an-t-sonais dhuit ri  
fhaotainn

Mur b' ann an so, 'an tir na neo-chionta  
'An so, far am bheil dachaidh thearuint'  
fatbast

Aig an t-seann dilseachd agus threibhdhires  
A b' abhaist a bhi eadar duine 's duine,

Far nach 'eil cealg, no breug a' tuinneachadh?  
An so cha tig am farmad a chur dragh

Air obair glan ar n-aoibhneis, ach, gu reidh  
Srutbaidh o la gu la na h-uairean seachad.

Thusa chi mi an sud, gu duineil fiachail  
Am measg nan sar a's cliuitiche a cheud fbear,

Le meas a's deadh-ghean air do chuartaichadh,  
Eadhon mar righ ag oibreachadb 'n a riogh-  
achd.

**RUDENTS**—Thusa chi mise 'ad ribhinn am measg  
blan,

Am banalchd a's finealta, le gliocas

A riaghladh os ceann obair an tighe,

A' togail Paras ann am dhachaidh dhomh,

A's mar an t-Earrach, air an talamh lom,

A blaithean grinn a' sgapadh anns gach ait',

A sgeadachadh mo bheatha-sa le maise,

'S a' dusgadh aoibh a's cridhealas mu'n cuairt  
ort.

**BERTA**—Mo charaid, feuch c'arson a bha mi  
'caoidh!

Thu fein fbaicinn a sgrios, a' tilgeadh uait

An toileachaidh so 's airde leat 'ad bheatha.

Mo thruaigh mi! Ciamar a rachadh leamsa

Na 'm feumainn ridir uaibhreach mor a bean-  
tuinn,

Fear-ciosnachaidh—a stigh d' a chaisteal-  
dubh?

Ball a no dun cha'n 'eil an so gu'm s a'adh



Bho shluagh a mhiannaichinn a dheanamh  
aeibhinn.

RUDENTS—Ach ciamar a gheihh mi 'n rihe  
'thilgeadh dhìom

A chuir mi fein le 'm ghoraich' thar mo  
cheann?

BERTA—Srachd thar do mhuineal i, le misneach  
dhuineil!

Thigheadh an rud a thoilicheas—seas ri d'  
shluagh

Tha coir-hreith agad sin a dheanamh—

(Dudaichean na seilg air an cluinntinn  
fad as).

Tha 'n t-sealg

A tighinn na's dluithe—falbh, feumar deal-  
achadh,

Dean cath air son do dhuthaich, as dohag oil!  
Oir tha sin uil' air chrith roimh an aon  
namhaid

'S i an aon saorsa a ni saor sinn uile!

[Tha iad a' falbh.

#### AN TREAS EARRANN. AN TREAS ROINN.

Lon laimh ri Altorf.

Air an taobh heoil tha craobhan, air an taobh  
cuil tha an Ad air harr stuib. Tha an sealladh  
air a dhunadh a stigh le Beinn-na-draoidh-  
eachd,\* os ceann am bheil sliabh-eighe ag eiridh  
gu maiseach.

Friesshard agus Leutold air freiceadan.

FRIESSHARD—Tha sinn an so ri freiceadan gun  
fheum.

Duine cha tig g'ar coir, air eagal modh

A thoirt do'n Aid so againn. Roimh so

B' abhaist an t-aite 'bhi cho trang ri faidhir;

Tha'n fhaiche so mar fhasach, riamh o'n latha

A chaidh am Bochdan a chur air an stob.

LEUTOLD—Cha'n 'eil ach slaodaire an drasd 's a  
rithis.

'Toirt dheth a bhoinneid phrahach 's an dol  
seachad

Gu aimheal a chur oirnn. Theid daoine  
fiachail

Astar mu 'n cuairt mu 'n crom iad druim ri Ad.

FRIESSHARD—Feumaidh iad gabhail seachad  
air a so

'Nuair 'thig a' Chuirt a mach, aig meadhon-  
latha.

Bha fiughair agam—la o cheann a ghoirid—

Gu'm faighinn grainnean math a chur an sas,

\* The Bannberg.

Oir cha robh smuaint air modh a thoirt do n  
Aid,

Thug Raosselman, am ministear, gu grad  
An aire dha,—'s e air a cheum a' tilleadh  
O 'bhi a' frithealadh air duine tinn—  
Sheas e an so, direach air beul an stuib,  
Le samhloidhean na sacrainaid 'na lamhan,  
Dh' fheum Para Cleireach gliongadh leis a'  
chlagan;

Thuit gach fear riamh 'sa chuideachd air a  
ghluinnean,

A's dh' fheum mi fhein a dheanamh comh'ri  
cach—

Chrom iad do'n Chisteig-naoimh, cha b' ann  
do'n Aid.

LEUTOLD—A chompanaich, 's ann 'tha mi fhein  
a' saoilinn

Gu bheil sinn air ar cur an so air brangas

Air beul na h-Aid'. Is tamail e do mharcaich

Seasamh mar fhreiceadan air beulaobh Aid'—

Ni duine smiorail 'sam bith dimeas oirnn.

Gu 'n deanadh duine modh a thoirt do Aid—

Air m' fhirinn fhein 's e reachd gun tur a th'  
ann

FRIESSHARD—Urram do Aid fhalaimh, c'arson  
nach toirteadh?

Nach iomadh claigionn falamh 'ni thu modh  
dha?

(Hildegart, Melchtild, agus Ealasaid, le  
an clann a' tighinn agus a' seasamh  
'nan sreath mu'n cuairt air an stob).

LEUTOLD—'S tha uibhir de 'n ghill-easgaidh  
annad-sa,

Bheireadh tu dragh air daoine coir a nasgaidb.

Rachadh na thoilicheas seachad air an Aid.

Cha seall mo shuils' an rathad aca tuilleadh.

MELCHTILD—Tha sin am Maor an crochadh—  
'ur *bou* d'ha, chlann!

EALASOID—'Eudail, na'm falbhadh e's an ad aig'  
fhagail,

'S i 'n duthaich nach bu mhisd a chulaobh  
fhaicinn!

FRIESSHARD ('g am fuadach air falbh)—

An gabh sibh as a so! Mnathan na mallachd!

Co 'tha 'g 'ur n-iarraidh! Cuiribh an so bhur  
fir,

Ma tha fonn orra 'n lagh a chur gu dulan!  
(Tha na mnathan a' falbh).

Tha Tell a' tighinn a nios, am balachan aige  
air laimh; tha iad a' gabhail seachad air an Aid  
gun an aire 'thoirt dh' i, an aghaidh ris na  
beanntan.

BHALTER (le 'chorag a' leigeadh ris Beinn-na-  
draoidheachd)—

Athair, am bheil e fìor ma bheirear buille

- Le tuaidh do chraoibh 'sam bith a th' air a'  
bheinn ud,  
Gu'n tig an fhuil aisde?  
TELL—Co 'thuir sin, a laochain?  
BHALTER—'S e 'm buachaille mor a bha 'ga  
innseadh dhuinn—  
Tha draoidheachd air na craobhan, thubh-  
airt e,  
'S ma ni sinn cron orra, cinnidh ar lamh  
An aird—an deigh dhuinn iubhal—as an  
talamh.  
TELL - Cianteach gu leoir tha iad 'nan craobhan  
coisright'.  
Am faic thu'n sud na Firnen, aidhearcean  
geala  
Cho ard gu'n caillear sealladh dhiu 'san speur?  
BHALTER—'S iad sin na Gletseren 'bhios sinn a'  
cluinntinn,  
A' deanamh uibhir stairn air feadh na  
h-oidhche,  
'S o'm bheil na beuman sgrìosail s.eachd a'  
tuiteam.  
TELL—Seadh dìreach, agus bhiodh, o cheann a  
fada,  
Altorf 'na luidhe, pronn, fo bheuman-sneachd  
Mur-bhith a' choille ghiuthais shuas an sud—  
Feachd-duthcha treun—a sheas 'g a dhion o  
sgrìos.  
BHALTER (an deigh beachachadh car tiota)—  
Athair, am bheil tìr 'sam bith gun bheanntan  
ann?  
TELL—Na'n tearnadh duine bho na cruachan  
againn'  
Ruigeadh e duthaich a tha farsuing, reidh,  
Cha chluinnear fuaim nan eas 'an sin a'  
taomadh,  
Na h-aimhnichean tha 'ruigh gu lubach seimb;  
Chi duine 'h-uile cearn mu'n cuairt gun  
bhacadh,  
Tha 'n coirce 'cinntinn ard an dailtean briagh  
Tha 'n tìr, gu amharc air, mar gbaradh  
maiseach.  
BHALTER—'S c'arson, athair, nach rachamaid  
gu luath  
A sios a dh' fhuireach anns an duthaich  
briagh sin  
Seach a bhi ann an sò le geilt 'gar cubadh?  
TELL—Tha 'n duthaich aluinn, maith eadhon  
mar Pharas  
Ach cha 'n e 'n treabhaiche a bhios a' meal-  
tuinn  
A bheannachd phailt' a tha an cois a  
shaothair.  
BHALTER—Nach 'eil na daoine 'fuireach, mar  
'tha sibhse,

- Saor air am fearann fein?  
 TELL—S ann leis an Easbuig,  
 Agus an Rìgh a tha na dailtean aca.  
 BHALTER—Ach saoil nach feud iad sealgach  
 anns a' choille?  
 TELL—Is leis an triath an sithionn a's an  
 eunlaith.  
 BHALTER—Nach feud iad iasgach anns na  
 b-uilld mata?  
 TELL—Is leis an Rìgh na-huilld, an loch, 's an  
 salann.  
 BHALTER—Co e an Rìgh mata, roimh 'n' bheil  
 an eagal?  
 TELL—An Ti a tha 'g am beathachadh 's 'g an  
 dion.  
 BHALTER—Nach urrainn iad an air' 'thoirt orra  
 fein?  
 TELL—Cha 'n earb na coimhearsnaich a cheil'  
 an sud.  
 BHALTER—Athair, bhiodb an tìr fharsuing  
 cumhann leamsa,  
 'S fearr a bhi fuireach fo na beuman-sneachda.  
 TELL—Seadh, 's mor 'is fearr a laochain sleibh-  
 tean-eighe  
 A' seasamh aig do chul seach daoine ocla.  
 (Tha iad a' dol a ghabhail seachad).  
 BHALTER—Eh, athair, faic an ad air barr a'  
 chabair!  
 TELL—Nach coma leinne 'n ad! Tiugainn air  
 adbart.  
 (Tha e air ti 'dol seachad, an uair a tha  
 Friesshard a' tighinn 'na choinneamh  
 le a shleagh a suas).  
 FRIESSHARD—'An ainm an Iompaire! Tha thu  
 ri stad!  
 TELL (a' deanamh greim air an t-sleagh)—  
 'D e 'tha dhith ort? C'arson a ghleidheadh  
 tu mi?  
 FRIESSHARD—Bhrist thu an aithne; feumaidh  
 tu tighinn leinne.  
 LEUTOLD—Cha d' rinn thu modh do 'Aid, 'an  
 gabhail seachad  
 TELL—Leig as mi, 'charaid.  
 FRIESSHARD—Air falbh do 'n phrìosan ort!  
 BHALTER—M' athair do 'n phrìoson! Cuid-  
 eachadh! Cuideachadh!  
 (A' ruith air adhart).  
 'An so, fheara! Cuidichibh m' athair, a  
 dhaoine!  
 Ainneart! Ainneart! Tha iad 'g a chur an sas!  
 (Raosselman, am Ministelr, Paruig an  
 Cleireach, agus triuir fhear eile a'  
 tighinn air an adhart).

- PARA CLEIRICH**—'D e 'th' ann ?  
**RAOSSELMAN**—C'arson a ghlacadh tu an duine  
**FRIESSHARD**—Is namhaid e do'n Rìgh, 's fear-  
 ceannairc e !  
**TELL** (a' beirsinn air le braise)—Mise 'am fhear-  
 ceannairc !  
**RAOSSELMAN**—A charaid, tha thu 'm mearachd,  
 'S e Tell a th' ann, fear-duthcha sìothchail  
 coir.  
**BHALTER** (a' toirt an aire do Bhalter Furst, agus  
 a' ruith 'na choinneamh,—  
 A Sheanair, cuidichibh ! Tha m' athair fo  
 ainneart.  
**FRIESSHARD**—Do 'n phrìosan ort !  
**BHALTER FURST** (a' greasad a nìos)—  
 Stad ! Seasaidh mi'n urras air !  
 'An ainm an Fhortain, 'Fell cìod a th' air  
 tachairt ?  
 (Tha Melchdal agus Stauffacher a' tighinn  
 a nìos).  
**FRIESSHARD**—Ard-uachdaranachd a' Bhaillidh  
 thar na duthcha  
 Cha 'n aidiche e, a's tha e 'deanamh tair air.  
**STAUFFACHER**—Rinn Tell, da-rìreadh so, am  
 bheil thu 'g radh ?  
**MELCHDAL**—A spìochdaire, 's i 'n dearg bhreug  
 a th'agad !  
**LEUTOLD**—'Cha d' rinn e modh' do 'n Aid 's a  
 ghabhail seachad.  
**BHALTER FURST**—Agus air son so theid a chur  
 anns a' phrìosan ?  
 A charaid, gabh ri m' urras a's leig as e.  
**FRIESSHARD**—Rach thus'an urras air do choluinn  
 fein !  
 Nì sinn'ar dleasdannas—Thugaibh air falbh e !  
**MELCHDAL** (ris an luchd-duthcha)—'S i ainneart  
 narach a tha 'so, a mhuinntir !  
 An giulain sinn gu'n toir iad leo an duine  
 Gu ladarna, mar so, fa chomhair ar suilean ?  
**PARA CLEIREACH**—Cha seas sinn e, is sinne 's  
 treise, 'chairde,  
 Gnala ri guala seasaidh sinn a cheile.  
**FRIESSHARD**—Co agaibh 'theid an aghaidh  
 reachd a' Mhaoir ?  
**TRUIR** (eile de Luchd-duthcha)—Cuidichidh  
 sinne sibh.  
 'D e th' ann ? Gu lar iad !  
 (Hildegard, Melchtild, agus Ealasaid a'  
 tilleadh air an ais).  
**TELL**—Nì mi mi-fein a chuideachadh an ealachd  
 Falbhaibh, a mhuinntir. Na 'm biodh feum  
 air spionnadh  
 An gabhainn geilt, saoil sibh, roimh 'm  
 biodagan ?

MELCHDAL (ri Friesshard)—Thoir as ar meadhon e, ma tha 'chridh' agad!

FURST agus STAUFFACHER—Air d' athais! Socair!

FRIESSHARD (a' glàodhaich)—Ar-a-mach! Ceann-airc!

(Cluinnear duduichean seilge).

NA MNATHAN—Sin am Maor a' tighinn!

FRIESSHARD (a' togail a ghuth)—Ar-a-mach! Ceannairc!

STAUFFACHER—Raoichd thus' a shlaightire! Ran gus an spreadh thu!

RAOSSELMAN—An cum thu samhach?

MELCHDAL—Duin do ghlochd, a chlap-sgain!

FRIESSHARD—Foir, foir air seirbheiseach an lagh 's na rioghachd!

FURST—Tha 'sin am Maor! Me thruaigh, ciod a thig ruinne?

Gessler, air muin eich, seabhag-seilg air caol a dhuirn, Rudolf bho Harras, Berta agus Rudents, buidheann mhor sheirbheiseach fo airm 'gan leantuinn, agus a' seasamh, le 'n sleaghan fada, mu 'n cuairt an iomlain.

RUDOLF—Ait', aite do 'n Mhaor!

GES-LSR—Sgaoilibh o 'cheile iad,

C'ar son a thrus an sluagh? Co 'bha 'glàodhaich foir?

Co 'bh'ann? Bu mhaith learn fios.

(Ri Friesshard)—Seas thusa mach!

Co thu, 's c'ar son a ghlac thu 'n duine so?

FRIESSHARD—Uachdarain chumhachdaich, 's fear-airm leat fein mi,

Air freiceadan an so air beul na h-Aid.

Ghlac mi an duine so dìreach 's a ghnìomh

A' gabhail seach gun mhodh a thoirt do'n Aid.

Bha mi 'ga chur an sas a reir bhur n-ordugh,

Ach dh' fheuch an sluagh le ainneart a thoirt uam.

GESSLER (an deigh dha 'bhi mionaid 'na thosd)—

Am bheil thu 'deanamh dimeas air an Iompair'

A's orna, 'Tell, a tha 'na ainm a' riaghladh,

Gu 'n diult thu modh do 'n Aid a chroch mi 'n so,

Gu dearbhadh cinnteach a chur air 'ur n-umhlachd?

Droch-run do chridhe rinn thu 'bhrathadh dhomh.

TELL—A mhaighstir choir, thoir maitheanas domh! Cha b'ann

A' deanamh tarcuis oirbh a bha mi idir,

Ach cha do ghabh mi umbail 's an dol seachad.

Cha 'n ainm dhomh TELL, ma 's ann 'gam dheoin a bha e,

Gabhaih mo leisgeul, cha tachair e a rithis.

GESSLER (an deigh a bhi greis 'na thosd)—

Tell, tha thu 'd mhaighstir air a' chrois-  
bhogha,

Chaidh a radh rium nach tig duin' eile suas  
riut ?

BHALTER—'S tha sin fìor, a mhaighstir ; tilgidh  
m' athair

Ubhal bho chraoibh dhuibh aig cuig fichead  
ceum.

GESSLER—An leats' an giullan, 'Tell ?

TELL—Is leam, a mhaighstir.

GESSLER—'Bheil duine cloinne 'thuilleadh air-  
san agad ?

TELL—Tha dithis ghiullan ann, a mhaighstir  
choir.

GESSLER—A's co de'n dithis dhiu a's docha leat ?

TELL—Tha iad an aon chuid ionmhuinn leam le  
che.le.

GESSLER—A nis mata, Tell, ma chuimsicheas tu  
Ubhal air craoibh aig astar ceud ceum uaipè

Bheir thu lan dearbhadh ann am lathair air  
d' ealdhain—

Gabh a' chrois-hhogha—tha i aig do lamh—

Dean thu fein deas gu cuimseachadh air ubhal

A theid a chur air ceann do bhalachain—

Gabh cuimse mhaith, bheirinn a' chomhairl'  
ort,

A chionn, mur huail do sbaighead air an uhhal

Aig a' cheud ionnsuidh, caillidh tu do cheann !

(Tha uamhunn ri fhaicinn anns gach gnuis

TELL—A mhaighstir—'d e 'n rud uamhasach  
tha

'N 'ur beachd do m' thaohh ?—Bho cheann mo  
leinibh tha mi—

Ni h-eadh, a mhaighstir choir, cha 'n fheud e  
'bhith

Gu 'n tigeadh sin 'n 'ur smuaint—Nar leigeadh  
Dia e—

Cha b' urrainn sibh gu hrath, an ceart dha-  
rìreadh,

Sìreadh air athair a leithid sin a dheanamh !

GESSLER—Feuchaidh tu air an uhhal, air ceann  
do mhic—

Tha mi 'ga shìreadh ort, 's tha thu ri 'dhean-  
amh.

TELL—Tha mi ri cuimse 'ghahhail leis a' hhogha  
Air a' cheann ghaolach aig mo hhalachan  
fein ?—

'S fhearr leam dol thun a' hhais na aont-  
achadh !

GESSLER—Feuch e, no hasaich fein 's do lean-  
abh comhladh.

TELL—Dheanadh sìhh mi 'am mhortair air mo  
ghiullan !

- A mhaighstir, cha'n 'eil clann agaibh, mar sin  
Faireachduinn cridhe Athar cha 'n aithne  
dhuibh.
- GESSLER—Seadh, 'Tell, tha thu air tighinn g' ad  
ionnsuidh fein  
Gu h-ealamh ; thuirt iad rium gur duin' thu  
A bhiodh a' coiseachd mar gu 'n robh thu  
'bruidhear,  
Gu bheil thu neonach ann ad dhoighean uile  
'S gur toigh leat nitheanan neo-chumanta,  
Mar sin tha mi air geall neo-chumanta  
A chur fa 'd chomhair. Bheachdaicheadh fear  
eile,  
Chuireadh e air a mheigh na cuisean aige—  
Theid thusa—dall 'g ad dheoin—gu dian air  
adhart,  
A's theid thu 'n sas le d' uile neart 's a chuis.
- BERTA—O, sguiribh a thoirt dheth nan daoine  
bochda !  
Tha iad air chrith, a's ban le geilt m' ur  
timchioll—  
Cha 'n 'eil iad cleachdte ri 'ur briathra-sa  
A ghabhail ann am beachd mar fheala-dha.
- GESSLER—Co 'their gur feala-dha a th' ann am  
aire ?  
(Tha e 'sineadh a lamh a dh'ionnsuidh  
geug craoibh a tha os a cheann).  
Tha so an t-ubhal — Deanaibh ait', a  
mkuinntir—  
Tomh'sibh a mach an t-astar mar is  
cleachdta—  
Ceithir fichead sinteag—cha toir na's lugha,  
Na thuilleadh air a sin. Rinn esan uail as  
Gu'n tugadh e a dhuine nuas aig ceud dhu—  
Tilg, Fhir-a'-bbogha, 's biodh do chumse  
cinnteach !
- RUDOLF—Mo chreach ! Tha so air tighinn gu  
da-rireadh !  
Guidh air a' Mhaor, mo ghiullan, air do  
ghluinnean,  
A dh' fheuch an dean sin maith—air son do  
bheatha !
- BHALTER FURST (fo 'anail, ri Melchdal a tha air  
eiginn a' ceannsachadh a mbi-fhoighidinn)—  
Bi sambach, tha mi 'guidhe, cum ort fein !
- BERTA—'Uachdarain, deanadh so do riarachadh ;  
Tha e an aghaidh naduir, amhghar athar  
A thionndadh 's an doigh so gu culaidh-  
mhagaidh.  
Ma thoill an duine bochd so corp a's anam  
A chall tre choire fhaoin, air m' fhirinn ghloin !  
Dh' fhuiling e cheana 'm bas deich uairean  
thairis,  
Leig dhachaidh e gun lochd d' a thighean-  
tubha ;



- Tha e air eolas a chur oirbh ; bidh cuimhn aige,  
 'S aig clann a chloinne, air an latha so.
- GESSLER—Fosglaibh an t-slighe ! Clis, c'ar son do mhoille  
 Thoil thu do bheatha 'chall, tha e am chomas  
 Do chur gu bas, a's feuch gu h-iochdmhor,  
 tha mi  
 A' cur do chor ann do laimh sheolta fein.  
 Cha'n urrainn duine 'radh gur cruaidh a bhinn  
 Ma nithear air a chor e fein 'n a mhaighstir.  
 Rinn thusa bosd a d' shuil neo-mhearachdach.  
 Ro-mhaith ! A shealgair, dealbh a nis dhuinn  
 d' ealdhain !
- Tha am ball-cuimse airidh ort, 's ard do dhuais !  
 Amaisidh duine cumant air an t-suil-dhubh  
 Ain meadhon na targaid, ach their mise sar  
 Ris-san a thaisbeanas, gu deas, a sheoltachd  
 Gun chaochladh, aig gach am, a's anns gach aite—  
 Aig nach 'eil 'aigne 'dol 'na laimh 's na shuil.
- BHALTER FURST ('ga thilgeadh fein a sios na lathair)—  
 'Uachdarain, 's aithne dhuinn gu maith bhur cumhachd,  
 Ach leigibh seachad coir, a's nochdaibh trocair !  
 Thugaibh leibh leth mo mhaoin—gabhaibh na th' agam !  
 Ach caomhnaibh athair o dheanamh tuirn cho oillteil.
- BHALTER TELL.—A sheanair, na lubaibh glun do 'n duine chealgach !  
 Innsibh dhomh c'ait' an seas mi. Cha n eagal domh.  
 Bheir m' athair eun air sgeith a nuas le 'shaighead  
 Cha teid e cearr 'am bualadh cridh' a leinibh.
- STAUFFACHER—Nach gluais neo-chiont an leinibh sibh, a Mhaoir ?
- RAOSSELMAN—O, cuimhnichidh, tha Dia air airde Neimh  
 D' am feum sibh cunntas a theirt air 'ur briathran.
- GESSLER (le a laimh a' comharrachadh a' bhalachan doibh)—  
 Ceanglaibh e ris a' chrann-teil' ud !
- BHALTER—Mo cheangal !  
 Cha ruig sibh leas mo cheangal ! Seasaidh mi  
 Gun eang a charachadh, cho bidh ri uan,  
 Cha dean mi uibhir 's anail bheag a tharuing.  
 Ach ceanglaibh mi 's cha 'n urrainn mi 'bhi samhach,

- Bhithinn air son gach iall a shracadh dhìom.  
**RUDOLF**—A laochain, leigidh tu, mata, breid air do shuilean!
- BHALTER**—C'ar son a cheangladh sibh eadhon mo shuilean?  
 Am bheil sibh 'smuainteach' gu'm bi eagal orm Moimh shaighead, 's i an lamhan cinnteach m' athar?  
 Seasaidh mi teann, cha dean mi rosg a phriobadh.  
 Greasaibh, athair, feuchaibh gur fear-bogha sibh!  
 Tha e 'cur teagamh annaibh, tha duil aige  
 Gu'n sgrios e sin—'Ilgibh an t-ubhal, buail e  
 Gu mi-th'achd a chur air an duine mhosach!  
 (Tha e 'dol agus a' seasamh fo 'n chrann-teile, tha 'n t-ubhal air a chur air a cheann).
- MELCHDAL**—Cìod? An coimhlionar fo na suilean againn  
 Euccoir cho gailbheach? C'ar son a rinn sinn boidean?
- STAUFFACHER**—Tha sin an diomhain. Cha 'n 'eil airm againn;  
 Nach fàic thu coill de lannan timchioll oirnn.  
 Dia 'thoirt na aitheanais choibh-san a chomhairlich dail!
- GESSLER** (ri Tell)—Gu d' obair. Ma bhios duine 'caitheamh airm  
 Cha 'n ann an diomhain. Tha e cunnartach  
 A bhi a' giulan inneal-bais mu 'n cuairt,  
 Tillidh an t-saighead air an duine 'thilg i.  
 Tha a' choir ard so 'tha 'n luchd-duthcha 'gabhail  
 A' tabhairt oilbheum do Ard-Thriath na tire,  
 Na caitheadh airm ach neach a strìochdas dhasan.  
 Bha thusa 'gabhail tlachd 'am bogha saighead,  
 Ro-mhaith, ball-cuimse taghaidh mise dhuit.
- TELL** (a' tarraing a bhogha agus a' cur saighead air)—  
 Fosglaidh dhomh slighe! Aite dhomh!
- STAUFFACHER**—Cìod, Tell? Gu brath cha 'n fheuch—Tha thu air bhall-chrith  
 Cho luath ri duilleig, tha do lamh a' crith'  
 'S do ghluinnean mar gu'm failnicheadh iad fodhad —
- TELL** (a' leigeil leis a' bhogha sleamhnachadh a sìos)—  
 Tha 'h-uile ni a' snamh air thoiseach orm.
- NA MNATHAN**—A Fhreasdail chothromaich!  
**TELL** (ris a' Bhaillidh)—Na cuiribh chuige mi

Gu'm shaighead a thilgeadh. Sin dhuibh mo chridhe!

(Tha e a' rusgadh a bhroillich).

Gairmibh 'ur marcaichean gu 'm sgath a sios!

GESSLER—Cha 'n i do bheatha idir a tha 'dhith orin.

Bu mhaith leam dearbhadh air do chuimse fhaicinn.

Ni thusa 'h-uile rud, cha mheataich dad thu,  
Glacaidh tu 'n stiuir cho ealamh ris a' bhogha;  
Cha chuir a' ghaillion oillt ort, ma bhios duine  
Ri theasragainn. Cuidich thu fein a nis,  
'husa n theasraigeas cho deas dream eile!

(Tha Tell a seasamh ann an spairn eagallach, a lamhan ag oibreachadh agus a shuilean a' tionndadh aig aon am le feirg, a dh' ionnsuidh Gessler, aig an am eile, le durachd, a suas gu neamh. Ann am prìoba na sul, tha e a' glacadh a bhalg-shaighead, a' tarruing an dara saighead as, agus 'ga chur ann a chrìos. Tha 'm Bailidh a' gabhail beachd air a h-uile car).

BHALTER (fo 'n chraoibh-teile)—Athair, nach tilg sibh! Cha 'n 'eil eagal orm!

TELL—Feumaidh e 'bhi!

(Tha e a' tighinn g' a ionnsuidh fein agus a' deanamh deas a bhogha gu tarruing).

RUDENTS (a bha fad na h-uine fo ghluasad-inntinn cho dian gur gann a bha e a' cumail air fein)—

'Uachdarain, tha 'n t-am

Nach cuireadh sibh a' chuis na 's fhaid' air adhart,

Cha dean sibh e—Cha robh ach dearbhadh ann—

Ruig sibh 'ur crìoch—Oir thig a' ghairge gearr Air a' chrich cheart ma theid i tuille 's fada.

Ma bhios an t-sreang ro-theann brisear an bogha,

An uair 'is teinne 'n 'gad 's ann 'bhrisear e.

GESSLER—Bi thus' ad thosd gus an teid bruidhinn riut.

RUDENTS—Feumaidh mi labhairt! Feudaidh mi a dheanamh!

Onoir an Iompaire tha luachmhor leam,

'S e fuath a choisneas riaghladh mar so dha.

Cha 'n i so toil an Rìgh, tha mise fiosraich—

Cha toil mo shluagh a leithid so de liodairt,  
Agus cha'n 'eil lan-choir agaibh 'thoirt dhoibh.

GESSLER—Seadh! Tha thu dalma!

RUDENTS—Bha mi ann am thosd

A' gabhail ealla ris gach gnìomh an-ìochd mhor,

Dhuin mi mo shuilean air na bha mi 'faicinn,

Mo chridhe goirt, le corruich a' cur thairis,

- B' fheudar gu teann a ghlasadh ann am  
bhroilleach;  
Ach b' e neo-dhìlseachd a bhiodh ann do 'm  
duthaich,  
Agus do 'n Iompaire 'bhi 'm thosd na 's fhaide.  
BERTA ('ga tilgeadh fein eadar e agus Gessler)—  
Cuiridh tu 'n duine cuthaich sin air bainidh!  
RUDENTS—Threig mi mo chinneadh, thionndaidh  
mi mo chulaobh  
Riusan a tha dh'aon fhuil rium, thilg mi  
dhiom  
Gach cheangal naduir, a chum sibhs' a leannt-  
uinn—  
Chreid mi gur i a' chuid a b' fhearr a rinn mi  
Ann a bhi daingneachadh cumhachd an Rìgh—  
Tha nis an sgail air tuiteam o mo shuilean—  
Le uamhas chi mi 'n slochd air thoisich orm,  
Mo thuirge gearr-sheallach thug sibh air  
seachran  
Mheall sibh mo chridhe earbsach—Bha mi  
air ti  
Mo shlugh a sgrios, fo dhurachd maith a  
dheanamh.  
GESSLER—A leithid de ladarnachd ri d' Thriath,  
'dhuin' oig?  
RUDENTS—'S e 'n t-Iompaire mo thighearna,  
cha sibhse—  
Rugadh cho saor ribh fein mi, neo-air-thaing  
Mur 'eil co-inbhe agam ribh mar Ridir.  
Mur bitheadh sibh 'an so 'an ainm an Rìgh  
D' an toir mi urram, ged a bheirear masladh  
'N 'ur riochd-sa air, thilginn a sìos a' mheatag  
Mur coinneamh, agus bhiodh e oirbh mar  
fhiachadh  
Freagairt a thabhairt a reir gnath nan Ridir.  
Seadh, smeidibh air bhur marcaichean—Cha  
'n 'eil  
Mise an so mar iadsan—  
(A' sìneadh a laimh a chuman t-sluaigh)—  
Gun bhall-arn  
Tha claidheamh agam, ma thig neach 'g an  
choir —  
STAUFFACHER (a' toirt glaoidh)—Tha 'n t-ubhal  
air tuiteam!  
(Am feadh a bha aghaidh a h-uile duine air a  
thionndadh ris an taobh so, agus a thilg Berta i  
fein eadar Rudents agus an t-Uachdaran, tha  
Tell air an t-saighead a thilgeadh).  
RAOSSELMAN—Tha 'n giullan beo!  
MORAN GHUTHANNA—Dh' amais e air an ubhal!  
(Tha Bhalter Furst gu tuiteam ann an  
laigse, Berta a' cumail taice ris).  
GESSLER (le iongnadh)—Ciod! An do thilg e  
air? An t-uamhas duine!

BERTA—Tha 'm balachan beo ! Thigibh d' ur n-ionn-uidh fein !

BHALTER TELL (a' tighinn 'na leum leis an ubhal)—

Athair, so an t-ubhal ! Nach robh fhios agam Nach leonadh sibh gu brath 'ur balachan fein.

(Tha Tell ag aomadh air adhart mar gu'n robh a shuilean fathast a' leanachd na saighde—tha a chrois-bhogha a' sleamhnachadh gu lar—an uair a tha e 'faicinn a bhalachain a' tighinn tha e a' greasad 'na chomhail le gairdeannan fosgailte, agus air dha a thogail tha e 'g a phasgadh gu teann ri 'bhroilleach ; tha e an sin a' call a neart agus gu tuiteam ann an laigse. Tha cridhe a h-uile duine mu 'n cuairt air a ghluasad).

BERTA—Gu 'n sealladh Trocair oirnn !

BHALTER FURST (ri Tell agus a ghiullan)—

Mo chlann ! mo chlann !

STAUFFACHER—Moladh gu'n robh do Dhia !

LEUTOLD—B' i sin an urchair !

Theid iomradh oirre gu linn mu dheireadh 'n t-saoghail.

RUDOLF—Theid sgeul a dheanamh air an t-sealgair Tell

Fhad 's a bhios beinn a' seasamh air a bunait.

(Tha e a' sineadh an ubbail do 'n Uachdaran).

GESSLER—Air m' fhacal, air a sgoltadh roimh 'n teis-meadhoin !

Sar obair chuims' da-rìreadh, bheir mi 'chliudha.

RAOSSELMAN—Tha 'n urchair taghta, ach an-aoibhinn dhasan

A dh' fhoirn air adbart Tell gu Dia a bhuaireadh !

STAUFFACHER—'Tell, thig g' ad dh' ionnsuidh fein, seas air do chasan,

Gu duinell dh' fhuasgail thu thu fein, 's a nis Gu saor 's gun dochann faodaidh tu dol dachaidh.

RAOSSELMAN—Tiugainn, a's thoir air ais do 'n mhathair a mac !

(Tha iad a' feuchainn a thoirt air falhh leo).

GESSLER—'Tell, eisd rium !

TELL (a' tilleadh)—Cìod, a mhaighstir, a bu mhaith leibh ?

GESSLER—Chuir thu 'am falach saighead eil' ad chrios—

Seadh, chunnaic mi gu maith thu ! C'ar son a bha i ?

TELL (fo amhludh)—Tha sin 'na chleachd-uinn aig na sealgairean.

GESSLER—'Tell, cha n e sin a bh'ann, cha ghabh mi 'n fhreagairt ;

Bha rud-eiginn a thuilleadh ann ad bheachd ;

Abair an fhirinn ghlan ga saor a mach

A's ciod air bith e tha do bheatha cinnteach,

C'ar son a thug thu leat an dara saighead ?

TELL—Mata, a mhaighstir, o'n a rinn sib cinnteach,

Mo bheatha dhomh -bheir mi dhuibh brod na firinu.

(Tha e a' tarruing na saighde as a chrios, agus a shuil air a' Mhaor le sealladh eagallach).

Na'm biodh a' cheud te air mo leanabh a leon, Chuirinn an dara saighead troimh 'n chridh' agaibhse,

Air chinnt cha rachainn cearr 'an amas oirbhse.

GESSLER — Seadh, mata, 'Tell, gheall mi do bheatha dhuit,

M' fhacal mar Ridir thug mi, gleidhidh mi i—

Ach air do dbroch-run fhiosrachadh cho dearblta.

Togaidh mi leam thu, 's theid do ghleidheadh tearuint'

Far nach ruig grian no gealach ort na 's mo,

's bidh mise tearuint' o na saighdean agad.

Cuiribh 'an sas e 'Illean ! Ceanglaibh e !

(Tha iad a' ceangal Tell).

STAUFFACHER—Ciod, Uachdarain ! Ni sibh mar so ri duine

A rinn Lamh Dhe gu follaiseach a dhion ?

GESSLER—Chi sinn an saor I e an dara uair.

Thugaibh air bord mo bhat' e ; Leanaidh mi sibh

'Am prioba, bheir mi fein thun Cussnacht e.

RAOSSELMAN — Cha 'n 'eil a chridh' agaibh, eadhon an t-Iompair',

Cha'n 'eil a chridh' aige a leithid a dheanamh.

Tha sin an aghaidh ar litrichean-saorsa !

GESSLER—Ach c'ait' am bheil 'ur litrichean-saorsa ?

An d' rinn an t-Iompaire an daingneachadh ?

Cha d' rinn e 'n daingneachadh. Is ann tre umhlachd

A tha am fabhar so agaibh ii 'chosnadh.

Tha 'h-uile gin agaibh 'n 'ur ceannaircich

An aghaidh lagh an Rìgh, tha sibh a' fadadh

Ruintean an-dana ar-a-mach a dheanamh.

'S aithne dhomh sibh—tha mi a' faicinn troimh

A h-nìle h-aon agaibh gu soilleir—Eсан

Tha mi a' toirt an ceart-uair as bhur meadhon,

Ach tha sibh uile c'ireach cho maith ris-san.

Eсан 'tha glic 'n 'ur measg iounsuicheadh e

A theanga 'ghleidheadh, agus a bhi umhal.

(Tha e a' falbh, Berta, Rudents, Harras,  
agus na gillean 'ga leanutuinn,  
Friesshard agus Leutold a' fuireach  
air deireadh).

BHALTER FURST (ann an cradh geur cridhe)—

Tha e air falbh ; tha e an deigh cuir roimh',  
Mi fein agus mo theaghlach uile 'sgrios !

STAUFFACHER (ri Tell)—C'ar son a chuir thu 'm  
beisd cho fada chuige !

TELL—Am fear a dh' fnuiling cradh cho goirt ri  
'm chradh-sa

Ceannsaicheadh 'se e fein ma 's nrrainn e

STAUFFACHER—O, tha na h-uile gin againn 'an  
geimhlibh !

MUinntir - DUTHCHA (a' dluthachadh mu 'n  
cuairt air Tell)—

Ar dochas deirionnach tha cailte leatsa.

LEUTOLD (a' tighinn dluth)—'Tell, 's duilich leam  
—Acb feumaidh mi 'bhi umhal.

TELL—Mo bheannachd leihh !

BHALTER TELL (le briste-cridhe, a' cur a lamhan  
m' a mhuineal)—

O, m'athair ! M' athair laghach !

TELL (a' togail a laimh gu neamh)—'S ann shuas  
an sud 'tha d'athair ! Amhairc ris-san !

STAUFFACHER — 'Tell, nach 'eil guth agad ri  
chur gu d' mhnaoi ?

TELL (a' teannachadh a bhalachan ri 'uchd)—

Tha 'n giullan slan ; dhomhsa bheir Dia a  
chomhnadh.

(Tha e 'g a fhuasgladh feiu uapa gu grad  
agus a' leanachd an Luchd airm).

#### AN CEATHRAMH EARRANN. A' CHEUD ROINN

An Cladach air taohh an ear Loch-nan-ceithir  
—Siorramachdan—Coillteach. Tha sguirr agus  
stallachan cas an taohh an iar a' dunadh a stigh  
an t-seallaidh. Tha luasgadh air an Loch, tha  
srann na gaoithe, agus sloisreadh nan tonn a'  
dol na 's airde an drasda 's a rithis tha tein'-  
athair agus tairneanach ann.

Cuns o Ghersau, Iasgair agus a Bhalachan.

CUNS—Chunnaic mi e le 'm shuilean, creidihh  
mi,

Thachair e uile mar a dh' inn's mi dhuibh.

IASGAIR—Tell air a thoirt 'na phriosanach do  
Chussnacht,

An duine 'b' fhearr 's an tìr, an lamh 'bu treine  
Ach sinn a sheasadh, suas air son ar saorsa.

CUNS—Tha 'm Bailidh fhein 'g a thoirt leis thar  
an Loch,

Bha iad a' deanamh deas gu dol air hord

Air dhomh Fluelen fhagail ; ach ma dh' fhaoidte

Gu 'n d' rinn an stoirm, a tha gu bras ag eiridh,

'S a chuir mi fein, gun taing, an so air tir Mairneal a chur 'nan car nach d' fhuair iad seoladh.

IASGAIR—Tell ann an geimhlihh ann an laimh a' Mhaoir !

Theid a chur, creid mi, domhain gu leoir fodha Nach faic e solus geal an latha tuilleadh !

A chionn bidh geilt air-san a ruig cho goirt e, Roiuh a dhioghaltas ceart na 'm biodh e fuasgailte.

CUNS—Tha ar sean Riaghlair, cuideachd, chuala mi,

Triath Attinghausen, air a leaba-bhais.

IASGAIR—Bri ear mata ar n-acair dheireannach, Tha aige-san a mhain a chridh' a ghuth A thogail suas gu coir an t-sluaigh a thagradh.

CUNS—Tha 'ghaillionn air lan-uachdar fhaotainn ; slan leihh ;

Theid mis' a null do 'n Chlachan air son aoidheachd ;

Cha 'n 'eil maith smuainteachadh air falbh an diugh.

IASGAIR—Tha Tell an sas, tha 'm Baran maith a caochladh !

Togaidh Ainneart gu ladarna a ceann,

Tilgidh i nair a's naisneachd tur air chul ;

Tha beul na firinn a's a' cheartais halbh,

An t-suil gheur air a dalladh, an gairdean sin A bheireadh fuasgladh dhuinn 'an slahh-ruidhean !

AM BALACHAN—Tha e 'cur clach-mheallain throm. Thigihh a stigh

Do 'n hhothan, athair ; cha 'n 'eil comhfhurtachd

Fuireach 'an so 's an tigh cho fosgailte.

IASGAIR—Seidibh, a' ghaoithean ! Boillsgihh, a dhealanaich !

Sgoltaihh o cheile, 'neula ! Doirtihh a nuas A shruitehan neimh, cuiribh an tir fo dhilinn, Sgriosaih 's an eitein ginealach nach d' rugadh !

Gabhaibh, a dhuile horha, tighearnas ;

Tillibh air ais gu 'r dachaidh anns an fhasach

A mhangana, agus a mhadaidh-alluidh,

Is leibh an duthaich. Co againn le 'm b' aill

Fuireach as eugmhais saorsa anns an aite !

BALACHAN—Eisdibh ri goil a' chaoil, ri beuchd na cuairt-ghaoith,

Riamh cha rohh dairirich coltach ris 'sa ghlaic so



IASGAIR—Air ceann a leinibh fein cuimse a ghabhail,  
 Riamh roimh' cha deach orduchadh do athair?  
 Agus cha 'n eirich Nadur ann an corruich.  
 A suas 'n a aghaidh—O, cha ghabhainn iongnadh  
 Na stallachan sin fhaicinn thun an Loch  
 'Gan aomadh fein, na sguir ud shuas,  
 Baidealan reodht' na h-eigh, air nach do dhruigh  
 An t-aiteamh riamh o Là a chruthachaidh,  
 Bho 'm binnein ard a leaghadh mar a' cheir.  
 Na beanntan air an sgoltadh, na gleanntan ciar  
 'G am filleadh air a cheil', no tuil a sgrìos,  
 An dara uair, gach comhnuidh dhaoin' air thalamh!

(Tha gliongarsaich air a chluinntinn).

AM BALACHAN—Eisdibh, tha clag a' bualadh air an aoinidh.

Cinnteach tha iad a' faicinn bat' an cunnart,  
 'S tha 'n clag 'gan trusadh air son urnuigh 'dheanamh.

IASGAIR—Mo thruaigh, an long a th' air a sligh' an ceart-uair

'Ga tulgadh anns a' chreadhail ea gallaich so!  
 Stiuir cha dean feum a so, an stiuradair  
 Bithidh, e fein, fo cheannsal aig andoinnionn.  
 Cluichidh a' ghaoth's na tonnan leis an duine  
 Mar gu 'm bu chniota e—Am fad 's am fagus  
 Cha'n 'eil aon chamus anns am faigh e fasgadh!  
 Gu corrach doirbh, ag eiridh ard fa 'chomhair,  
 Tha creagan gruamach, air nach fosgail dorus,  
 A' togail aodann dur neo-bhaigheil ris.

AM BALACHAN (a' sealltuinn ris an laimh chli)—  
 Athair! Sin long a' tighinn a Fluelen!

IASGAIR—Dia a thoirt comhnadh do na daoine bochda!

Aon uair 's gu 'n glac a' chumhann so a' ghaillionn

Le cuthach sadaidh i mu'n cuairt s mu'n cuairt air,

Mar a ni leomhan, ann a gharradh iarunn  
 Casadh gun tamh, a's cath an aghaidh nan crann,

Aig sireadh doruis dha le beuchdaich dhìomha-

in;  
 A chionn tha balla ailbhinn thun an speur  
 'Ga druideadh air gach teobh 's a Bhealach so.

BALACHAN—Birlinn a' Mhaoir, 's i th' ann bho Uri, athair,

Faicibh an mullach dearg oirre, 's 'm bratach.

IASGAIR—A cheartais Dhe! 'S e fein a th' ann gu cinnteach.

An t-Uachdaran, a tha tighinn thar an aiseig—  
Sud e a' seoladh agus tha a chionta  
Aige 'ga giulan leis air bord na luinge!  
Fhuair gairdean diogh'ltais e a mach gu  
h-ealamh,

Tuigidh e gu bheil Uachdaran 's treise  
Thairis air fein a nis. Cha toir na tonnan  
Fear air a ghuth; agus cha chrom na creagan  
An ceann gu modhail ris an aid aige—  
A laochain, na dean urnuigh, na dean greim  
Air Laimh a' Bhreitheimh, gu bacadh a chur  
oirre!

AM BALACHAN—Cha 'n ann air son an Uachd-  
arain 'tha mi 'g urnuigh,

Ach air son Tell, a th' air an t-soitheach leis.

IASGAIR—Mo thruaigh, neo-reusantachd nan  
duilean dall!

A chionn nach feud *aon pheacach* faighinn as,  
An sgrios Thu 'n stiuradair comh 'ris an long?

AM BALACHAN—Faicibh, fhuair iad seach  
Buggisgrat gu tearuint'

Ach thilg a' ghaoth, a sheid a nuas cho laidir  
Bho 'n Chrannaig-dhuibh, air ais a rithid iad  
Gu Acsenberg. Cha 'n 'eil mi nis 'gam faicinn.

IASGAIR—Tha iad a' dluthachadh ris an Sgian-  
bhearnach,

Far am bheil uibhir bhataichean 'g am brise-  
adh,

Mur oibrich iad an long mu'n cuairt gu seolta  
Theid i 'na sgonabhagan aig Uisge-Flue

A tha a' ruith mar bheirm a stigh 's an Loch.

Tha 'n radha stiuradair air bord aca,

Na 'm b'urrainn duin' an teasraiginn, b' e  
Tell e;

Ach tha a lamh 's a ghairdean-san 'an geimh-  
lean.

Uilleam Tell leis a chrois-bhogha.

Tha e a' tighinn air adhart le ceuman ealamh,  
ag amharc mu 'n cuairt le iongantas agus a'  
nochdadh gu bheil fhaireachduinnean air an  
gluasad air an doigh 'is laidire. Tha e 'ga  
thilgeadh fein air an lar, le a lamhan sinte air  
an talamh agus an sin air an togail a suas gu  
neamh.

AM BALACHAN (a' toirt an aire dha)—Co 'm fear  
'tha sud, athair, a th' air a ghluinnean?

IASGAIR—Tha a lamhan ris an lar a' greimeach-  
adh

A's tha e mar gu 'm biodh e thar a bheachd.

AM BALACHAN (a' tighinn air adhart)—'De tha  
mi 'faicinn? Athair, thigibh an so!

IASGAIR (a' dluthachadh ris)—Co 'th' ann? A  
Thighearna Neimh! 'S e Tell a th' ann!

- Ciamar a thainig sibh an so? O, innsibh!
- AM BALACHAN—Nach robh sibh ceangailt' ac' air bord na birlinn?
- IASGAIR—Cha robh sibh air 'ur toirt air falbh do Chussnacht?
- TELL (ag amharc mu 'n cuairt air)—Fhuair mi dol as.
- IASGAIR's am BALACHAN—Dol as! O, miorbhuil Dhe!
- AM BALACHAN—Co as a fhuair sibh 'so?
- TELL—Fhuair as a' bhata.
- IASGAIR—Ciod?
- AM BALACHAN—C'aite 'bheil am Maor?
- TELL—Air bharr nan tonn.
- IASGAIR—Am bheil e comasach? Ach sibhse?
- Ciamar a fhuair sibh saor o gheimhlean a's o ghaillionn?
- TELL—Fhuair trid roimh-eolas grasmhor Dhe. Ach eisdihh!
- IASGAIR's am BALACHAN—O, innsibh, innsibh!
- TELL—Am bheil fios agaibh
- A h-uile ni mar 'thachair dhomh aig Altorf?
- IASGAIR—A h-uile car dheth, rachaibh air 'ur n-adhart.
- TELL—Gu 'n d' rinn am Maor mo chur an sas, 's mo cheangal,
- 'S gu 'n robh e los mo thoirt air falbh do Chussnacht?
- IASGAIR—'S gu 'n deachaidh e air bord leibh aig Fluelen,
- 'S aithne dhomh 'h-uile diog. Innsibh a nis Ciamar a fhuair sibh teicheadh as an t-saoitheach?
- TELL—Bha mi 's a bhat' am luidhe, ceangailte Le iallan teann, gun airm, air duil a thoirt A suas gu huileach. Cha robh fiughair agam Gu 'm faicinn, tuilleadh, solus aoibhinn latha No aghaidh chaoimh mo cheile, a's mo chloinne,
- 'S le mulad sheall mi air an fhonn mu'n cuairt domh —
- IASGAIR—A dh-nine thruaigh!
- TELL—Sheol sinn mar sin, air falbh,
- Am Maor, Rudolf o Harras a's na gillean. Ach bha mo bhogh-sa, leis a' bhalg-shaighead, Shios anns an deireadh, direach aig an stiuir. 'S air dhuinn tighinn thun na glaise sin troimh 'm bheil
- An Acsen-bheag a' ruith, aig ordugh Freasdail Bhris oirnn, a nuas o achlais chiar a Ghotaird, Doinnionn cho mhortach, ghabhaidh, a dalladh oirnn
- Gu 'n d' fhailnich cridhe gach fear-stluir a bh' againn,

S shaoil sinn gu'n robh sinn uile ri dol fodha.  
 Chuaia mi 'n sin h-aon de na seirbheisich,  
 A tionndadh ris a Mhaoir, 's ag radhainn ris :  
 A mhaghstir, tha sibh 'toirt fainear na h-eiginn  
 'S am bheil sibh fein a's sinne, gu bheil sinn  
 Thar bruach na siorruidheachd air a's dheth  
 'gar n-iomain ;

Tha 'n sgioba air an ciall a chall le h-eagal,  
 'S a thuilleadh air a sin, cha'n 'eil iad eolach—  
 Ach, feuchaibh, is duine laidir Uilleam Tell,  
 Agus is aithne dasan bat' a stiuradh—  
 'De theireadh sibh a nis ri 'chur gu feum,  
 Gu comhnadh a thoirt dhuinn 'an am air  
 n-airc?

Thionndaidh am Maor rium—"Tell, na'm biodh  
 tu earbsach

Ar toirt gu sabhailt as a' ghaillionn so,  
 Bheirinn gu deonach dhìot na ceanglaichean  
 A's fhreagair mi—"Le comhnadh Dhe, a  
 mhaighstir,

Dh'earbainn 'ur toirt gu tearuint' as a so."

Fhuair mi, mar sin, cuidhteas de 'm chuibh-  
 richean ;

Ghlac mi an stiur 's chaidh sinn gu reidh air  
 adhart.

Ach bha mi 'siaradh daonnán thun na leth-  
 taobh,

Far an robh m' airm 'nan luidhe, 's bha 'mi  
 gleidheadh

Suil bhiorach, fad na h-uive, air a' bhruaich,  
 Gu leum a mach cho luath 's a gheibhinn  
 cothrom.

'S air toirt an aire dhomh do bhile creige

A bh' air sron chorrach, a ruith a mach 's an  
 Loch —

IASGAIR—Aig cas na h-Acsen-mhoir, 's aithne  
 dhomh i,

Ach cha do shaoil mi e bhi comasach—

Tha i cho cas—'leum oirre as a' bhata —

TELL—Dh'orduich mi do na balaich iad a dh'  
 iomram

Gu sgiobalta gu taobh na sroine ud

"An sin," ghlaoidh mi, "tha 'chuid a's miosa  
 thairis!"

Le sgriob chaidh sinn a stigh 's ruig sinn a  
 cliathaich ;

Ghuidh mi gras Dhe 'bhi leam, uile spionnadh  
 m'anma

Chuir mi 's gach feith a's cuisle, deireadh a'  
 bhata

Dhinn mi cho teann 's a ghabhadh ris a'  
 chreig,

Sgiab mi leam m' airm, thug mi 'n duibh-leum  
 ud thairis,

- 'S le stailceadh garbh de m' chois 'an coir mo  
chuil,  
Shleamhnaich an sgoth air ais do 'n choire  
ghoileach—  
Thilgadh i air na tonnan, ma 's toil Dhe e !  
Fhuair mise 'n so sabhailte as an stoirm,  
'S o chumhachd dhaoine-rud 'is miosa fathast.
- IASGAIR—'Tell, tha an Tighearna air miorbhuil  
shoillear  
Oibreachadh air do shon ; cha 'n urrainn mi  
Fathast ach gann mo shuilean fein a chreid-  
sinn—  
Ach, abair, c'aite 'bheil thu 'dol a nis ?  
Tearuinteachd cha bhi ann dhuit anns a'  
chearn so  
Aon uair 's gu 'm faigh am Maor slan as a'  
ghaillinn
- TELL—Chuala mi e ag radh ri cuideiginn,  
'Nuair bha mi 'm shineadh ceangailte 's a  
bhata,  
Gu 'n robh e toileach dol air tir aig Brunnen,  
Agus mo thoirt thar Suits do 'n daingneach  
aige.
- IASGAIR—An ann air tir a theid e fad an rathaid ?  
TELL—'S e sin a bheachd.
- IASGAIR—Folaich thu fein, mata,  
Gun dail, a chionn cha dean am Freasdal  
Do chuideachadh an dara uair o 'laimh.
- TELL—Seol dhomh an t-ath-ghoirid thun Arth  
a's Cussnacht.
- IASGAIR—Tha 'n rathad-mor a' dol thar Arth a's  
Steinen,  
Ach tha sligh' eil' is uaigneiche 's 'is giorra  
Thar Lobherts, seolaidh 'n giullan agam  
dhuit i.
- TELL (a' beirsinn air laimh air)—Dia a thoirt  
paigheadh dhuit. Mo beannachd leat.  
(Tha e a' fhalbh, agus a' tilleadh air ais).  
Nach robh thu aig an Rutli comb'ri cach ?  
Tha leam gu'n deachaidh d'ainm-sa ainmeach-  
adh.
- IASGAIR—Bha mi an sin, a's ghabh mi orm na  
boidean.
- TELL—Nochd dhomh an caoimhneas so mata ;  
gun teid thu  
Gu Burglen ; tha mo bhean gu truagh inu 'm  
dheighinn,  
Inn's dh' i gu bheil mi tearuinte, 's am falach.
- IASGAIR—Ach c'ait' an abair mi 'tha sibh a'  
teicheadh.
- TELL—Gheibh thu m' athair-ceile leatha, 's  
feadhain eile  
A chaidh fo bhoidean combhla aig an Rutli—  
Biodh iad 'am misneach mhaith, a's biodh  
iad tapaidh,

Tha gairdean Tell 'na chomas fein a rithis ;  
Cha 'n fhad ach gus an cluinn iad tuilleadh  
umam.

IASGAIR—'D e tha 'n 'ur beachd? Innsibh gu  
saor dhomh e.

TELL—Aon uair 's gu bheil e deanta gheibh  
sibh fios air.

IASGAIR—Cuir air an t-sligh' e, 'Ienni—Dia  
'dhol leis!

Bheir e gu crich an rud a chuir e roimhe.  
(Tha iad a' falbh).

A' CEATHRAMH EARRANN. AN DARA ROINN.  
Aros Attinghausen.

Am Baran 'na luidhe air beinge mhor, a  
faotainn a bhais. Bhalter Furst, Stauffacher,  
Melchdal, agus Baumgarten a' frithealadh dha.  
Bhalter Tell air a ghluinnean laimh ris.

BHALTER FURST—Tha a chrioch air tighinn,  
tha e seachad leis.

STAUFFACHER—Tha leam-sa nach e coltas bais  
a th' air—

Seall, tha an iteag air a bhile 'gluasad.

Tha 'chadal ciuin 's tha aoigh thairis air  
'aodann.

(Tha Baumgarten a' dol thun an doruis  
agus a' bruidhinn ri cuideiginn).

FURST (ri Baumgarten)—Co th' ann?

BAUMGARTEN—Bean Uilleam. Deanaibh guth  
rithe;

Tha toil aice an giullan fhaicinn cuideachd.

BHALTER FURST—An urrainn domhsa combh-  
fhurtachd a thoirt dh' i?

Am bheil e agam fein? Nach 'eil gach doruinn  
'Sa bheatha so 'ga charnadh air mo cheann?

HEDBHIG (a' pucadh a stigh)—C'aite 'bheil mo  
leanabh? Leigibh leam,

Feumadh mi fhaicinn —

STAUFFACHER—Cumaibh oirbh fein, a bhean!  
Cuimhnichibh gur e tigh a' bhais 's am bheil  
sinn —

HEDBHIG (ga tilgeadh fein air muineal a' bhal-  
achain)—Mo Bhalti fhein! A's tha thu beo  
agam!

BHALTER (a' cur a lamhan timchioll oire)—Mo  
mhathair bhochd!

HEDBHIG—Am bheil an fhirinn ann?

Nach d' thainig ni ruit?

(Ag amharc gu durachdach air).

'S a' bheil e comasach

Am b' urrainn e da rìreadh feuchainn ort?'

Ciamar a b' urrainn e? O, cha'n 'eil cridh' aige,

Air ceann a leinibh fein saighead a thilgeadh !  
**BHALTER FURST**—Rinn e le goimh e a hha  
 'fasgadh anma.

Gun a' harrach a'ig' air, h'e pris a bheath' e.

**HEDBHIG**—O, na 'n robh cridhe athar ann a  
 chom,

Mu'n deanamh e a leithid sinn de gnìomh  
 B'e 'm bas a roghnaicheadh e mìle uair !

**STAUFFACHER**—Bu choir dhuibh freasdal gras-  
 mhor De 'a mholadh,

A threoraich e cho maith —

**HEDBHIG**—An urrainn domh-sa

A dhi-chuimhneachadh mar a dh'fhaodadh  
 tachairt !

O, ged a bhithinn beo gu ceithir-fichead

Cha tig an latha 'leigeas mi a'm shuil e—

Am paisde chi mi 'chaoidh 'na sheasamh  
 ceangailt'

A's athair leis a bhogha a tarruing air.

**MELCHDAL**—A bhean, am fios duibh mar a ruig  
 am Maor e ?

**HEDBHIG**—O, cridhe garg nam fear ! Ma theid  
 'ur n-uabhar

A ghortachadh cha'n fhiuleibh ni 'na dheigh ;  
 'N 'ur corruich dhail, iobraidh sibh auns a  
 chleas

Cridhe na mathar agus ceann an leinibh !

**BAUMGARTEN**—Nach cruaidh gu leoir leibh cor  
 an duin' agaibh

Gun tuilleadh a chur ris le trod, 's cur-  
 ionchoir ?

Nach 'eil smuaint' idir air a dheuchainn-san ?

**HEDBHIG** (a tionndadh agus a spleuchdadh air)—

Nach 'eil ach deoir ri thairgse agad-sa

'S do charaid ann an cas ? C'ait' an robh thusa

An uair a cheangail iad an sar le iallan ?

C'aite an robh do chomhnadh-sa an sin ?

Gu socrach ghabh thu ealla ri do charaid

'G a ghiulan as 'ur measg—Am h' ann mar sin

A laimhsich Tell 's na cuisean agadsa ?

Seadh, an do sheas e a 'cur dheth, 's a bron

An uair a bha luchd-eich a Mhaoir ad dheigh,

'S air thoiseach ort an Loch, an caoir, a beachd-

aich ?

Cha b' ann le deura faoin a ghabh e truas  
 dhìot,

A stigh de'n h'hata leum e, cha rohh guth air

A bhean no 'chlain, a's thug e fuasgladh  
 dhuit —

**BHALTER FURST**—Cìod a bha ann ar comas-ne  
 a dheanamh

Gu 'thoirt c'n lamhan—aireamh cho beag

dhinn ann,

Agus as eugmhais airm ?

HEDBHIG ('ga tilgeadh fein air a bhroilleach)—  
O, m' athair bechd!

Agus tha sibhse, cuideachd, air a chall!  
'S an tìr gu h-ìomlan, chaill sinn e air fad!  
Tha e 'na dhith dhuinn uile; ochan mise,  
Tha sinne 'dhith air-san! Dia 'ga neartachadh,  
Nach faigh eu-dochas aite ann a chridhe!  
Caomhneas aon charaid beo cha ruig am feasd  
A sìos d'a ionnsuidh 'n iochdar dubh an  
daingnich—

Na 'm fasadh e gu tinn! O, 's cinnteach e!  
Bheir duhhra tais a phrìosain trioblaid air;  
Mar fhraoch nan cruach, a chailleas dath a's  
dreach

Ma theid a thoirt o'n bhruaich 's a chur 's an  
uinneig

Cha tig e beo ach ann an suil na grein,  
Ag ol mar iocshlaint anail ghlan nam fuar-  
bheann.

Esan 'an geimhlean! 'S i 'n t-saorsa anail  
anma,

Cha'n fhan e beo 'an tochar nan toll-dubh ud!

STAUFFACHER—Na gabh cho bras e. Ni sinn  
uil' ar dìchioll

Gu a phrìosan fhosgladh dha.

HEDBHIG—Cìod a ni sibhse, a's gun esan agaibh?

Bha dochas ann fhad' sa bha Tell aig saorsa,  
An sin bhà caraid aig an neo-chionta.

'S Fear-comhnaidh aige-san a dh' fhuiling  
ainneart,

Bheireadh Tell fuasgladh do gach aon agaibh,  
Cha d' thug sibh uile comhladh fuasgladh  
dhasan!

BAUMGARTEN—Cuisdibh! Tha e 'toirt carach-  
adh air fein.

ATTINGHAUSEN (a suidhe suas)—C'ait' am bheil  
e?

STAUFFACHER—Co?

ATTINGHAUSEN—Tha e g' am dhiobradh,

G'am threigsinn aig a mhionaid dheirionnach!

STAUFFACHER—'S e 'm fear og a tha 'na bheachd  
—an deachaidh fìos air?

BHALTER FURST—Chaidh cur g'a iarruidh—  
Glacaibh comhfhurtachd,

Fhuair e aithn' air a chridhe, is leinn fein e.

ATTINGHAUSEN—Bhruidhinn e suas, thuirt sibh,  
air son a dhuthcha?

STAUFFACHER—Le geire ghaisgeil.

ATTINGHAUSEN—C'arson nach 'eil e 'tighinn

'S gu'n toirinn dha mo bheannachd dheirionnach?

Tha mi a faireachduinn na criche dluth.

STAUFFACHER—Ni h-eadh, a mhaighstir uasail,  
rìnn an cadal



- Bhur n-urachadh, a's tha 'ur sealladh beo-  
thail.
- ATTINGHAUSEN—Far am bheil cradh tha beatha,  
dh' fhag an cradh mi,  
Tha m' amhghar air dol seachad, mar mo  
dhochas,  
(Tha e a' toirt an aire do 'n bhalachan)  
Co leis an giullan ?
- BHALTER FURST—Thugaibh 'ur beannachd dha !  
'S e m' ogha e, a's tha e 'nis gun athair.  
(Tha Hedbhig agus am balachan a tuiteam  
air an gluinean fa chomhair an t-sean-  
duine .
- ATTINGHAUSEN—'N 'ur dileachdain tha mi 'g 'ur  
fagail uile,  
A h-nile gin agaibh—Mo thruaighe mi,  
Gur h-e an sealladh deirionnach air thalamh  
A fhuair mo shuil, mo dhuthaich a' dol fodha !  
Lan chricl mo bhliadhn' a ruigeachd, agus leo  
Gach dochas ait a' dol a sios do'n uaigh leam !
- STAUFFACHER (ri Bhalter Furst)—An leig sinn  
falbh leis anns a mhulad throm so ?  
Soillsicheamaid uair dheirionnach a bheatha  
Le dealradh blath ar dochais—Air Triath  
ionmhuinn,  
Togaibh a suas 'ur n-inntinn ! Oir cha'n 'eil  
sinn  
Gu buileach air ar treigsinn, na cho cailte  
Nach faodar fathast fuasgladh fhaotainn leinn
- ATTINGHAUSEN—Co a bheir fuasgladh dhuibh ?
- BHALTER FURST—Ar lamhan fein.  
Eisdibh ! Tha na tri duthchanna air cordadh  
Gu'n cuidich iad gu h-iomlan an luchd-foir-  
neirt,  
Tha 'n cumhnant naisgte ; thug sinn boid d'a  
cheile.  
Mu'n toisich cursa na bliadhn'-uir air ruith,  
Thatar ri dol, le dluigh, au taic na h-oibre,  
Gabhaidh bhur duslach fois 'an duthaich  
shaor.
- ATTINGHAUSEN—O, 'bheil a cho-bhoinn air a  
co-dhunadh ?
- MELCHDAL—Eiridh na tri duthchanna le cheile  
air an aon latha ; tha sinn uile deas,  
Chaidh ar run-diomhair—gus a nis co-dhiu—  
A ghleidheadh gu math uaigneach. Tha an  
grund  
Fo chasan an luchd-foirneirt, cosach, feallsa,  
Lathan an riaghlaidh tha air an aireamh,  
Cha'n fhaighear lorg 's an tir dhiu, 'n uine  
ghoirid.
- ATTINGHAUSEN—Ciod mu na daingnichean a th'  
anns an duthaich ?

MELCHDAL—Air an aon latha tuitidh iad air fad.

ATTINGHAUSEN—Am bheil na h-uaislean leibh anns a cho-bhoinn so?

STAUFFACHER—Tha fiughair againn ri an comhnadh-san

Ma thachras gu'n tig feum air. Gus a nis

Is iad an Tuath a mhain a ghabh na boidean.

ATTINGHAUSEN—An d' rinn an Tuath a leithid sin do ghniomh

A ghabhail orra fein gun chomhnadh uaislean, 'Bheil uibhir mhuinghin aig an t-shluagh 'nan neart fein?

Faodaidh sinn triall a sios do 'n uaigh gu soisneach,

Mairidh an sluagh 'n ar deigh—tre bhuidhean ura

Maise na Daonnachd cumar ar a h-adhart.

(Tha e a leagadh a lamh air ceann a bhalachain, a tha air a ghluinean fa 'chomhair).

O d' cheann-sa, 'ruin, air an do sheas an t-ubhal,

Brisidh a mach gu h-urair saors' is airde;

Thuit na seann nithe, tha an linn air caochladh,

Tha beatha nuadh ag eiridh air an laraich.

STAUFFACHER (ri Bhalter Furst)—Faic thus' an t-soills' tha dearsadh as a shuil,

Cha'n e sin smaladh Naduir, a' dol as,

Ach briseadh faire beatha nuadh ag eiridh.

ATTINGHAUSEN—Bho an sean chaistealan cromaidh an uaisle 'nuas,

Le luchd nam bailtean theid i 'an co-bhoinn, Oibrichidh iad maith a cheile laimh air laimh;

'An Uechtland cheanna thoisich sin, 's 'an Turgau,

Bearn uasal tha a togail a ceann fathail,

Freiburg, is baile dìongmhalt dhaoine saor i,

Tha Zurich smiorail air a cuideachdan

A chur fo airm, mar fheachd air son a chath,

An aghaidh neart nam ballan bith-bhuan aca Cumbachd nan Rìghre brisear ann 'na bhloighdean.

(Tha e a labhairt nam briathran a leanas mar aon a faicinn taisbein, a ghuth ag eiridh mar aon air a dheachdadh le spiorad faistneachd).

Chi mi na Prionnsaichean, 's na Tighearnan, A tearnadh ann an acfhuinn-cogaidh greadhnach

Gu cath le Pobull neo-choireach nan Aireach. Theid beatha 's bas gu dulan anns a chomhstri,

Theld ioma Bealach 's Gleann a dheanamh  
glormhor

Tre ainm nam blara fuilteach 'theid a chur.  
Tilgidh 'm Fear-duthch 'e fein, le broilieach  
ruisgte,  
An aghaidh barr nan sleagh, mar iobairt  
shaor!

Brisidh e iad, a's tuitidh blath na h-uaisle,  
Togaidh, le caithream-buadh, an t-saors' a  
bratach.

(A' deanamh greim air laimh Bhalter  
Furst agus Stauffacher).

Seasaibh, mar sin, gu dluth ri aon a cheile—  
Gu teann 's gu bith-bhuan—na biodh cearna  
saor

Coimheach no doichiollach ri cearna eile—  
Cuiribh luchd-faire air na beanntan agaibh,  
A chum gu'n aon, 's gu'n tionail iad gu  
h-ealamh

Na cuideachdean fa leth a tha 'n co-bhoinn—  
Bithibh aointe—aointe—aointe.

Tha e a tuiteamh air ais air a chluas aig—na  
lamhan aige fathast, anns a bhas, a gleidheadh  
greim air lanhan a dha charaid. Tha Furst  
agus Stauffacher ag amharc air fad uine, 'n an  
tosd; tha iad an sin 'ga leigeadh as, agus a  
tionndadh air falbh o 'n chuideachd, gu am  
bron a leigeadh a mach. Tha na seirbheisich a  
trusadh a stigh gu tosdach, agus a dluthachadh  
ris, le mulad agus cradh-cridhe air gach aghaidh;  
tha cuid dhiubh a' dol air an gluinean, a beirsinn  
air a laimh agus 'ga pogadh. Am feadh a tha  
so a' dol air adhart, tha clag a bhaile a' bualadh.

Rudents, rusan air an ainmeachadh gu h-ard.

RUDENTS (a tighinn a stigh le cabhaig)—

A' bheil e 'lathair? An urraion da mo  
chluinntinn?

BHALTER FURST (fathast le 'aghaidh air a  
tionndadh air falbh, agus le a laimh a  
comharrachadh a mach mar a bha a chuis)—

Is sibhse 'nis ar Tighearn' 's ar Fear-dion.

Tha'n oighreachd so a nis fo ainm eile.

RUDENTS (a' toirt an aire do 'n chorp, agus a  
seasamh, air a ghlacadh le cradh goirt  
cridhe)—O, saoil an d'thainig m' aithreachas  
cho anmoch

'S nach dean e math dha?—O, a Thighearna  
mhaith,

Nach fhaodadh e 'bhith air a cheadachadh  
A chuisle a thoirt buille na dha 'thuilleadh,

Gu 'chumail beo ach gus am faiceadh e

An t-atharrachadh a thainig air mo chridhe?

Rinn mise dimeas air a bhriathra dileas.

- Am feadh a bha e 'siubhal anns an t-solus—  
 Dh' fhalbh e a nis, dh' fhalbh e gu sìorruidh uam,  
 'S an dleasnas so mar fhiachadh orm neo-dhiolta?—  
 O, innsibh dhomh! An d' fhalbh e ann am feigr rium?
- STAUFFACHER**—A' caochladh, fhuair e fios air mar a rinn sibh,  
 Bhur misneach ann an labhairt bheannaich e.
- RUDENTS** (a' dol air a ghluinean lamh ris an t-seann duine mharbh)—  
 Seadh fhir-mo-chridhe! Laimh ri d' dhustlach beannaicht',  
 Do'n chre gun deo tha mi a tabhairt m'fhacail  
 Le d' laimh fhuair, ghaolaich paisgte ann am laimh-sa  
 Reub mi o m'anam cuibhrichean a choisgrich;  
 Air m' aiseag tha mi do mo shluagh 's do m' Dhuthaich,  
 O so a mach gu brath cha'n 'eil, 's cha bhi mi Ach ann am Suisseach eadar chorp a's anam—  
 (Ag eiridh)—Tha sibh a caoidh 'ur caraid, athair gach aon—  
 Ach ged a tha, na cailleadh h-aon a mhisneach;  
 Cha'n i an oighreachd aige 'mhain a thuit orin,  
 Tha 'n spiorad aige 'tuirling orm a nuas,  
 Tha 'chridhe annam, bheir mi treise m' oige  
 A chum na h-oibre sin a choimhlionadh  
 Nach ruigeadh aois-san air, ged a bu mhath leis.  
 Aithriche coir, thugaibh, gach aon, 'ur lamh dhomh!  
 Melchdal, bheir thusa dhomh do thè-sa cuideachd!  
 O, smuaintich ort—Na tionndaidh uam air falbh!  
 Gabh ri mo mhionnan, gabh ri m' bhoidean dileas.
- BLALTER FURST**—Thoir dha do lamh. Tha aithreachas a chridhe  
 A toilltinn gu'm biodh muinghin againn ann.
- MELCHDAL**—Mar neo-ni mheasadh am fear-duthcha leibh  
 Abraibh, ciod ris am faod sinn amharc uaibh?
- RUDENTS**—Na cuimhnich ann am aghaidh mearachd m' oige!
- STAUFFACHER**—Bithibh aointe—b' e so facal deirionnach  
 Ar n-athair ionmhuinn—Gleidhibh e 'n ar cuimhne.
- MELCHDAL**—So dhuibh mo lamh? Biodh fhios agaibh, Fhir-uasail,  
 Gur fhiach crathadh do lamh an Tuathanaich

- Uibhir ri facal seasmhach duin' air bith.  
 — Ciod e an Ridir as ar n-eugmhais-ne?  
 Ar n-inbhe tha na 's sine na 'ur té-sa—
- RUDENTS**—Is measail leam i, 's dionaidh mi le m' shleagh i.
- MELCHDAL**—An gairdean sin a chiosnaicheas an talamh  
 Ge cruaidh i, 's a bheir oirre toradh 'ghiulan,  
 Foghnaidh a threi-e—le bhur cead, a Bharain,  
 Gu broilleach duine fein a dhion, gu smiorail.
- RUDENTS**—Ni sibhse mis' a dhion, a's mise sibhse,  
 Mar sin tre aon a cheille bidh sinn laidir.  
 Ach ciod am feum air bruidhinn, le ar duthaich  
 'Na cobhartach, fo fhoirneart teann a choig-  
 rich?  
 Aon uair 's gu'm faigh sinn saor an grunn d o naimhdean  
 Ni sinn, an sin, gach cuis a reiteachadb.  
 (An deigh dha fanachd samhach tiota).  
 Cha'n 'eil sibh a' toirt freagrachd? Ciod? nach  
 toil mi  
 Fathast gu 'n cuireadh sibh 'ur n-earbsa  
 annam?  
 'S fheudar, mata, a dheoin na 'dh' aindeoin  
 oirbh,  
 Mi fein fhoirneadh a stigh 'n 'ur ruintean  
 diomhair.  
 Cho-cruinnich sibh—Bhoidich sibh aig an  
 Rutli—  
 Tha fios agam—fios air gach ni a rinneadh.  
 An rud nach d' earb sibh rium ghleidh mi  
 dhomh fein  
 Mar urras coisrigte, gu dileas teann.  
 Cha robh mi riamh am namhaid do mo dhuthaich.  
 'S mise nach togadh lamh am feasd 'n a  
 h-aghaidh.  
 Ach 's olc a rinn sibh dail a chur 'n 'ur gnioimh,  
 Thuit Tell gu grad 'n a iobairt do 'ur mairneal.
- STAUFFACHER**—Ach mhionnaich sinn gu 'm  
 feitheamaid gu Nollaig.
- RUDENTS**—Cha robh mi leibh, cha mho a thug  
 mi boidean,  
 Ma dh' fheitheas sibhs' theid mis' an greim—
- MELCHDAL**—Ciod? Ni sibh—
- RUDENTS**—Mar aon de Aithriche na tire tha mi  
 A nis 'g am chunntas fein, 's i a cheud dleasnas  
 A tha mar fhiachadh orm sibhse a dhion.
- BHALTER FURST**—An duslach ionmhuinn so a  
 chur fo 'n uir,  
 'S i dleasdannas is dluithe oirbh 's is naoimhe.
- RUDENTS**—Aon uair 's gu'm faigheamaid an  
 duthaich saor

- Chrunamaid e, 's e air a chaisil-chro !  
 O, 'chairde ! Cha'n iad a mhain bhur cuisean-  
 sa  
 Ach m' fheadhain fhein air son am feumar  
 cath  
 An aghaidh fear an fhoirneirt—Thugaibh  
 eisdeachd !  
 Tha Berta agam air dol as an t-sealladh,  
 Gun fhios duinn chaidh a giulan as ar  
 meadhon,  
 Air falbh mar chreich aig ainneart ladarna !  
**STAUFFACHER**—Bha 'chridh' aig Gessler gniomh  
 cho ainneartach  
 Gun sgath a dheanamh air bean-ualasal shaor ?  
**RUDENTS**—Mo chairde ! Bba mi 'gealltuinn  
 duibh mo cromhnadh  
 Ach feumaidh mis' a thagradh uaibh an  
 toiseach.  
 Chaidh ise's ionmhuinn leam a spioladh m,  
 Co aig 'tha fios c'ait' an do cheil a Bheisd ,  
 No ciod an t-olc a dh'fhaodas tachairt dh i  
 Mu 'n lub a cridhe gu 'bhi air a chuibhreach  
 Le ceanglaichean a bhiodh 'n an grain leatha !  
 Na treigibh mi ; O, thugaibh dhomh 'ur  
 comhnadh  
 Gu ise 'theasragainn—Tha gaol aic' oirbh,  
 Thoill is' o 'n duthaich e, gu 'm biodh gach  
 gairdean  
 A tarruing, air a sgath, a chlaidheimh  
 ruisgte —  
**BHALTER FURST**—'De 'ghabhadh sibh fo 's  
 laimh ?  
**RUDENTS**—Cha 'n fhios domh ciod !  
 'S an dorchadas a tha 'g a folach uam.  
 'An goimh mo theagamh, 's m' eadar-chomh-  
 airle  
 Aon ni a mhain tha soilleir ann am inntinn—  
 O laraich bhriste cumhachd borb an fheir-  
 neirt—  
 A sin a mhain theid againn air a cladhach.  
 Gach daingneach leagamaid gu lar a sios,  
 Ach as a phrìosan bheir sinn i a nios.  
**MELCHDAL**—Air adhart leibh ! Leanaidh sinn  
 sibh gu deonach.  
 C' arson a dh'fhagamaid gus an la-maireach  
 A chuis a ghabhas coimhlionadh an diugh ?  
 Bha Tell aig saorsa 'n uair a bhoidich sinn  
 D'a cheile aig an Rutli, cha robh fathast  
 An tubaist chianail so air tachairt dha.  
 Tha feum na h-uair a tagradh riaghailt eile ;  
 Co 'tha cho meat' nach teid e 'n greim a nis !  
**RUDENTS**—Armaichibh sibh fein, biodh deas air  
 son na h-oibre  
 A chionn, na 's luaithe na a b' urrainn geola

Fir-gnothuich dol air sgeith, le sruth a's  
 soirbheas  
 Ruigidh d' ur n-ionnsuidh teachdaireachd ar  
 buaidh ;  
 Cho luath 's a chi sibh lasair air na beannta,  
 Tuitibh mar ghailiunn Geanbraidh air an  
 Namhaid,  
 Aitreabh an Fhoirneirt brisibh as a cheile.  
 [Tha iad a falbh.

AN CEATHRAMH EARRAINN. AN TREAS ROINN.

Bealach cumhann dluth air Cussnacht.

Tearnar o'n taobh cuil a nuas eadar creagan.  
 Tha luchd-turuis air am faicinn air a' bhruthach  
 fada mu'n tig iad am follais air an taobh beoil.  
 Tha creagan a' dunadh a stigh an t-seallaidh gu  
 h-iomlan ; air h-aon de na creagan a's faigse tha  
 bile air a chomhdachadh le preasan agus fas-  
 choille.

TELL (a'tighinn am follais leis a chrois-bhogha)—  
 Roimh'n bhealach chumhann so feumaidh e  
 tighinn !

Cha'n fhaigh e 'stigh do Chussnacht rathad  
 eile—

Bheir mi gu crìch a so e—Tha'n cothram  
 maith,

Cumaidh na preasan fearn mi as a shealladh,  
 O 'n tom so amais'dh mo shaighead air ;

Cuingead an rathaid cuiridh grabadh orra

Nach urrainn iad mo ruaig. Socruich do  
 chunntas

A nis, Gessler, le 'd Chruithfhear, oir tha agad  
 Ri gabhail romhad, ruith do ghloine 'mach.

Gu ciuin, neo-lochdach bha mo chaithe-  
 beatha—

Riamh cha do thionndaidh mi an t-saighead  
 agam

Ach ann an aghaidh beothaichean na coille,  
 Aon smuaint air mort cha d'thainig ann am  
 inntinn—

'S tusa 'chuir sganradh orm a nead na sìthe,  
 Gach boiune baigh a's caoimhneis a bha m  
 chom

Gu gambas thionndaidh thu, 's gu nimh na  
 nathrach ;

Ri uamhasan rinn thusa cleachdte mi—

Esan a ghabhadh cuims' air ceann a leinibh,  
 Air cridhe a Namh 's urrainn e amas cuid-  
 eachd.

Mò bhalachain bheag, na broin, mo bhean  
 mhath, dhileas.

'S fheadar an dìon o'd chorruch-sa, a Mhaoir !  
 An sud, an uair a tharruing mi an taifeid—

'S mo lamh air chrith, a's le toilinntinn  
 mhallaicht'

A thug thu orm a thionndadh air mo leanabh—  
 An uair a thraogh mo neart fo uamharr m'  
 amhghair,  
 A dh' asluich mi gu diomhain ort mo chaomh-  
 nadh,  
 Cheall mi dhomh fein le boidean uamhasach,  
 Nach cuala neach ach Dia air Neamh a mhain,  
 Gur e do chridhe-sa an ath bhall-cuimse  
 A leiginn urchair air. An rud a gheall mi  
 'S a chuir mi romham ann an uair na doruinn,  
 Is dlìghe naomh e, coimhlionaidh mi e.  
 Is tu mo Riaghlair, a's Maor mo Rìgh  
 Ach, an Rìgh fein, cha luathsaicheadh e  
 Eadhon dba fein an dol air adhart agads'.  
 Chuir e do'n tìr thu a chum breitheanais  
 A thoirt—gu cruaidh, oir tha e diombach  
 ruinu.

Cha b'ann a chum gu'n cuireadh tu an gnìomh  
 Gach droch-bheart ghraineil, le toilintinn  
 mhortach,

Gu tearuinte, gun pheannas a thigh'n ort ;  
 Tha Dia ann a bheir dioladh 's peanas goirt.  
 Thus' thug an deuchainn chruaidh orn, thig  
 a mach,

Mo stor thu 'nis, mo sheud is priseile—  
 Bheir mi ball-cuimse dhuit air nach do dhruigh  
 Riamh guidhe geur an amhghair gus a nis—  
 Ach fairtlìchidh air cur 'nad aghaidh-sa.  
 Agus mo thaifeid dhìleas, thusa cuideachd  
 A rinn deadh sheirbheis dhomh 's na cleasau  
 aoibhinn,

Na treig mi 's an da-rìreadh uamhasaich so !  
 Cum dìongmhalta do ghreim a nis, mo shreang  
 mhath,

A chuir cho bitheanta an t-saighead ghuineach  
 Air sgeith dhomh anns am a th'air dol seachad,  
 A chionn, mur ruig an te so crìdh' ar Namh  
 Cha'n 'eil te eil' ann air am faigh mi lamh.

(Tha luchd-turuis a' dol seachad, air an  
 rathad).

Felthidh mi air an aite-shuidhe chloiche  
 A th'air a chur a chum gu'm faigh luchd-turuis  
 An sgìos a leigeil tachdainn ann an so—  
 Tha 'h-uile duine riamh a' gabhail seachad  
 Air an duin' eile mar nach buineadh iad  
 De'n aon taobh-duthcha. Cha'n 'eil smid ga  
 labhairt,

Cha'n fharraid duine cìamar a theid dhuinn—  
 Tha 'n so a' gabhail seachd, am marsanta  
 Le curam ual'achte, am Fear-turuis  
 Gun mhorau air a dhruim no ann a spòrran,  
 Am manach crabhach, am Fear-reubainn  
 duaichnidh,



Fear aighearach nan cleas, Fear giulain  
 bathair  
 Le 'each trom-luchdaichte o thirean cein,  
 Oir bheir gach slighe sinn gu ceann an  
 t-saoghail.  
 Tha 'h-uile gin diuhh air a ghnothuch fein—  
 'S e am mort a' chuis 'tha mise as a dheigh!  
 Roimh so, 'n uair a hhiodh 'ur n-athair hho'n  
 tigh,  
 Mo laochain hheaga, thogadh sibhse iolach  
 Aig tilleadh dha; a chionn cha d' thain' e  
 riamh  
 Dhachaidh gun rud-eiginn a thoirt d' ur  
 n-ionnsuidh.  
 Ma dh' fheudte nach biodh ann ach fluran  
 boidheach,  
 No eun neo-chumanta, no saighead-shith—  
 Mar gheibhear air na cuic 'na uaireannan,  
 Tha 'shuil an drasd air creach nach ionann  
 idir,  
 Air taobh na slighe fhiadhaich tha e'feith-  
 eamh.  
 Le mort a' snamh 'na inntinn: 'S ann air son  
 Beatha an namhaid 'tha e ri feall-fho'ach.  
 Gidheadh 's ann cirbhse 'mhain a tha a  
 smuaintean,  
 Mar aig an am ud, tearnaidh e sibh fathast.  
 Gu 'r neo-chionta a dhion, a chlann bheag  
 laghach  
 Tairngidh e'n taifeid aig' air Fear-a-chuthaich!  
 Tha mi a' sealg air sithionn neo-chumanta,  
 An gabh an sealgair umhail ged a dh' fheumar  
 Fad lathan, ann an dubhagan a' Gheamhraidh  
 Seapadh mu'n cuairt, a' toirt duibh-leum an  
 uamhais  
 Bho chreag gu creag, a' streap ri sgorran corr-  
 ach,  
 'Ga ghlaoghadh fein gu tric le 'fhuil fein riu,  
 Gu earbag bhochd a ghlacadh: Tha 'an so  
 R'a chosnadh duais a's luachmhoire gu mor,  
 Cridhe an Namhaid sin a chuireadh as domh.  
 (Tha ceol iollagach air a chluinntinn fad  
 as, ach a' tighinn na 's dluithe).  
 Fad fionn mo hheatha lainhsich mi am hogha  
 A reir deadh chleachduinn sealgair a's fir-  
 builg,  
 Dh'ionnsuich mi 'h-uile doigh's an cleachdar e,  
 Chuir mi an t-saighead tric 'an suil na targaid,  
 'S ioma duais bhoidheach a thug mise dhach-  
 aidh  
 Bho chleasan aighearach. Ach tilgidh mi 'n  
 diugh  
 Urchair a chuireas crun orra gu h-iomlan  
 Agus a bhuidhneas dhomh an duais a's airde

A tha ri 'choisneadh ann an cuairt nan sliabh.

(Tha banais a' gabhail seachad, agus a' dol a suas troimh 'n Bhealach. Tha Tell a' gabhail beachd orra, a leigeil a chudthrom air a bhogha. Tha t' tussi, maor-coille, a' deanamh a suas ris).

STUSSI—'S e sin Clostermeier a Morlisachen  
A tha 'n a fhear-bainns' an diugh : Duine beartach,

Cha lugha na deich airidhean a th' aige  
Air feadh nan Alpen. Tha iad air an rathad  
A thoirt Bean-na bainns' a nall a Imisee  
'S ann aca 'bhios an roichd an nochd' an Cussnacht.

Tiugainn! Tha 'n cuireadh air a thoirt gu saor

Do h-uile duine coir a thogras tighinn.

TELL—Cha b' fheaird' a' bhanaid aoidh le inn-tinn throm.

STUSSI—Ma tha ni 'cur ort, tilg gu smachdail dhiot e!

Glac na thig ann ad rathad ; tha na h-amannan  
An ceart-uair cruaidh ; mar sin, bu choir do dhuine

Solas a ghabhail 'n uair a gheibh e 'n cothrom.  
An so tha banais, an sud tha tiodhlacadh.

TELL—'S tric 'bheir an darna h-aon mu 'n cuairt an t-aon eile

STUSSI—'S e doigh an t-saoghail e. Tha driod-fhertain

A' tachairt anns gach cearn : Tha beum mor sneachda

Air tuiteam ann an Glarus, agus cliathaich Bhein Ghclairnis air dol fodha anns an talamh.

TELL—Am bheil na beanntan fein a' criothnachadh ?

Cha 'n 'eil ni idir air an talamh seasmhach.

STUSSI—Tha iongantais 'an aitean eile cuid-eachd,

Bhruidhinn mi an la roimh ri fear a Badein 'Bha, mar bu choltach, Ridire a' marcachd

A dh' ionnsuidh an Rìgh. 'Nnair bha e air a rathad

Thainig sgaoth choinnspeach air, a ghabh do 'n each,

Lot iad cho gailbheach e gu 'n do thuit e sìos Marbh, air an lár, bho 'n chradh a dh' fhuiling e,

A's dh' fheum an Ridir bochd an rathad a choiseachd.

TELL—Bhuilicheadh gath air creutairean 'tha amhunn.

(Armgarth — bean bho chd—a' tighinn le croithein phaisdean, agus a' seasamh leo aig beulaobh a' Bhealaich).

STUSSI—Tha feadhain an duil gu 'r comhara a th' ann

Air mi-fhortan mor ri tuiteam air an tir,  
Air gnìomhara 'bhios dubh an aghaidh Naduir.

TELL—Tha 'n leith'de sin de ghnìomharan a' tachairt

A h-uile la, gun chomhara miorbhuileach,  
Air bith a thabhairt fios roimh laimh mu 'n deighinn.

STUSSI—Gu cinnteach tha, is math do 'n fhear a dh' fhaodas

Oibreachadh air a chroit 'an sith, a's suidhe  
Aig taobh a theallaich fein gun dragh gun iomagain.

TELL—Cha 'n fhaigh an duine 's fearr fantuinn 'an sith

Ma tha droch còmharsnaich 'am mi-run ris.  
(Tha Tell ag amharc gu tric le fughair neo-shocair, ri mullach a' Bhealaich).

STUSSI—Slan leibh. Tha sibh a' feitheamh cuideiginn.

TELL—'S mise tha sin.

STUSSI—Mo bheannachd leibh mata,  
Coinneachadh solasach ri 'r cuideachd dhiubh!

Tha sibh de mhuintir Uri. Tha fughair ris  
An Urramach, an Riaghlair as a sin an diugh.

FEAR-TURUIS—Cha ruig leas tuilleadh fughair a bhi agaibh

Gu'n tig am Maor an diugh. Tha na aibhnichean

'N an tuil an deigh nan sputan uisg' a rinn e,  
Tha h-uile drochaid riamh sguabta air falbh.  
(Tha Tell a' seasamh a suas).

ARMGART (a' tighinn air adhart)—Cha'n eil am Maor a' tighinn!

STUSSI—An robh dad a dhi ort leis?

ARMGART—Mo chreach, 's ann agams' a bha sin!

STUSSI—C'arson

A tha thu 'g ad chur fhein air thoiseach air 'S a bhealach chumhann so?

ARMGART—A chionn nach faighe

A null na nall uam, feumaidh e mo chluinntinn.

FRIESSHARD (a' tighinn le deifir a nuas am Bealach, a' ghlaodhaich) -

Gabhadh a h-uile duine as an rathad

'S mo Thriath am Maor a' tighinn as mo dheigh

A' marcachd.

[Tha Tell a' dol as an t-sealladh.

ARMGART (le aoibhneas)—Tha 'n t-uachdaran a' tighinn!

Tha i a' dol adhart leis a chloinn gu taobh beoil an t-seallaidh. Tha Gessler agus Rudolf o Harras, air muin eich, a' tighinn 'n ar sealladh aig mullach a' Bhealach.

STUSSI (ri Friesshard)—Ciamar a fhuair sib thairis air an uisge,  
'S gu'n d'thug an tuil na drochaidean air falbh?

FRIESSHARD—Rinn sinne, 'charaid, cath an aghaidh an Loch,  
'S beag suim a ghabhas sinn do thuil na'm beann.

STUSSI—An robh 'm bat' agaibh 's a ghaillionn uamharr' ud?

FRIESSHARD—'S ise bha sin? Cha teid e chaoidh a m'aire!

STUSSI—Hoch! Stad a's inn's dhuinn uime!

FRIESSHARD—Cha'n fhaod mi stad,  
Tha bh' uam ruith thun a' chaisteil a thoirt sanas,

Gu bheil an t-uachdaran 'an so a' tighinn.

STUSSI—Na'n robh na bha 's an long nan daoine maithe

Gach duine is luch a bh' innte chaidh do'n ghrund.

Theid sguidhearan mar sud roimh thein 'a's uisge.

(A toirt suil mu'n cuairt).

C'aite 'bheil fear-nam-beann a bha bruidhinn rium?

(Gessler agus Rudolf o Harras air muin eich).

GESLER—Abair na thogras tu, 's mi seirbheis-each

An Rìgh, a's feumaidh mi a thoileachadh,

Cha b' ann a chum an sluagh a bheadaradh,

Na a bhriodal a chur e do'n duthaich mi:

Umlachd, sin aithne-san; 's i smior na ceisde,

C' dhiubh 's iad na croiteirean na'n t-Iompaire

A tha ri bhi 'nam maighstirean 's an tìr?

ARMGART—'S e so mo chothrom! Nì mi 'nis mo ghuidhe!

(Tha i a' tighinn gu gealtach air adhart).

GESLER—Cuimhnich cha b' ann air sgath na feala-dha

A chaidh an Ad a chur a suas aig Altorf,

Na fathast, a chum cridh' an t-sluaigh a dhearbhadh,

'S aithne dhomh iad o shean. Ach rinn mi e

'Direach a dh' aon obair gu an ionnsuchadh

Na h-amhaichean sin ac'—a ghleidheas iad

Cho dìreach aun am lathair—a chromadh dhomh.

Chuir mi an t-aobhar oilbheum so'n an rathad  
A chum gu'n glac an suil e, a's gu'n gleidh e  
'Nan cuimhn' an Triath a b' aill leo dhi-  
chuimhneachadh.

RUDOLF—Tha coirean aig a' phobull mar an ceudna.

GESLER—Cha'n am so gu an cur air a mheigh-  
thomhais!

Tha'n ceart-uair gnothuiche mora, cudthrom-  
ach,

G' am bualadh air an inneinn: Tha e  
iomchaidh

Gu'n cinneadh cumhachd teaghlach rioghail  
Hapsburg.

An ni a thoisicheadh air m'bodh cho cliuiteach  
Fo laimh an Athar, chuireadh am mac air  
adhart.

Tha 'm pobull beag so 'na chnap-starra  
daonnan,

'S an rathad oirnn. 'S fheudar an ciosnach-  
adh

Air aon doigh no doigh eile, mar a dh' fhaodas.

(Tha iad a' dol air an adhart. Tha a  
bhean bhochd 'ga tilgeadh fein a sios  
an lathair an uachdarain).

ARMGART—Trocair, a Mhoir-fhir! Tha mi  
'guidhe cearta's!

GESLER—Ciod air an t-saogh'l is ciall duit, a'  
tighinn air m' aodann

'An so air an rath'd-mhor! Gabh as an  
rathad!

ARMGART—Tha'n duin' agam 'n a luidh anns  
a' phriosan;

A dhileachdain a glaothaich air son arain—  
Tha mi a' guidhe oirbh gu'n gabh sibh truas  
dhinn,

A mhaighstir, ann am ar n-eighinn chruaidh.

RUDOLF—Co thu, a bhean? Co e an duin' agad?

ARMGART—Faladair bochd, 'tha fuireach air  
Beinn Rigi,

'S i 'cheird aige 'bhi gearradh an fheoir fhiadh-  
ain

Bho bheul nan slochd, 's air feadh nan  
stacannan,

Far nach bi 'chridh' aig feudail cas a chur—

RUDOLF (ri Gessler)—Ceird bhochd a's mhulad-  
ach, air m' fhacal fhein!

Guidheam gu'n leig sibh as an duine truagh!

Eutrom no trom, cianar air bith a choire,

Tha peanas trom gu leoir aige 'na cheird.

(Ris a' mhnaoi).

Theid ceartas a thoirt duit shuas aig a'  
chaisteal—

Theid eisdeachd riut, cha 'n aite freagarrach  
so.

ARMGART—Cha teid mi aon cheum as an ait'  
sam bheil mi

Ach gus an toir am mor-fhear m' fhear air ais  
dhomh!

'S e so an seathadh mios o'n 'tha e 'n sas,

'S is diomhain dha bhi feitheamh binn a  
bhreitheimh.

GESSLER—A bhean, bheireadh tu buaidh gun  
taing orm! Tog ort!

ARMGART—Ceartas, a Mhaoir! Tha mi a'  
tagradh ceartais

Is tu breitheamh na tir an ait' an Iompair'

'S an aite Dhe; coimhlion do dhleasdannas,

Ma tha thu fein an duil ri ceartas fhaotainn

O Neamh, deonaich an ceartas ceudna dhuinne!

GESSLER—Tog ort! A'm sbealladh na graisg  
ladarna!

ARMGART (a' deanamh greim air srian an eich)—  
Cha tog. Ni tuilleadh cha'n 'eil ri chall

againn.

A Mhaoir, cha'n fhaigh do chas dol ceum na's  
fhaide

Ach gus am faigh mi ceartas—seadh, cuir  
gruaim ort!

Sporchd orm gu fiadhaich fo do mhala  
bhruachail,

Cho fad 's a thogras tu—tha ar fulangais

Air dol cho fada, tha sinn caoin-shuarach

C' d'hinbh tha thu toillechte na diombach  
ruinn.

GESSLER—A bhean, gabh as an rathad orm, air  
neo

Saltraidh an t-each agam fo 'chasan thu!

ARMGART—Ma thogair! So!

(Tha i a' slaodadh na cloinne thun an lair,  
agus 'ga tilgeadh fein air an rathad air  
thoiseach air).

Rachadh e thairis oirnn,

Saltradh an t-each agad mi fhein 's mo chlann  
Fo 'chruidhean, 's mi nach caraich as a so!

Cha so an rud 'is miosa 'rinn thu riamh—

RUDOLF—A bhean, tha thu air bainidh!

ARMGART (le tuilleadh deine)—'S fhada mhor

A ghleidh thu tir an Iompaire fo 'd shail!

O, cha'n 'eil annam-sa ach boirionnach!

Na 'm b' fhear mi dheanainn rud-eiginn a b'  
fhearr

Na luidhe 'n so 'san uir a' glaothaich riut.

(Tha ceol na bainnse air a chluinntinn a  
rithis, bho mhullach a' Bhealaich,  
ach, fann, a thaobh an astair).

GESSLER—C'ait' a bheil, mo ghillean? Ni mi rud-eiginn

D' an gabh mi aithreachas, mur toir iad leo i.

RUDOLF—Le 'r cead, cha'n fhaigh na gillean air an adhart.

Tha cuideachd bainnse 'dol roimh 'n Bhealach so.

GESSLER—Tha mi 'am riaghlair tuilleadh 's seimh do'n dream so—

Cha deachaidh ceangal fathast air an tean-gaidh,

Mar sin, cha'n 'eil iad fathast fo ar smaig

Mar a bu choir, ach bidh e tur air atharrach

An deigh an la-diugh. Cuiridh mi glas-ghuib orra,

Brisidh mi 'n inntinn dhanarra so aca,

Bheir mise 'nuas an straic, cromaidh mi fodham

Spiorad na saorsa. Bheir mi achd ur a stigh

Thar fad a's leud na tire. Bheir mi—

(Tha saighead a' dol troimh a chridhe, tha e a' cur a lamh a suas ris, agus a' dol a thuiteam. Le guth fann).

Gu'n deanadh Dia trocair a nochdadh dhomh!

RUDOLF—A Mhoir-fhir? Ciod? Co as a thainig so?

ARMGART (ag eiridh)—Mort, mort! Tuitidh e! Fhuair e urchair!

Faicibh an t-saighead, tha i 'n sas 'na chridhe.

RUDOLF (a' leum bharr an eich)—Ciod an gnìomh oillteil a tha so air tachairt?

A 'highearna! Mo chreach, a Ridire,

Guidh air son trocair oir is duine marbh thu!

GESSLER—'S i saighead Tell a th'ann.

(Tha e a' sleamhnachadh bharr an eich, agus tha Rudolf 'ga chuideachadh a nunn thun an t-suidheachan chloiche).

TELL ('ga leigeadh fein ris, shuas air mullach na creige)—

Dh' aithnich thu 'n t-saighead,

Na h-iarr te eile! Tha na bothain saor,

An neo-chiontach tha tearuinte o 'd laimh,

Cha dean thu dochaun air an duthaich tuilleadh.

(Tha e a' dol as an t-sealladh. Tha 'n sluagh a' taomadh a stigh).

STUSSI (air thus' 's air thoiseach)—'De th'ann?

Ciod air an t-saoghal a th' air tachairt?

ARMGART—Chaidh saighead a chur ann am Maor-an-fhearainn.

AM POBULL—Co anns an deach an urchair?

(Am feadh a tha a' cheud bhuidhionn de chuideachd na bainnse a' tighinn thunn an taobh beoil, tha a' chuid ma dheireadh dhiubh shuas air mullach a' bhruthaich, agus tha an ceol a' dol air adhart).

**RUDOLF O HARRAS**—Falbhaibh, ruithibh

A dh' iarraidh cuideachadh, 's e call na fola!

Rachaibh air toir a mhortair! Ochan thu!

A dhuine thruaigh, agus 's e so is crìoch dhuit;

Cha 'n eisdeadh tu ri 'm shanns ann an am!

**STUSSI**—Air m' fhirinn, tha e 'n sin gun deo 'na luidhe,

Cho ban ri breid.

**MORAN GHUTHANNA**—Co e a rinn a' gnìomh?

**RUDOLF**—Am bheil na daoine air an ciall a' chall

Gu'n dean iad ceol thar mort? Cuiribh 'nan tosd iad!

(Tha 'n ceol a' stad ann am prioba, tha tuilleadh sluaigh a' tighinn dluth).

A mhaighstir, innsibh dhomh ma 's urrainn duibh—

Am bheil ni a mhiannaichidh sibh earbsa rium?

(Tha Gessler a' deanamh sams eigin le a laimh, an uair nach 'eil iad 'ga thuigsinn tha e 'gan deanamh thairis a rithis le tuilleadh braise).

**RUDOLF O HARRAS**—C'ait' am bu mhaith leibh mi a dhol? Do Chussnacht?

Cba 'n 'eil mi 'tuigsinn; O, na bithibh diombach,

Coma leibh nithe talamhaidh, biodh 'ur n-aire Socruichte air an t-siorruidheachd 'tha dluth dhuibh.

(Tha cuidea lid na bainnse a' tarruing dluth, agus a' seasamh mu'n cuairt, ag amharc air Gessler le oillt, gun chomh-fhulangas).

**STUSSI**—Seallaibh cò ban 's a tha e—tha 'm bas a snamh

Mu'n chridh' aige—tha ceo 'tigh'nn air a shuilean.

**ARMGART** (a' togail a suas h-aon de 'n chloinn)—  
Feuchaibh, a chlann, mar gheibh Fear-foirneirt bas!

**RUDOLF O HARRAS**—Mnathan a' chuthaich, 'bheil sibh gun mhothachadh,

Gu'm biodh a leithid so de shealladh sgrèidh

'N a roic do 'r suilean? Thoiribh lamh dhomh, So, thugaibh cuideachadh—Nach 'eil duin' ann

A thairngeas an gath goirt a' bhroilleach leam?

**NA MNATHAN** (a' seasamh air an ais)—  
Gu'n cuireamaide corag air an duine



A bhualadh sìos le lamh an Tighearna?  
 RUDOLF O HARRAS—Mo mhallachd oirbh!  
 (A' tarruing a chlaidheimh).

STUSSI (a' cur a lamh air a ghairdean)—Ma  
 bhios a chridh' agaibh!  
 Tha sibh aig crìoch bhur tighearnais. Thuit  
 am Fear

A bhruth air tìr fo 'shail; cha 'n fhuiling sinn  
 Tuilleadh co-eigneachadh a dheanamh oirnn,  
 Is daoine saor sinn,

UILE (le iolach)—Tha an Duthaich saor!  
 RUDOLF O HARRAS—An d' thainig e gu so?  
 Bheil crìoch air umhlachd,  
 'S air urram cheana?

(Ris an luchd-leamhuinn a tha a' drobhadh  
 a stigh).

Tha sibh uile 'faicinn

A' mhuirt oillteil a chaidh a chur an gnìomh  
 'An so. Is dìomhain comhnadh 'sam bith  
 iarraidh,

Is dìomhain, mar an ceudna, toir a chuir  
 An deigh a mhortair; tha curam eile oirnn—  
 Gun mhoille, greasaibh oirbh a stigh do  
 Chussnacht,

Daingneach an Iompaire a ghleidhadh dha!  
 Chaidh, ann am prìoba, ceanglaichean an  
 dleasnais

Agus na riaghailt fhuasgladh, cha'n 'eil earbsa  
 Rì 'chur 'an dilseachd duine seach duin 'eile.

ARMGART—Deanaibh aite! So na Manaich a'  
 tighinn.

(An feadh a tha'n luchd-airm a' falbh, tha  
 sia Manaich a' tighinn dluth).

STUSSI—Cho luath 's a tha an iobairt marbh,  
 Trusaidd na fithith thun a chairbh.

NA MANAICH (a' seasamh 'nan leth-chuairt mu  
 thiomchioll air a' mharbh, agus a' seinn ann  
 an guth tiamhaidh, iosal)—

Is tric am bas a' deanamh sas,  
 Gu grad, air clann nan daoine'

Cha'n eisd e'n glaoth, tha'n guidhe faoin,  
 Is gearr an triall 's an t-saogh'l,

An sean, 's an t-og—cha 'n fhaod iad  
 feitheamh,

Deas no neo-dheas mar bhios am beatha  
 'S fheudar dhoibh comhail 'thoirt do 'n  
 Bhreitheamh!

[Tha iad a' falbh.

AN CUIGEAMH ERRANN. A' CHEUD ROINN.

Aite fosgailteach, dluth air Altorf.

Aig an taobh cuil tha daingneach Cìosnach-  
 air-Ùrì, leis na lobhtan-seasaimh mar anns an

t-sealladh anns an treasamh Roin de 'n cheud Earrann. Air an laimh chli gheibhear sealladh a' fosgladh a mach air moran bheanntan, tha a' chrois-taraidh a' losgadh air gach aon diubh. Tha 'n fhaire direach a' briseadh; tha cluig a' bualadh am fad' agus am fagus.

**Ruodi, Cuoni, Bherni, Maighstir nan Clachair-ean,** agus moran eile de Luchd-duthcha, mnathan agus clann mar an ceudna.

**RUODI**—Nach faic sibh a' chrois-taraidh air na beanntan?

**MAIGH. NAN CLACH.**—Cluinnibh fuaim nan clag a nall thar na coiltean!

**RUODI**—Ruagadh na Naimhdean!

**MAIGH. NAN CLACH.**—Ghluacadh na Daingnich-ean!

**RUODI**—Agus tha sinne, Muinntir Uri, fathast 'N ar tamh, a' leigeadh leis an Daingneach seasamh?

An e gur sinne 'tha ri bhi air deireadh

Ann a bhi 'g ar gairm fein 'n ar popuil saor?

**MAIGH. NAN CLACH.**—An e gu'n leig sinn leis a' chuing sin seasamh

A bha ri ar co-eigneachadh? A suas sibh 'Illean!

Gu lar leis!

**UILE**—A nuas e! 'Nuas e! 'Nuas e!

**RUODI**—C'aite 'bheil Stier, a Uri?

**STIER**—Tha mi so.

Ciod a tha mi ri 'dheanamh?

**RUODI**—Rach an aird

Gu mullach torr-na-faire, agus seid

A leithid de dhairirich as an dudach agad

Gu'n duisg a h-uile gleann a's creag 's an duthaich,

A' freagairt do mhac-talla aon a cheile

A ghairm nam fear 'n an drobhan as na glinn

'S na braigheachan d'ar n-ionnsuidh.

(Tha Stier a' falbh. Bhalter Furst a' tighinn).

**BHALTER FURST**—Stadaibh! Stadaibh!

A' chairde! Cha 'n 'eil fios na forthais againn

Ciod a tha Suits na Unterbalden ris.

Feitheamaid gus an tig teachdair' uapa-san.

**RUODI**—Feitheamaid ciod? Tha Fear-na-foirneirt marbh,

Tha latha geal na saors' air eiridh oirnn.

**MAIGH. NAN CLACH.**—Nach leoir leibh teachd-airean lasrach nan cruach,

A' togail smuid mu'n cuairt oirnn air gach beinn?

**RUODI**—So, thugaibh lamh, a h-uile gin agaibh, Fir agus mnathan! Bristibh a nuas na lobhtan!

Spealgaibh na boghachan ! Leagaibh na ballachan !

Na fagar leinu aon chlach dhiubh air muin cloiche.

MAIGH. NAN CLACH.—So, 'Ilean ! 'S iad ar lamhan fein a thog iad

'S ann dhuinn 'is aithne an cur as a cheile.

UILE—Tiugainneamaid, leagamaid a sios an Daingneach !

(Tha iad 'g an tilgeadh fein air an togail e na h-uile taobh).

BHALTER FURST—Thoisich an obair. Cha ghabh casg cur orra.

(Melchdal agus Baumgarten a' tighinn).

MELCHDAL—Ciod ? Tha an Daingneach so fathast na sheasamh,

A's Caisteal Sharnen cheana ann an luathre, Agus tha 'n Rossberg thall na laraich cuid-eachd ?

BHALTER FURST—An tusa 'th'ann a Mhelchdal, an i saorsa

A tha thu 'toirt d'ar n-ionnsuidh ? Abair, gu clis.

Am bheil an naimhead air a ruag gu buileach As na tri Duthchanna ?

MELCHDAL (a' cur a ghairdeanan nu thimchioll) —Tha 'n grund gu leir

Glan air a chartadh dhiubh. Deanaibh gairdeachas

A shean athair choir, anns a cheart uair so

Anns am bheil sin a' bhruidhinn, cha 'n 'eil tuilleadh

Fear-foirneirt ann an duthaich shaor nan Suisseach.

BHALTER FURST—O, innis domh, ciamar a chaidh lan-uachdar

Fhaotainn leibh air na daingnichean ?

MELCHDAL—B' e Rudents

A thug a mach, le 'thapachd smiorail, Sarnen, Streap mis', an oidhche roimh sin, Dun Rossberg.

Ach innsidh mi a h-uile car mar thachair.

An uair, aig teicheadh do na naimhdean as,

A chuir sinn teine ris an Dun gu sunndach,

Bha cheana 'ghris a' dhol 'na caoir gu neamh,

Ruith Dietelm, balach Ghessler, far an robh siun,

A's ghlaodh e, fhad 's a bh'aige, gu 'n robh Berta,

Ban-tighearna Bhrunec, anns na lasraichean.

BHALTER FURST—Mo creach, an truaghan !

(Tha bruansgail air a chluaintinn, agus splaid nan sailthean a' tuiteam).

**MELCHDAL**—Bha i 'n sin fein

Air a toirt ann gu'n fhios aig ordugh Ghessler.  
Leum Rudents mar gu'n deach e as a chiall—  
Oir chuala sinn na puist, 's na staidhrichean  
Cheana 'toirt geill, agus troi'n deatach thainig  
Glaodh cruaidh na h-eiginn oirnn o'n Mhald-  
aig bhoichd.

**BHALTER FHURST**—Ach tha i sabhailte !

**MELCHDAL**—'S a mhionaid ud

Cha b' e maol-sneimh a dheanadh feum, no  
seasamh

A'n eadar-chomhairle, ach clisteachd lugh-  
mhor

A dh' fhoghnadh ! Mur biodh ann ach an  
duin'-uasal,

Bhitheamaid caonntach air ar beatha, dh  
fhaoidte !

Ach b' e ar companach c, 'an còmh-bhoinn  
rninn,

Agus bha gaol aig Berta air ar pobull—

Mar sin chur sinn ar beatha ann ar laimh

Agus, 'n ar leum, a stigh do 'n teine ghabh  
sinn.

**BHALTER FURST**—Ach tha i sabhailte ?

**MELCHDAL**—'S ise tha sin,

Rudents a's mise, thug sinn i le cheile

A mach roi 'n lasair, agus air ar culaobh,

Le dairich thuit an obair-fhiodh a stigh.

An sin, an uair a dh' fhairich i gu'n robh

I sabhailte, 's a thog i a suil gu Neamh,

An sin, thilg am Morair og e fein air in'uchd,

'S gun fhacal air a labhairt thall na bhos,

Dhruideadh coimhcheangal eadar sinn 'n ar  
dithis

A rinneadh cruaidh a's dìongmhalta tre  
theine ;

'S a chaoidh nach bìsear, troimh gach uile  
dheuchainn

A bhios 'an dan duinn.

**BHALTER FURST**—C'aite 'bheil Landenberg ?

**MELCHDAL**—Taobh thall Bealach Bhrùineig.

Cha robh e 'm bheachd

Gu'm faigheadh esan a rinn m' athair dall,

Dol as an duthaich so le 'shealladh aige.

Chaidh mi le toir 'na dheigh, a's rinn mi greim  
air.

Thug mi e dhachaidh leam ; aig casan in'athar

Thilg mi a sìos e, bha mo claidheamh ruisgte

Deas os a cheann ; ach ghuidh an sean duine

Cho durachdach, gu'n deanainn trocair air,

Gu'n d'thug mi 'bheath' air ais dha, air a  
sgath-san.

Chaidh e fo bhoid nach tilleadh e do'n tìr

Thug e a bhoid as ur, gun dìogh'tas iarruidh,

- Ghleidhidh e iad—dh' fhairich e neart ar gairdean.
- BHALTER FURST—'S maith dhuit-sa e, nach d thug thu sal na fola  
Air uair na buaidh', ach gu'n do ghleidh thu glan i !
- CLANN (a' ruith ru'n cuairt le mirean fiodh, agus cabair as na lobhtan)—  
Saorsa ! Saorsa ! Fhuair an duthaich saorsa  
(Tha dudach Uri air a seideadh le neart).
- BHALTER FURST—B' i sin an Fheill ! Cha di-chuimhnich a chlann i  
'S an latha 'm fas am falt cho gheal ris a bhainne.  
(Tha na caileagan a' tighinn 'n an croith-lean, a' giulan na h-Aid air barr an stuib. Tha 'n t-ait' air a lionadh le sluagh).
- RUODI—Tha so an Ad ris an robh sinn ri beiceadh.
- BAUMGARTEN—Thugaibh 'ur comhairle, ciod a ni sinn leatha ?
- BHALTER FURST—Och, ochain fhein ! Sheas m' ogha-sa fo 'n Aid so !
- MORAN GHUTHANNA — Na ribeagan leatha, cuimhneachan an Fhoirneirt !  
Cairibh 's an teine i !
- BHALTER FURST—Cha chairich, leigibh leatha,  
Ma bha i roimh so 'n a h-inneal-foirneirt,  
Seasadh i tuilleadh 'm feasd mar fhianuis saorsa !  
(Tha 'n luchd-duthcha, fir, mnathan, agus clann, a' suidhe 'nan leth-chuairt, air na cabair agus na sparran briste).
- MELCHDAL—Se sinn air ar baile-mor, co 'chuireas as sinn !  
Le fuigheall cumhachd Ainneart fo ar casan  
Is glormhor mar a chaidh a thoirt gu crich,  
A's mar a choinhlonadh gach ni fa leth,  
Mar 'bhoidich sinn, mo chompanaich, 's an Rutli !
- BHALTER FURST—Cha 'n i so crìoch na h-obair, ach a toiseach.  
Tha feum a nis air misneach, 's aonachd dhaingean.  
Cha chuir an Rìgh dheth uine, creidibh mise,  
Ann an tigh'nn oirn, gu dioghaltas a dhean-amh  
Air bais a Mhaoir ; a's iadsan a chuibhticheadh,  
Iomain air ais, 's an gleidheadh thairis oirn  
Le neart a' chlaidheimh.
- MELCHDAL—Thigeadh e mata  
Le airn a chumhachd, dh' fhuadaich sinn o'r meadhon

- Ar naimhdean, gleidhidh sinn iad an taobh  
mach dhinn.
- RUODI—Cha'n 'eil ach beagan bhealaichean's  
an tìr  
Le 'r cuirp fein duinidh sinn gach bearn's  
na creagan.
- BAUMGARTEN—Aointe tha sin, ri 'cheil', le  
cumhant sior  
Roimh armailtean an Rìgh cha ghabh sinn  
eagal!
- (Raoselmann agus Stauffacher a' tighinn).
- RAOSSELMANN (a' coiseachd a stigh)—'S iad so  
breitheanais uamhasach an Tighearn.
- AN LUCHD-DUTHCHA—Cìod a th' air tachairt?
- RAOSSELMANN—Is eagallach an linn  
'S an d' fhuair sinn nil' ar crannachur!
- BHALTER FURST—Nach innis sibh  
Cìod a ghabh aite? O, tha sibh' an so,  
A Mhaighstir Bherner! Cìod 'ur naigheachd  
dhuinn?
- AN LUCHD-DUTHCHA—Cìod a th' air tachairt?
- RAOSSELMANN—Cluinnibh, a's gabhaibh  
iongnadh!
- STAUFFACHER—Bho aobhar-eagal mor chaidh ar  
cur saor —
- RAOSSELMANN—Chaidh mort a dheanamh air an  
Iompaire.
- BHALTER FURST—Ochoin! Ochoin!  
(Tha an sluagh a, cruinneachadh mu 'n  
cuairt air Stauffacher).
- UILE—Cìod? Air a mhort! An t-Iompaire
- MELCHDAL—Neo-choma-ach! Co uaith a thain'  
an naigheachd?
- STAUFFACHER—'Tha an naigheachd fìor. Thuit  
Iompair' Ailibear  
Aig Bruaig, le laimh a mhortair—'s e Iain  
Muillear,  
Duine cho creideasach's a th'anns an duth-  
aich  
A thug an sgeul d'ar n-ionnsuidh a Schaff-  
hausen.
- BHALTER FURST—Co 'ghabh os laimh a leithid  
de ghnìomh sgreimheil;
- STAUFFACHER—'S e dh'fhag cho sgreimheil i,  
an duin' a rinn i.  
B' e Iain, mac a bhrathar, Diuc na Suabia  
A ghabh os laimh's a thug gu crìch an gnìomh.
- MELCHDAL—'Bheil fhios 'de ghluais e gu brath'r  
—athar a mhort?
- STAUFFACHER—Bha 'n t-Iompaire a' gleidheadh  
oighreachd 'athar  
Air ais uaith, 's e 'g a sireadh air gun stad.  
Chaill e a h-uile foighdinn, a's chreid e

Gu'n robh e 'm beachd an Iompaire a gleidh-  
eadh

Air a shon fein, a's easan a chur dheth—  
Ma dh' fhaoidte, le Ad Easbuig.—Ciamar air  
bith

Mar a bha 'chuis sin, dh' fhosgail an duin' og  
A chluas ri comhairle a chompanaich

S an Arm ; le triathan urramach  
Eschenbach, Tegerfelden, Wart, a's Palm ;  
( homh-dhuin' e nach robh ceartas ann ri  
fhaotinn,

A's ghabh se air fein dioghaltas a dheanamh.  
BHALTER FURST—Ach inn's dhuinn mar a bha,  
gu crìoch a' gnothuich.

STAUFFACHER—Mharcaich an Rìgh a nuas o  
Stein gu Baden.

Gu dol thun Rheinfeld, far am bheil a luch-  
airt ;

Bha comh-ris Iain agus Leopold,  
An da phrionnsa, agus cuideachd fhilathail  
De thriathan urrau ach, mar dhion, 'ga lean-  
tuinn.

Air dhoibh tigh'nn thun an aisig air an Reuss,  
A stigh do'n bata dhrobb na mortairean,  
Air dhoigh nach d' fhuair aon eile de'n luchd-  
leanmhuinn

Air bord comh-ris an Rìgh, a's dh' fhalbh iad  
thairis.

An sin, an uair a bha an t-Iompaire  
A' marcachd troimh na dailtean—'Na luidhe  
fodhpa

Tha seann bhaile mor, a bh' ann 'an linntean  
An iodhal-aoraidh—Agus sean Dun Hapsburg  
Mu'n coinneamh, as an do chinn morachd a  
shliochd,

Chuir an Diuc Iain a bhiodag ann a bhroill-  
each,

Shath Rudolf, Tighearna Phailm, an t-sleagh  
troimh a chorp

'S rinn Tighearn' Eschenbach a cheann a  
spealtadh,

Mar sin, thuit e 'n a fhuil air 'oighreachd fein  
A's air a mhortadh le a chuideachd fein.

Chunnacas leo-san air taobh thall an uisge  
Mar a chaidh dha, ach bha an abhainn mhor  
Eatorra 's esan ; ni cha robh 'n an comas  
Ach eigheach faoin a chaoidh 's na h-oillt a  
thogail.

Bha sean bhean bhochd aig taobh an rathaid-  
mhoir,

'N a h-uchd-sa thug an Rìgh a suas an deo.  
MELCHDAL—Esan leis am bu mhiann an saogh'l  
gu leir,

'S gle thrath a chladhaich e an uaigh dha fein !

STAUFFACHER—Tha 'n tir mu 'n cuairt air fad,  
air gabhail namhais,  
Gach Bealach anns na glinn tha duinte teann,  
Tha h-uile Comunn fa leth a' dion an crìochan  
Sean Zurich fein, dhuin i a geataichean,  
Ged 'sheas iad fosgailt' re deich-bliadhna-  
fichead.

Tha, air an darna taobh, oillt roimh 'n luchd-  
mortaiddh

Air an taobh eile, geilt roimh luchd-an-  
diogh'ltais.

A chionn, tha Ban-rìghinn Hungary a' tighinn,  
Armaichte le binn-fograidh 's ascaoin-eaglais,  
'S cha 'n aithne dh'ise seirc, no grinneas  
faoilidh

An t-sliochd o'n d'thainig i; theid i 'gu 'dulan  
'An dioladh bas a h-athar air sliochd nam  
mortair.

Cha bhi iad fein no 'n clann, no clann an  
cloinne,

Seadh, no an traillan—tearuinte o'n Ban-  
righ:

Gu ruig an stairsneach aig an luchairtean,

Bhoidich i fianuisean a charna asda

Air uaigh a h-athar, agus i fein fhailceadh

Mar ann an driuchd a' cheitein anns an fhuil  
ac'.

MELCHDAL—Am bheil forfhais aca air na mort-  
airean.

STAUFFACHER—Cho luath 's a choimhlion iad an  
gnìomh, theich iad

A' gabhail cuig slighean eadar-dhealaichte,

Gun duil ri tachairt air a cheile tuilleadh—

Tha'n Diuc og, Iain, air faondra air an t-sliabh.

BHALTER FURST—Toradh cha d' fhuair iad ann  
an cois an cionta.

Cha ghiulain diogh'ltais toradh, 's ann air fein

A thig e beo: tha mort na sholas da

A's sasuichear a bhlas le grainealachd.

STAUFFACHER—Buanchd cha 'n fhaigh na mort-  
airean o'n gnìomh,

Ach faodaidh sinne toradh beannaichte

Na sìth, le lamhan glan, a bhuaibh o'n droch-  
bheart.

Chaidh uallach geilt ro-mhor a thogal dhinn;

Tha Namhaid mor na saorsa 'nis air tuiteam.

Theid an t-slat rioghail, air a glanadh, thairis

A Teaghlach Hapsburg gn sliochd eiginne eile,

Cumaidh, an sin, an Rìoghachd a suas a coir

Saor-thaghadh a dheanamh, mar a b' abhaist  
dhi.

BHALTER FURST agus moran eile—An cuala  
sibh dad?



STAUFFACHER—Tha Morair Lucsenburg  
Cheana air ainmeachadh le moran ghuthan.  
BHALTER FURST—'S math dhuinne gu 'n do  
sheas sinn firinneach  
Air taobh na Rìoghachd. Tha duil a nis ri  
ceartas !

STAUFFACHER—Bidh feum aig an Triath ur air  
cairdean tapaidh—

Dionaidh e sinn o dhiogh'ltas Austria.

(Tha an luchd-duthcha a' crathadh lamhan  
a cheile le toilinntinn).

Para Cleireach le Rìgh-theachdaire.

PARA CLEIREACH—Tha 'n so agaibh ceannardan  
còir na Duthcha.

RAOSSELMAN agus moran eile—A Chleirich, ciod  
'ur naigheachd ?

PARA CLEIREACH—Tha 'n so sgrìobhadh  
A thug an Teachdaire d'ar n-ionnsuidh uile  
UILE (ri Bhalter Furst)—Brisibh an seula 's  
leughaidh e !

BHALTER FURST (a' leughadh)—“ Do dhaoine  
Cothramach Uri, Suits a's Unterbalden,—  
Failte, deadh-ghean, agus gach guidhe maith,  
Bho an Bhan-rìgh Falasaid ”—

MORAN GHUTHANNA—Ach ciod is ciall  
D'a so o'n Bhan-rìgh, tha a rìoghachd thairis ?

BHALTER FURST—“ An am a deuchainn ghoirt,  
's a bron mar bhantraich,  
A's ann an troimh-cheile inntinn, thairis air  
An t-siubhal fuilteach aig a Tighearna,  
Tha cuimhne aice air an dilseachd dhluth  
A nochdadh riamh o shean le sliochd nan  
Suisseach.”

MELCHDAL—Cha robh aon chuimhn' aic' oirnn  
an àm a solais !

RAOSSELMANN—Tosd ! Leigibh leinn a chluinn-  
tinn !

BHALTER FURST (a' leughaidh)—“ Tha i 'cur  
earbsa anns a' phobull dhileas

Nach amhairc iad ach leis a' ghrain as modha  
Orra-san a bha ciontach de 'n ghnìomh sgrèat-  
aidh ;

Agus tha duil a's flughair aig a' Bhan-rìgh  
Nach faigh na mortairean co-oibreachadh,  
No cuideachadh anns na trì duthchanna ;  
An aite sin a dheanamh, gu 'm a fearr leo  
An toirt a suas gun dail do laimh an Diogh'lt-  
air,

A' cuimhneachadh a' chaoimhneis a's an  
deadh-ghean

A fhuair iad, riamh o shean, bho Theaghlach  
Hapsburg.”

MORAN GUTHANNA—Caoimhneas, agus dheadh-ghean !

STAUFFACHER—Fhuair sinn, gu dearbh, o'n athair morau deadh-ghean ;

Ach ciod an cliu a bheirear air a mhac ?

An do chomh-dhaingnich e ar litir-saorsa,

Mar, gus a nis, a rinn gach Iompair' eile ?

An d' thug e ceart-bhreith, a reir coir a's dlighe,

Gu dion a thoirt do'n neo-chiontach 'n a aire ?

An d' rinn e uibhir 's eisdeachd ris na Teachd-aircan

A chuir sinn ann an am ar teinn d'a ionnsuidh ?

H-aon de na nithe sin cha d'rinn an Rìgh,

Uibhir 's a h-aon cha d'iinn e air ar son,

Mur bhi'dh gu'n d' thug sin fein ar coir a mach

Le ar laimh laidir fein, bha esan coma

C'iu bhitheamaid 'an cruaidh-chas no nach bitheadh.

Buidheachas dha-san ? Cha b' e buidheachas

An siol a chuir e anns na glinn sinn againn.

Sheas e air ionad ard, bha e'n a chomas

A bhi 'n a athair do gach popull fuidhe ;

Cha b' fhiu leis sin, bu docha leis saothrachadh

Air son a chuideachd fein, a's faodaidh iadsan

Air son an d' oibrich e, a bhi'g a chaoinneadh !

BHALTER FURST—Cha tog sinn iolach thairis air a thuiteam,

Ni mo a gleidheas sinn an t-olc 'n ar cuimhne

A fhuair sinn aig a laimh ; biodh sin fad' uainn !

Ach gu'n robh sinne 'dol a ghabhail os laimh

Diogh'ltas a dheanamh air son bas an Rìgh,

Nach d' rinn, air aon doigh na doigh eile, maith dhuinn,

No iadsan nach d' rinn cron oirnn a gheur-leannhuinn,

Cha 'n 'eil mar fhiachadh oirnn, cha fhreagair dhuinn.

'S e tabhartas saor-thoil a bheir an gradh,

Fuasglaidh am bas am beo o dhlighean searbh

Dhasan cha'n ioc sin tuilleadh—tha e marbh !

MELCHDAL—Agus ma tha a t-an-rìgh, ann a seomar

A gul ach gus an ruig a caoidh na Neamhan

Tha 'n sluagh 'n ar lathair, o amghar air an saoradh,

A' togail gaoir an taingealachd an aird—

Iadsan a bhuaineadh deoir, cuireadh iad gradh.

[Tha an Rìgh-theachdaire a' falbh].

STAUFFACHER (ris an t-sluagh)—C'ait' am bheil Tell ? Cha 'n 'eil sinn ceart as 'eugmhais

Fear-oibreachaidh ar saorsa! 'S i a lamh san  
A b'fhearr 'n ar measg; 's e a bu ghoirte  
'dh' fhuiling.

Thigibh, a chairde, leam gun dail g'a shireadh,  
'S gu'n cuir sinn uile failte air gu cridheil.  
[Tha iad uile a' falbh.

AN CUIGEAMH ERRANN. AN DARÀ ROINN.

Taohh a stigh bothan Tell.

Tha griosach air an teallaich. Tha an dorus 'na  
sheasamh fosgailte, a toirt sealladh a mach  
air an duthaich.

Hedbhig, Bhalter, agus Uilleam.

HEDBHIG—An diugh fhein tha 'ur n-athair a  
tigh'nn dachaidh.

A chlann, a chlann! tha e beo slan, a's saor,  
Agus tha sinne saor, 's a h-uile duine!

A's 's e 'ur n-athair-sa a shaor an duthaich.

BHALTER—Bha mise cuideachd ann, nach robh,  
a mhathair?

Chaidh saighead m'athar gle dhluth air mo  
mharbhadh

A's cha do chrith mi roimpe.

HEDBHIG (a' cnr a lamhan tinnchioll air)—Seadh,  
a laochain,

Chaidh d' aiseag dhomh air ais. An dara uair  
Rugadh tu dhomh as ur. Da uair thairis

Chaidh mi ro 'shaothair mathar air do sgath!  
Ach tha sin seach—tha sibh 'n 'ur dithis agam.

A's tha 'ur n-athair cuideachd a tighinn an  
diugh!

(Tha manach a tighinn thun dorus an  
tighe).

UILLEAM — A mhathair. faicibh—sin agaibh  
manach bochd!

Cinnteach bidh e ag iarraidh deirce uaibh.

HEDBHIG—Thoir thusa 'stigh e, 's bheir sinn  
dha deoch-slainte;

Biodh fhios aige gur e so tigh an aoibhneis.

(Tha i a' dol a stigh, agus a tilleadh gu  
grad le biceir).

UILLEAM (ris a mhanach)—Thigibh a stigh a  
dhuine mhaith, a's bheir

Mo mhathair deoch dhuibh.

BHALTER—Thigibh, leigibh 'ur sgios

A's theid sibh air 'ur n-adhart neartaichte.

AM MANACH (ag amharc mu'n cuairt air le  
sealladh neo-shocair)—

C'ait' am bheil mi? Co 'n duthaich a tha so?

BHALTER — An deachaidh sibh air seachran  
'nuair nach flos duibh?

Tha sibh 'am Burglen, ann an duthaich Uri,  
Far an teid duine 'stigh do gleann na Schach.

AM MANACH (ri Hedbhig, a tha a tarruing air ais naith)—

'Bheil sibh leibh fein! Am bheil 'ur fear a stigh?

HEDBHIG—Tha suil agam a h-uile mionaid ris—  
Ach ciod a th' oirbh a dhuine? Tha eagal orm  
Nach e rud math 'sam bith a thug a so sibh.  
Ach, co air bith sibh, tha sibh feumach,  
siuthaidibh!

MANACH—Ge mor mo chiocras, agus m' fheum  
air lon,

Cha 'n ith 's cha 'n ol mi gus an inn's sibh  
dhomh—

HEDBHIG—Na bean domh! Cum air falbh!  
Seas astar bh' uam

Ma tha thu toileach mi 'thoirt eisdeachd  
dhuit.

MANACH—Tha mi 'toirt boidean, air do theallach  
fhialaidh,

'S air cinn do leanabain chaoimh.

(Tha e a' cur a laimh air ceann gach aon  
de na balachain).

HEDBHIG—Cum bho na leanaba!

Ciod a tha d' bheachd, a dhuine? Cha Mhan-  
ach thu!

Cha Manach idir a th, annad? Cha 'n 'eil sith  
Fo 'n chomhdach agad-sa a' gabhail comh-  
nuidh!

No coslas sith cha 'n fhaic mi ann ad aogas.

MANACH—'S mi duin' is truaigh' a th'air aghaidh  
an domhain.

HEDBHIG—Truas laidir duisgidh mi-fhortan 's a  
chridhe!

Ach romhad-sa tha mo thaobh-stigh a' tionn-  
dadh.

BHALTER (a' toirt leum as)—A mhathair, sin  
m' athair!

[Tha e falbh a mach 'n a ruith.

HEDBHIG—A Tighearna mhaith!

(Air ti dol a mach, ach air chrith, agus  
gun chomas carachadh).

UILLEAM (a' ruith an deigh Bhalter)—

O, m' athair gaolach!

TELL—So mi air ais, a chlann—

Ach c'aite 'bheil 'ur mathair?

BHALTER—Aig an doras,

'N a seasamh, cha 'n urrainn i tighinn ceum  
na'a fhaide

Tha i air chrith le eagal agus solas.

TELL—O, Hedbhig, Hedbhig, mathair chaomh  
mo chloinne,

Thug Dia dhomh comhnadh, cha 'n 'eil tuill-  
eadh comas

Aig Fear-an-fhoirneirt sgaradh a chur oirn

(Tha am Manach a' toirt aire dhoibh).

HEDBHIG (a lamhan m' a muineal)—Tell, nach mis' a dh' fhuing air do shon-sa?

TELL—Leig as do chuimhne sin, bi foisneach, subhach,

Tha mi air ais 'an so. 'S e so mo bhothan!

'Tha mi a ris am measg mo chuideachd fein!

UILLEAM—Ach, athair, c'ait' am bheil am bogha agaibh?

Cha 'n fhaic mi e.

TELL—Cha 'n fhaic thu tuilleadh e,

Le nithe naomha thu e taisgte suas,

Cha tionndaidh mi air damh-na-croic' e tuilleadh.

HEDBHIG—O, 'Tell, 'Tell!

(Tha Tell a' tarruing air ais, agus a leigeil le a lamhan tuiteam).

TELL—'D e 'tha 'cur eagal ort, a Bhean?

HEDBHIG—Ciamar—ciamar a thill thu? Am bheil do lamh—

Am faod mi beanntuinn rithe?

TELL (gu cricheil, misneachail)—An lamh sin Rinn i thu fein a dhion, a's shaor i 'n Duthaich!

Gun gheilt gun fhiamh, gu Neamh faodaidh mi 'togail.

(Tha am Manach a' toirt carachadh ealamh, tha e a' toirt an aire dha).

TELL—Co e am manach so?

HEDBHIG—Chaidh e a m' aire!

Ach bruidhinn thusa ris, tha e 'cur oillt orm.

AM MANACH (a tighinn na 's dluithe)—

An tusa Tell sin tre 'n do thuit am Maor?

TELL—Is mi cha 'n 'eil mi 'dol g' a chleith air duine.

MANACH—Is tusa Tell? Gu fìor is i Lamh Dhe A rinn mo threorachadh fo dhrum do thighe.

TELL (le a shuil g'a thomhas bho mhullach gu bonn)—Cha mhanach thu! Cò thu?

AM MANACH—Marbh thus' am Maor

Oir rinn e eucoir ort—Mharbh mise cuideachd

Esan a dhiult dhomh ceartas—Bha e uibhir

'N a namhaid dhuits' agus a bha e dhomhsa,

Cuir mis' an Duthaich saor uaith —

TELL (a seasamh air ais)—Is tusa—

Uamhasach!—A chlann! a chlann, a stigh sibh!

Rach thus' a stigh cuideachd, a bhean mo ghaoil!

Falbh, falbh! A dhuine thruaigh bu tusa—

HEDHIG—Co e?

TELL—Na faraid dhiom! Bi falbh! Bi falbh a mach—

Cha 'n fhaod a chlann aon fhacal dheth a chluinntinn.

Tog as an tigh—Na biodh a chridh' agad  
'Bhi fuireach fuidh an aon druim-tighe riu-san.  
HEDBHIG — Mo chreach! Ciod a tha so!  
Tuigainneatuid!

[A' falbh leis a' chloinn.

TELL (ris a' Mhanach)—Is tusa Diuc na  
h-Austria—Is tu! Mharbh thu an t-Iomp-  
aire, do thriath, 's Brath'r-'athar.

DIUC IAIN—Rob e de m' òighreachd mi.

TELL—Brathair de d'athair,  
D' Iompaire mharbh thu! Agus tha an  
talamh  
Fathast 'gad ghiulan, tha 'ghrian 'toirt dhuit a  
solus!

DIUC IAIN—Tell, eisd, m'an dean thu—

TELL—Tha do lamhan a' ruith  
Le fuil bhrath'r-d'athar, agus d' Iompaire,  
'S tha 'chridh' agad cas a chur ann am thigh  
glan-sa?

Tha 'chridh' agad d' aodann a leigidh fhaicinn  
Do dhuine òurach, a's aoidheachd iarruidh?

DIUC IAIN—Bha fiughair agam trocair fhaotainn  
uait-sa;

Rinn thusa, cuideachd, diogh'tas air do  
Namhaid.

TELL—A dhuine thruaigh! Am bheil e comasach  
Gu 'n deanadh tu gnìomh fuiltreach a ghloir-  
mhiann

Le dleasnas athar a cho-mheasgachadh?

An do sheas thusa suas gu fìor-ghloine  
D'fhardach a dhion? Gu ceann gaolach do  
leinibh

A theasraiginn? No iadsan 'is dluithe dhuit  
Agus 'is ionmhuinn leat, a choimhid teann  
Bho'n olc a b' uanhasaiche 'b' urrainn tach-  
airt?

Ri Neamh na lamhan glan tha mi a' togail,  
Mo mhallachd biodh ort fein a's air do  
gnìomh—

Dhiol mise fiachan fìorghlan naomh na Daonn-  
achd,

Thug thusa masladh oirre—Cha'n 'eil cuid  
No pairt agam leat—Mhort thusa d' Fhear-  
daimh,

Rinn mise Luchd-mo-ghaoil a threasraiginn.

DIUC IAIN—Tha thu 'g am fhuadach uait,  
gun chomh-fhurteachd

Agus as eughmais dochas?

TELL—'S ann a tha sgreamh air m' fheoil

Am feadh a tha mi' gleidheadh cainnte riut.

Bi falbh? A's gabh do rathad oillteil romhad!  
Fag m' fhardach, comhnuidh ghlan na Ne-  
chiontachd!

DIUC IAIN (a' tion ndadh gu falbh)—Mar sin cha  
'n urrainn domh 'bhi beo na's fhaide,

Cha mhaith leam fantuinn beo !

TELL—Tha thu 'cur truas orm

Air a shon sin—A Tighearna Neimh ? Cho og,

Agus bho shliochd cho uasal, Ogha Rudolf,

Mo Thriath is m' Iompaire, 'na Mhortair  
truagh

Air theicheadh, 'n a sheasamh air mo stairs-  
neach

Mar dhiol-deirc a 'guidhe—ormsa, duine bochd !

[A' falach aghaidh.]

DIUC IAIN — Guilibh ma 's urrainn duibh,  
cuireadh mo chor

Truas air 'ur n-anam—tha e uamhasach—

Is Prionnsa mi—co-dhiu 's e Prionnsa bh'ann  
am—

Cha b' urrainn domh mo mliann mi-fhoighid-  
neach

A cheannsachadh. Bha eud a' cnamh mo  
chridhe—

Chunnaic mi oige Leopold, mac-brath'r-m'-  
athar,

Cruinte le urram, le fearann air a dhioladh,

Am feadh a ghleidheadh mise, a chomh-aoise,

Mar gu'm bu chileag mi, fo' oideachd thrail-  
eil —

TELL.—A dhuine thruaigh, thuig d' oncle ciod a  
bh'annad

An uair a dhiult e fearann 's daoine dhuit !

Gliocas a bharrail ort dh' fhirinnich thu 'nis

Gu h-oillteil. tre do ghniomh mi nadurra.

C'ait 'an do theich do chompanaic h 'sa chiont ?

DIUC IAIN—Tha iad 's gach cearn a dh'ionnsuidh  
'n deach am fogradh

Le spiorad diogh'tais ; sealladh dhiubh c a  
d' fhuair mi,

Bho 'n latha 'thachair gnìomh a mhi-fhortain.

TELL—An aithne dhuit gu bheil an lagh an toir  
ort,

Gu bheil thu air do luibhairt 'suas do d'  
namhaid,

A's air do thoirmeasg do na cairdean agad ?

DIUC IAIN—'S ann air an aobhar sin a tha mi  
'seachnadh

A h-uile rathad fosgailte, 's tha geilt orm

Bualadh aig dorus, agus a tha mi 'fuireach

's na h-aitean fasail : Tha mi m' fhuath  
dhomh fein,

Air allaban air feadh nam beann. Ma chi mi

Mo choltas fein 's an allt bheir e orm clisgeadh,

O, ma tha innidh throcair ann bhur com,

Na daonachd —

(Tha e a' tuiteam a sios fa 'chomhair).

TELL (a' tionndadh air falbh)—Seas! Seas a suas air do chasan!

DIUC IAIN—Cha seas ach gus an sin sibh lamh bhur comhnadh.

TELL—An urrainn domh do chuideachadh? An urrainn

Peacach air bith comhnadh a dheanamh riut? Ach seas a suas—Ciamar air bith cho sgreamhail

'S a bha do dheanadas—Is duine thu—

Is duine mise mar an ceudna—Eirich,

Cha tionndaidh, Tell, gun chomhfhurtachd air falbh thu—

Ni mi na dh' fhaodas mi, 's na bhios 'am chomas.

(A' leum gu a chasan agus a' deanamh greim air lamh Tell).

DIUC IAIN—O, Tell, bho shlochd eu-dochais shaor thu m' anan!

TELL—Leig as mo lamh—Feumaidh tu teich-eadh—An so

Cha ghabh thu folach—Na cuir ri d'chunntas e

Gu'n gabh thu cleith gun fhios, gheibheadh iad brath ort—

C'aite am bheil e 'd inntinn dol? Co'n duth-aich

'S am faigh thu fagadh?.

DIUC IAIN—Och, cha'n fhios domh sin!

TELL—Eisd ris an ni 'tha Dha 'cur ann am chridhe—

A stigh do thir na h-Edailt gabh do thurus,

Gu Baile Pheadair; tilg thu fein aig casan

A Phapa, aidich dha do chiont',

Guidh air son trocair 's maithneas do d' anam.

DIUC IAIN—Nach liubhradh esan mi a suas do'n Diogh'ltair?

TELL—Gabh ciod air bith a ni e mar o'n Tighearn'.

DIUC IAIN—Ciamar a gheibh mi'n rathad do'n 'tir aineoil,

Cha'n aithne dhomh an t-slighe, bhiodh eagal orm

Mi iein aonadh ri cuideachd choigrich air bith.

TELL—Innsidh mi 'n rathad dhuit—thoir aire mhath!

Diridh tu'suas a dh' ionnsuidh abhainn Reuss,

A tha 'a taomadh bras a nuas o'n Bheinn.

DIUC IAIN (a' toirt clisgeadh air ais)—

Am feum mi amharc oirre? B ise 'n abhainn

A shruth ri taobh mo ghniomh!

TELL—Air beul slochd creagach



Tha 'n rathad a' ruith, agus tha moran  
 chroisean  
 Mar chomharan air; chaidh iad sin a thogail  
 A chumail cuimhne suas air an luchd-turuis  
 A bh'air an tiodhlacadh fo bheuman-sneachd.  
**DIUC IAIN**—Uamhasan Naduir cha chuir eagal  
 orm

Ma gheibh mi ceannsal thairis air an doruinn  
 A tha gun tamh a' dusgadh ann am chridhe.  
**TELL**—Aig cois gach crois a tha ri taobh do  
 shlighe

Aiz tuiteam dhuit, le deoir an ionracais.  
 Aidich do lochd; an sin, ma theid gu math  
 dhuit

Gu ceann slighe an uamhais; mur sput a'  
 bheinn

A h-anail reodht' a nuas thar oir an DROM'  
 ort

Thig thu gu drochaid a tha 'dol 'n a smur.

Mur tuit i sios fo uallach trom do chiont,  
 Aon uair's gu bheil i tearuint air do chulaobh,  
 Fosglaidh fa'd comhair dorus mor dubh creige,  
 Riamh cha do shoillsich solus latha 'stigh air,  
 Dogleannan soilleir, boidheach, ach na fuirich,  
 'An dachaidh sin an t-sonais—rach air d'  
 adhart

Le ceuman cabhagach—coir cha'n 'eil agad  
 Air uine a chur seachad far a bheil sith  
 A' gabhail combnuidh.

**DIUC IAIN**—O, m'fhear-cinnidh uasal,  
 Rudolf o Hapsburg! Agus 's ann mar so  
 'Tha d' ogha truagh ri d' Rioghachd-sa a  
 choiseachd!

**TELL**—Mar sin, gun stad a' direadh, ruigidh tu  
 Braigheachan ard Bheinn Ghotard far a bheil  
 Na lochain sin a tha gu siorruidh lan,  
 Tha sruithean Neimh 'g an lionadh thun am  
 beul.

Fagaidh tu'n sin beannachd aig tir na Gearm-  
 ailt,

Sruth aoibhinn eile treoraichidh do cheum  
 A sios gu tir na h-Eadailt, far am faigh thu  
 De bhoid a chomh-lionadh gu treibhdireach—

(Tha fonn Sreuda-nam-bo air a chluinn-  
 tinn air a chluich air aireamh mhor  
 de dhud aichean nan aireach).

Tha mi a' chluinntinn ghuthanna. Bi falbh!  
**HEDBHIG** (a' ruith a stigh)—Fell, c'ait a bheil  
 thu? Tha sin m'athair a tighinn  
 Le cuideachd aoibhinn nan comh-bhoinnte  
 uile.

DIUC IAIN (ga fholach fein)—Mo thruaigh mi!

Cha 'n fhaod mi 'bhi air m' fhaicinn

A measg na cuideachd aighear.

TELL—A bhean mo ghaoil,

Cuir biadh a's deoch a sìos do 'n duine so.

Thoir dha gu saor an rud is fearr a h-agad,

Na caomhain tiodhlacan a dhoirteadh air  
Tha turus fada roimh, 's cha 'n fhaigh e  
aidheachd.

Greas ort! 'Tha iad aig laimh!

HEDBHIG—Ach co a th'ann?

TELL—NA farraid dhìom, 's an uair a dh'  
fhalbhas e,

Tionndaidh air falbh, nach faic thu c'ion a  
theid e!

Tha Diuc Iain a dol gu h-ealamh a null far a  
bheil Tell, ach tha Tell a smeideadh,  
le a laimh, e dh' fhalbh.

An uair a tha iad nan dithis a dol gu rathaidean  
eadar-dhealaichte tha an sealladh a caochladh,  
agus anns

#### AN T-SEATHAMH ROINN.

Chithear iochdar a' ghlinne mu 'n cuairt air  
tigh Tell air a lionadh le sluagh, a null a dh'  
ionnsuidh nan cnoc a tha 'g a dhunadh a  
stigh. Tha tuilleadh luchd-duthcha a' tighinn  
thairis air drochaid shuas air a bheinn, o 'm  
bheil an abhainn Schach a' taomadh 'na tuil.  
Tha Bhalter Furst a' tighinn leis an da bhal-  
achan air laimh aige. Tha Melchdal agus  
Stauffacher a' tighinn air adhart, tha moran eile  
a' teannadh dluth air an culaobh. An uair a  
tha Tell a' tighinn am follais tha gaoir a  
iomaich ag eiridh o 'n t-sluagh anns gach cearn.

UILE—Tell! Mile failte! Ar dìon thu, 's ar  
Fear-saoradh!

Am feadh a tha moran diubh a cruinneachadh  
mu 'n cuairt air Tell, cuid diubh a' cur an  
lamhan timchioll air, agus cuid eile a' breith air  
laime air, tha Rudents agus Berta a' tighinn air  
adhart. Tha Rudents a' dol gu cairdeil am  
measg an luchd-duthcha. Tha Berta a' teann-  
achadh Hedbhig r'a cridhe. Am feadh a tha  
so uile a' dol air adhart tha mac-talla nan creag  
's nan gleann a' freagairt a' chiuil a tha na  
Buachailean a' cluich air na dudaichean aca.  
Air dha so uile stad, tha Berta a' seasamh a  
mach am meadhon an t-sluaigh.

BERTA—A mhuinntir Suits! A Luchd-duthcha  
'an co-bhoinn!

An gabh sibh mise anns a' chumnant leibh?  
Mise, a' cheud neach a fhuair fagadh uaibh  
'An Tìr na Saorsa. Ann bhur lamhan treun  
Tha mi a' cur mo choirean. An gabh sibh  
rium

Mar bhur bean-duthcha, gu mo dhion 's mo  
chomhnadh?

LUCHD-DUTHA—Sinn a ni sin leir cuid 's le'r  
beatha!

BERTA—Ma seadh!

Mo choir do'n Fhleasgach og so tha mi  
'luibhairt,

Le 'm laimh; Ban Suiseach shaor do dhuine  
saor?

RUDENTS—Agus tha mise a' cur saor mo  
thraillean.

A CHRIOCH.

